

A photograph of a waterfall cascading over dark, mossy rocks in a forest. The water is white and frothy as it falls, creating a sense of movement and energy. The surrounding rocks are dark and covered in green moss, adding to the natural and somewhat mysterious atmosphere of the scene. The background is dark, suggesting a dense forest.

Trì Seann Sgeulachdan  
Sgeulachd Chana mhic Ghartnain  
Marbhadh Chloinn Uisneach  
An t-Suirghe air Eimhir

air an deasachadh le  
Richard A.V. Cox  
agus  
Colm Ó Baoill

Trì Seann Sgeulachdan  
Sgeulachd Chana mhic Ghartnain  
Marbhadh Chloinn Uisneach  
An t-Suirghe air Eimhir

air an deasachadh le  
Richard A.V. Cox  
agus  
Colm Ó Baoill

Clann Tuirc

*Trì Seann Sgeulachdan: Sgeulachd Chana mhic Ghartnain, Marbhadh Chloinn Uisneach, An t-Suirghe air Eimhir* air an deasachadh le Richard A.V. Cox agus Colm Ó Baoill

An leabhar seo air fhoillseachadh airson na ciad uarach ann an Albainn ann an 2015 le Clann Tuirc, Tigh a' Mhaide, Ceann Drochaid, Siorrachd Pheairt FK17 8HT

ISBN 978-0-9549733-2-2

© an teags: na fir-dheasachaidh 2015

© dealbhadh an leabhair agus a' chòmhaich: Clann Tuirc 2015

Gabhaidh an leabhar seo lethbhreacadh air adhbharan neo-phrothaid a-mhàin. Na còraichean eile uile glèidhte.

Dealbh a' chòmhaich: Abhainn Tuirc.

<[www.clanntuirc.co.uk/triseannsgeulachdan](http://www.clanntuirc.co.uk/triseannsgeulachdan)>

## CLÀR-INNSE

Facal Toisich	v
Sgeulachd Chana mhic Ghartnain	1
Marbhadh Chloinn Uisneach	19
An t-Suirghe air Eimhir	43
Clàr nan Leabhraichean	79
Clàr nan Ainmean	84



## FACAL TOISICH

Nuair a thogar ceist na Gàidhlig, is ann mu Ghàidhlig an là an-diugh a thathar a' bruidhinn air uairibh: agus bidh 'sgeulachdan Gàidhlig' tric gu leòr a' ciallachadh beul-aithris nuadh Ghàidhlig na h-Albann. Ach cuimhnich gu bheil eachdraidh fhada mheasail aig na Gàidheil agus a' Ghàidhlig agus a cuid sgeulachdan. Tha beul-aithris ag innse gur ann às an Èiphit a thàinig na Gàidheil an toiseach. Duine air an robh Gathelus (san Laidinn), a bha pòsta ri Scota, nighean Phàro; nuair a theich na h-Iùdhaich tron mhuir, bha Gathelus agus Scota nam measg. Fada an dèidh sin ràinig sliochd Ghathelus an Spàinn, agus fada an dèidh sin thàinig Èirinn fo smachd nan Gàidheal. Sgeulachd inntinneach air fad gu ruige seo, nach i? Ach chan e eachdraidh idir a tha innte.

An t-seann eachdraidh a tha againn gu fìrinneach, cha do thòisich sin gus an d' fhuair na Gàidheil a' Chrìosdaidheachd agus comas sgrìobhaidh, agus nuair a thachair sin bha Gàidheil cheana air cumhachd a ghabhail an àiteachan air an eilean mhòr (Breatainn) air an robh an t-ainm Alba an uair sin: thug cuid dhiubh sealbh air an dùthaich air a bheil Earra-Ghàidheal fhathast. Ma tha thu ag iarraidh fios dearbhte mun imrich seo chan fhaigh thu e: feumar earbsa a thoirt a-rithist don bheul-aithris. Ach mun bhliadhna 563 tha fhios gun tàinig Calum Cille à Èirinn a thoirt a' chreidimh gu taobh tuath na h-Albann.

Dh'ionnsaich na Gàidheil comas an sgrìobhaidh on eaglais ùir, agus 's ann an uair sin a thàinig litreachas na Gàidhlig gu bith. Mar a sgap na Gàidheil air fad taobh tuath na h-Albann, dh'fhàs iad làidir cumhachdach gus mu dheireadh thàinig rìoghachd air uachdar air an tug iad Alba mar ainm: is coltach gun robh iad coma mun chuid eile den eilean, far nach robh a' fuireach ach na Sasannaich, na Cuimrich agus na Còrnaich. Dh'fhàs litreachas na Gàidhlig, agus faodar a bhith cinnteach gun robh mòran dheth ann a tha an-diugh caillte, ach am measg na tha fhathast againn tha Leabhar Cheanannais, leabhar cràbhaidh a sgrìobh manaich eilean Idhe, leabhar air a bheil cliù fad na h-Eòrpa airson àilleachd a litreachaidh san Laidinn; 's ann an dèidh 800 a chaidh an leabhar a thoirt do bhaile Cheanannais Mhòir ann an Èirinn, far an do chuir manaich eile tuilleadh beag ris.

'S ann tric a chanar agus a thuigear 'Litreachas na Gàidhlig' an àite 'Litreachas Gàidhlig na h-Albann' agus a sheise an Èirinn, 'Litreachas Gàidhlig na h-Èireann'. Ach ged a tha dà chànan eadar-dhealaichte ann an-diugh (agus an treas cànan, Gàidhlig Mhanann), feumar cuimhneachadh nach ann mar sin a bha, nach robh ann ach an aon Ghàidhlig ro 1300 – bidh sgoilearan daonnan a' sabaid mun bhliadhna àraid sin, is iad a' tuigsinn nach e cànan nan daoine fhèin an-còmhnaidh a chleachdas sgrìobhadair.

A dh'aindeoin gach rud a thuirt sinn gu seo, tha e soilleir cinnteach gu

bheil tòrr a bharrachd seann litreachas na Gàidhlig air fhàgail ann an Èirinn air na tha an Albainn an-diugh. Bidh ceistean gu bràth ann – an e nach deach mòran litreachais a sgrìobhadh an Albainn san t-sean aimsir? No an e gun do chaill Alba a’ chuid a bu mhotha den t-seann litreachas aice? Freagairtean chan eil ann. Ach ’s e an t-aon litreachas a bha san dà thìr on tùs agus air adhart gu 1300 no an dèidh sin. Bàrdachd, sgeulachd, eachdraidh agus mòran mòr eile a thuigeadh Gàidheal sam bith dham b’ urrainn leughadh.

Ach an-diugh chan eil ach beagan dhaoine, sgoilearan sa chuid as motha, dhan urrainn an t-Sean Ghàidhlig a leughadh, agus san leabhar seo tha sinn a’ dèanamh oidhirp air trì seann sgeulachdan a thoirt air ais do luchd-leughaidh Gàidhlig na h-Albann, nan nuadh chànan fhèin. Tha tòrr sheann sgeulachdan sa Ghàidhlig againn fhathast, cuid dhiubh fhathast ann an làmh-sgrìobhainnean, is iad a’ feitheamh ri sgoilearan a dhèanadh sgrùdadh orra. Tha a h-uile seòrsa sgeulachd ann, ach a’ chuid as motha dhiubh air an suidheachadh ann an Èirinn. Thagh sinn an seo trì sgeulachdan a tha air an suidheachadh an Èirinn, gu ìre, ach anns a bheil pàirt mhòr den aithris aig Alba no aig Albannaich.

Tha sinn an dòchas gum bi na teagsaichean an seo nan cuideachadh do sgoilearan a tha a’ rannsachadh nan sgeulachdan san t-sean chànan, agus tha bun-notaichean againn a threòraicheas an sgoilear do leabhraichean eile a bhiodh nan cobhair dhaibh. Ach tha sinn an dòchas cuideachd gun leugh Gàidheil eile iad, gum faic iad dè an seòrsa sgeulachd a bhiodh againn san t-sean aimsir, nach e sgeulachdan romansach, no ceòthach, no ‘Ceilteach’ idir a dh’innseadh ar seann sinnsearan.

Airson cead na teagsaichean againne de *Sgeulachd Chana mhic Ghartnain* agus *An t-Suirghe air Eimhir* a stèidheachadh air na seann teagsaichean a dh’fhoillsich iad, tha sinn an comain Bòrd Riaghlaidh Sgoil Foghlaim Cheiltich Institiuid Àrd-rannsachaidh Bhaile Àtha Cliath. Agus airson cead *Marbhadh Chloinn Uisneach* eadar-theangachadh, tha sinn a’ toirt taing do Chumann na Scrìbheann nGaedhilge, Lunnainn, a dh’fhoillsich an sgeulachd, agus do Chaoimhín Mac Giolla Léith a dheasaich dhaibh i.

Richard A. V. Cox  
Colm Ó Baoill

## SGEULACHD CHANA MHIC GHARTNAIN

### RO-RÀDH

Seo Gàidhlig an latha an-diugh air an t-seann sgeulachd a dheasaich D. A. Binchy, *Scéla Cano meic Gartnáin* (Medieval and Modern Irish Series, Leabh. XVIII, Dublin 1963 agus 1975). 'S e deasachadh a tha sin air an aon leughadh a mhaireas den sgeulachd, tè a chaidh a sgrìobhadh timcheall air 1400 anns an làmh-sgrìobhainn 'Leabhar Buidhe Leacain' – tha Leacan ann an Siorramachd Shligich ann an Èirinn – .i. LS 1318 (*olim* H.2.16) ann an Colaiste na Trianaid, Baile Àtha Cliath, cuilbh 786–794. Ach chan e cànan 1400 a tha san sgeulachd mar a tha i againn an sin, ach Gàidhlig a tha fada nas sine: b' e beachd Bhinchy (dd. xiv–xv) gur ann mu 1000–1100 a chuireadh an sgeulachd ri chèile an toiseach.

Lean sinn gu dlùth an seo ri teags Bhinchy, ach uaireannan tha sinn air gabhail ri molaidhean o sgoilearan as ùire na esan mu phìosan àraidh den teags, agus tha fiosrachadh mu dheidhinn nan leasachaidhean sin sna notaichean.

'S e sgeulachd a tha seo, chan e eachdraidh. Mar a thuirte Binchy na ro-ràdh a thaobh na h-eachdraidh, tha *Annalan Uladh* ag innse dhuinn gur ann an 608 a bhàsaich Aodhan mac Ghabhrain, rìgh Dhàl Riada, bràthair-athar Ghartnain san sgeulachd seo, agus nàmhaid Chana aig toiseach na sgeulachd; gur ann an 668 a chaidh mic 'Gartnaith cum plebe Sceth' (le muinntir Sgìth) do dh'Èirinn agus gun do thill iad ann an 670; agus gun deach Cana (mac 'Gartnaidh') a mharbhadh ann an 688. Bha Diarmaid agus Blàthmhac, mic Aodha Slàine, nan co-rìghrean Teamhrach eadar 658 agus 665; chaochail Guaire, rìgh Chonnachda, ann an 663, agus Iollann mac Sgannlain ann an 656.

Dh'fhaodte gur ann o Chana na sgeulachd seo a shìolaich a' Chlann Chanann a tha air an ainmeachadh ann an *Leabhar Dhèir* (c.1136), ach chan e coltas làidir a tha sin.

### TUILLIADH LEUGHAIIDH

Carney, James, 1955 is 1979, *Studies in Irish Literature and History* (Dublin Institute for Advanced Studies), caibideil VI, 'The Irish Affinities of Tristan'.

Ó Cathasaigh, Tomás, 1983, 'The Theme of *ainmne* in *Scéla Cano Meic Gartnáin*', *Celtica* 15, 78–87.

Ó Cathasaigh, Tomás, 1989, 'The rhetoric of *Scéla Cano maic Gartnáin*', ann an Donnchadh Ó Corráin et al., deas., *Sages, Saints and Storytellers* (Maynooth: An Sagart), 233–50.

Ó Coileáin, Seán, 1981, 'Some Problems of Story and History', *Ériu* 32, 116–28.



LÈIRMHEASAN AIR DEASACHADH BHINCHY (1963):

Bromwich, Rachel, 1966, *Studia Celtica* 1, 152–55.

Mac Eoin, Gearóid S., 1964, *Studia Hibernica* 4, 244–49.

Ó Fiannachta, Pádraig, 1964, *Éigse* XI.1, 76–79.

## SGEULACHD CHANA MHIC GHARTNAIN

1. Bha connspaid mu rìoghalachd na h-Albann eadar Aodhan mac Ghabhrain agus Gartnan mac Aodha mhic Ghabhrain, gun do thuit leth-chuid de dh'fhir na h-Albann eatarra ann an cathannan agus còmhragan. 'S ann an Innis Moca Chèin<sup>1</sup> a bha Gartnan sin; 's e an t-eilean a b' fheàrr a chuireadh ri chèile san domhan siar, .i. 's ann à stiall cabair de dhearg-iubhar a bha gach taigh a bha san eilean aig Gartnan, o mhaide-droma gu maide-droma mun cuairt an eilein uile gu ruige an taigh-beag; 's ann à dearg-òr a bha an t-eilean uile aig Gartnan. Bha seachd seisrichean aige air talamh àitich; seachd àirighean aige – seachd fichead bò air gach àirigh. Leth-cheud lìon airson bheathaichean fiadhaich, leth-cheud lìon airson iasgach aiste<sup>2</sup> a-mach; an leth-cheud lìon èisg, sìomanan bhuapa air uinneagan a' chidsin, clag beag air ceann gach sìomain air an ùrlar air beulaibh an reachdaire; ceathrar a' tilgeil nam bradan ciad-shnàmha suas dha, agus esan ag òl meadh air a' chuibhrig aige.

2. Rugadh mac do Ghartnan, Cana mac Ghartnain. Chaidh esan a thoirt air altram. Chuir Gartnan dabhach am falach ann an lag mara, agus i làn de dh'òr agus de dh'airgead; agus mharbh e an ceathrar a bha a' cur an airgid innte, gun do rug am muir leis iad, gus nach robh fhios ach aigesan agus aig a mhnaoi agus aig a mhac.

3. Ach thàinig Aodhan thuige le fichead ceud fear rè oidhche geamhraidh, agus cha tàinig às ach na theich o rinn gatha agus o lann claidhimh, agus cha robh dà chrann fiodha den eilean nan seasamh an taic a chèile mu mheadhan làirne-mhàireach.

4. 'Ceart ma-thà,' arsa Cana, 's fheàrr dhuinn am fear seo a mharbh ar n-athair a sheachnadh; chan fhaisge ar càirdeas dha na am fear a rinn a mharbhadh.'<sup>3</sup>

'Càite an tèid sinn?' ars a mhuinntir.

'Thèid sinn do thìr na h-Èireann; co-bhràithrean dhuinn.'

Chaidh curaichean a dhèanamh leis. Chaidh iad chun na tràighe. Seo mar a thàinig iad chun na mara, leth-cheud laoch: brat corcair còig-fhillte air gach duine; dà shleagh chòig-rinneach na làimh; sgiath le iomall òir air; claidheamh òr-dhùirn air a chrìos; a mhuing òr-bhuidhe air a chùlaibh. Seo mar a thàinig an leth-cheud bean: brat uaine le fraoidhneas airgid; lèine le dearg-ghrèis

1 Dh'fhaodte gur e seo an t-eilean air a bheil *Ratharsaigh* an-diugh (Ó Baoill 1976, 267–70). Cuir an cunntas seo air an eilean an coimeas ris a' chunntas air Eamhain anns *An t-Suirghe air Eimhir*, §2.

2 Tha *estí amach* san LS; 's dòcha gum b' fheàrr 'às an innis' a thuigsinn.

3 B' e Aodhan, leis an deach Gartnan a mharbhadh, bràthair-athar Ghartnain agus bràthair seanair Chana.

òir; dealgan òir làn-shnaighte le sgeadachadh sheudan ioma-dhathach; seud-muineil de dh'òr lìomhte; mionn òir air ceann gach tè. An leth-cheud gille: casagan de shìoda buidhe le airgead umpa. Fidhcheall<sup>4</sup> air muin gach gille, le fir òir agus airgid; tiompan staoine ann an làimh chli a' ghille; dà mhìolchu air slabhraidh airgid na làimh dheis.

5. Bha mic Aodha Slàine<sup>5</sup> an uair sin air crìch Uladh a' togail chàintean, .i. dà mhic Aodha Slàine nan co-rìghrean; bha iad ann an Collmhagh an crìch Uladh. Thug iadsan fàilte mhòr dha, trian de bhiadh agus de leann, de dh'fhàrdach agus de chrodh. Cha robh Aodhan riarachta a chluinntinn gun tug mic Aodha Slàine an fhàilte dhàsan; agus b' e an rud a bu mhiosa leis nach robh eòlas aige mun dabhach a chuir Gartnan am falach. Theirear gun tàinig Sàtan thuige, gu Aodhan, gun do dh'innis e dha càite an robh an dabhach, gun tug e leis do a sheòmar-stòir fhèin i, agus cha robh peighinn a dh'easbhaidh aiste.

'Is math seo,' ars Aodhan; 'thèid ionmhas seo Ghartnain a thoirt do mhic Aodha Slàine air marbhadh a mhic, Cana.'

6. Thàinig naoinear uaithe, agus poca airgid leotha, gun robh iad ann an seòmar mic Aodha Slàine gun fhios gun rabhadh. Cana agus a mhuinntir ann an taigh air leth san dùn. Bha nighean Dhiarmada mhic Aodha Slàine air gaol a thoirt do Chana air stèidh a chliù, fiù 's mun tigeadh e a-nall.<sup>6</sup> Bha uaislean na h-Èireann an tòir oirre. Bha ise ann an seòmar ri taobh taigh mic Aodha.

'Tomhaisear an t-airgead,' arsa mac Aodha.

'Gheibh thu sin,' arsa na h-Albannaich.

Chuala an nighean an cagar sin. Ghabh i a-mach agus ghabh i slat na làimh, agus chaidh i gu for-dhoras<sup>7</sup> an dùin. 'S ann a thàinig ceathrar<sup>8</sup> a-mach, agus gath ann an làimh gach fir a' dol a-mach. Thuirt ise:

Chan aithne dhomh an-diugh  
an Èirinn no am measg Albannach  
laoch nach caisgeadh Cana  
le gath fionn fìor-thana.

4 Cluich-bùird a bha aig na sean Ghàidheil, agus 's e *fir* a bha air na pìosan leis an cluichte e. Chan eil fhios an-diugh dè na riaghailtean a bha aig a' chluich, ged a theirear 'chess' mar as trice ris ann an eadar-theangachaidhean.

5 Seo Diarmaid agus Blàthmhac, dithis mic Aodha Slàine, a bha nan co-rìghrean air Teamhair ann an Èirinn.

6 Tha an gaol gun fhios seo (a tha Crèadh a' toirt do Chana cuideachd, faic n. 16 shìos) a' ceangal *Sgeulachd Chana* ris an t-seann sgeulachd (Bhreatannaich) *Tristan agus Isolde*, faic Carney, 215.

7 Is coltach nach eil a' chiall àbhaisteach aig *for-dhoras* an seo (clach fhada os cionn an dorais), ach seòrsa de dh'àrd-ùrlar os cionn an dorais (Binchy, 23).

8 Is math dh'fhaodte gur iad Cana agus trìuir eile a thàinig a-mach an seo (Ó Cathasaigh, 242).

Air tighinn dha fon fhor-dhoras, bheir ise an t-slat gu a cheann agus thuirt i:

A Chana,  
tha aire air do stòr;  
mas mì-shealbh e, is mòr dheth,  
mas sealbh e, is tana,<sup>9</sup>

a' toirt buille dha a' tighinn a-mach; agus thuirt i agus e a' falbh uaipe:

Chan fhaiceallach an t-Albannach  
a dh'fhalbhas le lùth a làimhe;  
tha nì air nach toir e an aire:  
brioghmhorachd mic Aodha Slàine.

Chan ann a thoirt achmhasain  
do rìgh nach d' fhuair càineadh aoire:  
tha mòran de na daoine  
fo dhìon macraidh Aodha.

An sgeul a chuala mi tron taigh,  
cha cheòl binn àlainn e,  
cianail dhàsan nach cluinn:  
chan fhaiceallach an t-Albannach.

“S e rabhadh a tha seo, a nighean,” arsa Cana.

‘Ged a b’ e,’ ars ise, ‘tha fàth ris. Thathar a’ tomhas airgid air do mharbhadh anns an t-seòmar ud.’

‘Ceart ma-thà,’ ars esan.

7. Chaidh e a-steach na thaigh.

‘Ceart ma-thà, feumaidh sinn comhairle a dhèanamh.’

‘Dè tha seo, a Chana?’ ars a mhuintir.

‘Chan e “dè” math a th’ ann,’ arsa Cana: ‘thathar a’ tighinn thugainn gu ar marbhadh uile.’

‘Dh’fhaodte gur e a tha an dàn dhuinn,’ arsa na h-òganaich.

‘Seo rud as math dhuinn,’ arsa Cana: ‘thoireamaid ionnsaigh air fir nan còig taighean a tha san dùn. Rachadh dà chladheamhair dheug air beulaibh doras gach taighe. Ruigidh mise na rìghrean, agus chan e dàil fhada a bhios ann.’

<sup>9</sup> ‘Mas e mì-shealbh a thig às, bidh mòran dheth ann; mas e deagh shealbh a thig, cha bhi e ach beag’ (Ó Cathasaigh, 244–45).

‘Glè mhath,’ arsa na h-òganaich; ‘s fheàrr fad-fhulangas<sup>10</sup>.’

‘Ceart,’ ars esan; ‘thèid mise dhan t-seòmar feuch an leigear a-steach mi. Ma leigear a-steach mi cha tèid mo mharbhadh. Mura leigear, rachaibh-se air adhart gu brìoghmhor agus leigibh a-mach mi an dèidh sin.’

8. Agus thèid esan do dhoras an taighe. Thèidear a cheasnachadh Chana ann an doras an taighe.

‘Leig a-steach e,’ arsa Diarmaid.

‘Thigeadh e a-steach,’ arsa Blàthmhac.

Thèid e a-steach san taigh gu teann. ‘S ann a bha an t-seiche leis an airgead air làr an taighe.

‘Thig an seo eadarainn,’ ars iadsan.

‘Is math an t-àite a tha seo,’ ars esan; ‘s e àite a athar a bha ann.

‘Biodh e mu do làimh,’ arsa Diarmaid.

‘Ged nach bitheadh bu dual, ge-tà,’ ars esan.

‘Dè an dualchas a tha sin?’ ars iad.

‘S e sgeul truagh a tha sin,’ ars esan. ‘Chuala sibh mum athair-sa. Bu mhiann leis deagh oighreachd dhòmhsa; chuir e dabhach làn de dh’airgead am falach. A chionn ‘s gur treise fortan Aodhain, fhuair e e agus chaidh ionmhas m’ athar a thoirt uaithe an seo airson mo mharbhadh-sa leibhse.’

‘Tha sinne a’ dearbhadh,’ arsa Diarmaid, ‘ged a bheirte làn an taighe gu sail, cha deigheadh do reic air.’

‘Tha sinn buidheach ma dheidhinn,’ ars esan.

Le sin thig e a-mach. Thèid Blàthmhac na dhèidh.

‘Seo nì dhut, a Chana,’ ars esan. ‘Thèid na h-òganaich a-mach gu muir às ar dìon. Rach thusa air an tòir agus dèan sgrios orra, agus thoir d’ airgead fhèin thugad.’

‘Tha mi taingeil airson sin,’ arsa Cana.

9. Thèid e an uair sin gu a mhuinntir. Ghluais e on taigh dhan ionnsaigh. Thàinig Cana dlùth orra. Leum e thairis gus an robh e sa churach ...

‘... gun fhios a thàinig sibh oirnn,’ arsa Cana.

‘S dòcha,’ ars iadsan.

‘Is olc gu dearbha dhuibh mo bhrathadh. Chan eil anns a’ churach sa ach duine nach ann ann an taigh m’ athar-sa agus mo mhàthar a chaidh a thogail.’

‘Math gu leòr, a Chana,’ arsa na h-òganaich. ‘Nam bu tu a bhiodh cumhachdach san tìr sa bheil sinn, dhèanamaid do riar. Tha nì againn as math dhut: d’ airgead fhèin fhàgail agad agus ar leigeil-ne dol do ar tìr fhèin.’

‘Mar sin a bhitheas,’ ars esan. ‘Fhalbhaibh a-mach à seo.’

‘Dè tha seo, a Chana?’ ars a mhuinntir.

10 Mu chudrom an fhad-fhulangais (*ainmne* san t-Sean Ghàidhlig) san sgeulachd seo, faic Ó Cathasaigh 1983; agus §10 shios.

‘Dar mo làimh-sa,’ ars esan, ‘cha tèid peighinn a ghoid às a’ churach sa. Ma tha e an dàn dhomh, is mi a chaitheas an t-airgead sa.’

‘Tha sinn taingeil ma dheidhinn,’ arsa na h-òganaich.

‘Togaibh oirbh.’

10. Thig iadsan gu talamh.

‘Ceart,’ arsa Diarmaid<sup>11</sup> – bha faisneachd aigesan o Dhia: chaidh duais a thoirt airson an fhad-fhulangais a rinn an gille air a’ mhuir: rìoghachd Alba fo a reachd fad ceithir bliadhna fichead an dèidh Aodhain – ‘Ceart,’ arsa Diarmaid, ‘thoiribh fàilte dhan fhear a tha tighinn thugaibh.’

Gu ceann trì là an dèidh sin cha deach crios no dealg a chur dhiubh.<sup>12</sup>

‘Beannachd air an fhear a nì math dhuinn,’ arsa Cana. ‘Rachamaid às.’<sup>13</sup>

B’ e seo a’ chomhairle aca ma-thà: dh’fhalbh iad fad na h-oidhche gus an tàinig iad gu deas thar Mhagh Mhuirtheimhne a-steach ann am Magh Bhreagh gu Ceàrna<sup>14</sup>. Bha ealachan air an tulach.

‘Tilg air na h-eòin,’ ars a mhuinntir ri Cana.

Thilg e urchair orra; cha do bhuail i iad. ’S ann a thuirt e, oir cha do thilg e urchair air iomrall a-riamh:

Ealachan Cheàrna, chuir mi egal orra,  
mo thruaigh gun tug mi ionnsaigh orra le mo chloich;  
bròn mòr orra o na h-urchairan orra  
mar am bròn mòr orm o na h-iomrallan.

Thàinig iad an iar làirne-mhàireach do Loch Ainninn<sup>15</sup>.

‘Tilg air an lach,’ arsa càch.

A lach (ars esan)  
Loch Ainninn, cha ruig mi thu:  
chan eil e mar an là an-dè an Ceàrna,  
cha toir mi ionnsaigh.

11 Chaidh an teags atharrachadh beagan an seo, a’ mhòr-chuid sa phuingeachadh, a’ leantainn comhairle Uí Chathasaigh, 245–46.

12 ’S dòcha gur ann airson dìon o nàimhdean a chùim iad an cuid aodaich orra fad trì là (*Éigse* XI, 78.145).

13 *do chollad* san LS, on ghnìomhair *con-slá* ‘falbhaidh’ (Ó Fiannachta, 78.147).

14 Tha Magh Mhuirtheimhne ann an Siorrachd Lùbhaidh, Magh Bhreagh ann an Siorrachdan na Midhe agus Bhaile Àtha Cliath; tha na trì àiteachan seo gan ainmeachadh cuideachd anns *An t-Suirghe air Eimhir*. ’S e àite beag a tha ann an Ceàrna an-diugh, faisg air Daimhliag Chianain ann an Siorrachd na Midhe, agus tha fios ma dheidhinn, agus mun ainm, ann an Ó Concheanainn 1971, 87–92.

15 Loch mòr ann an Siorrachd na h-Iar-mhidhe, Lough Ennel gu tric sa Bheurla.

Cha mharbh mi èoin Mac Dhè bheò  
 airson na clòimhe aca;  
 is beag an tairbhe, oir cha mhòr am meud:  
 mar sin, fàgam nan ealt iad.

Cha mharbh mi èoin na machaire:  
 chan ann orra a bhios mo neart sgriosa;  
 chan e a thug o Sgìth mi  
 cogadh ri ealachan Cheàrna.

11. Chaidh iad an uair sin thar Shionainn a-steach ann an Connachda a dh'ionnsaigh Ghuaire, gus an do ràinig iad taigh Mharcaìn, leis an robh Crèadh nighean Ghuaire. Thug ise gaol dha fiù 's mun tigeadh e thairis bhon taobh an ear<sup>16</sup>. 'S ann a thuirt ise:

Cana mac Ghartnain o Sgìth,  
 Crèadh ann am Maonmhagh ann an aoibhneas:  
 bu truagh gur mòr an talamh  
 agus am muir eatarra.

Crèadh nighean Ghuaire, ge b' e cò i,  
 caol inbhir a bhiodh eatarra,  
 agus mac Ghartnain, am mac  
 a rachadh a dhèanamh suirghe oirre.

Agus bha esan air am baile aice a ruigsinn aig an àm a thàinig e le Diarmaid nuair a thug Diarmaid an cath do Ghuaire, gus an do ràinig e aig an aon àm<sup>17</sup>.

'Fhalbh, a ghille,' ars esan, 'a-steach san dùn. Iarr tèarmann cho fada ri Crèadh dhuinn gun ruig sinn Guaire.'

'S ann a thuirt Cana:

Thoir beannachadh uamsa  
 gu Crèadh nighean Ghuaire  
 is gabh na rannan sa dhi:<sup>18</sup>  
 gum faigh mi an uimhir cho-ionann uaipe.<sup>19</sup>

16 Cuir seo an coimeas ri n. 6 shuas.

17 *immale* san LS, *maille* aig Dwelly (Ó Fiannachta, 78.186; Ó Coileáin 1981, 122).

18 Chan eil 'na rannan sa' rim faighinn idir san sgeulachd (faic Ó Cathasaigh, 235–36; agus n. 25, shìos).

19 Atharrachadh beag san teags, *do-bér-sa* > *dobersa* (Ó Fiannachta, 78.193).

‘S ann dhutsa a thoir ear na rannan sa, a Chrèidhe,’ arsa Colga mac Mharcain.  
’S ann a thuir i:

A Cholga,  
is beag fios dhut cò tha mi caoineadh;  
tha mi air mo sheirc a thoirt do dh’fhear  
nach fhaisg orm a dhùthaich.

‘Is fìor sin, a Chana,’ arsa Marcan; ‘cha bu chòir dhi gaol a thoirt dha, agus e den mhuinntir sa.’<sup>20</sup>

A Mharcain,  
cha bu chòir gum maireadh tu an dèidh do mhacain,  
cha bu chòir gum b’ e do mhacan a thuiteadh:  
bu chòir gum bu tusa a bhàsaicheadh.<sup>21</sup>

Chan eil mi a’ seinn mu do sheirc  
do neach seach neach eile ann an tìr na h-Èireann:  
mairg neach a bhiodh às aonais Chana  
agus dham bu charaid Colga!

Chaidh casaid a dhèanamh air Colga an dèidh sin mu fheise chorporra leatha<sup>22</sup>, nuair a thuir Guaire fhèin, gus aimhreit a thogail eatarra:

Crèadh le Marcan, cha mhath am mac;  
cha ghabh i Colga le suirghe;  
tha Crèadh a’ dèanamh oilbheum air sgàth fialaidheachd,<sup>23</sup>  
ach ’s ann còmhla ri aon chèile.

12. Chaidh iadsan gu Deàrlas Ghuaire<sup>24</sup>, agus chuir e fàilte orra.

‘Fàilte ort, a Chana!’ arsa Guaire. ‘Cha tèid do reic an seo air airgead a thaobh cho draghail ’s a tha do bhiathadh. Cha bhi e mar a bha aig mic Aodha Slàine. Gheibh thu biadh agus dìon, agus fàilte ort!’

Bha Cana an uair sin greis an cuideachd Ghuaire, trian an dùin do Ghuaire,

20 Tha sinn a’ leantainn leasachadh air an teags a tha ga mholadh ann an Ó Fiannachta, 78.201 (tha moladh eile ann am Mac Eoin 1964, 248); ach faic cuideachd Ó Cathasaigh, 249, n. 20.

21 An rann seo air a stèidheachadh air leasachadh mòr a chaidh a mholadh ann an Ó Fiannachta, 78.203 (coim. Ó Cathasaigh, 238.5).

22 Eadar-theangachadh air an rosrann seo stèidhichte air moladh ann an Ó Cathasaigh, 238.6.

23 Atharrachadh teagsa o Ó Fiannachta, 78.214.

24 Bha Deàrlas Ghuaire faisg air baile Chinn Mhara ann an Siorrachd na Gaillimhe, agus thathas a’ creidsinn gu bheil lorg den t-seann togalach ri fhaicinn ann fhathast.



an dara trian den dùn do Chana agus an trian eile do Sheanchan Torpeist, bàrd Ghuaire agus muinntir na h-Èireann uile. Duine beag truagh, 's ann ann an cuibhrig olainn a bhiodh e paisgte a-ghnàth, cho truagh 's a bha e. Ceathramh builinn a dh'itheadh e ann an trì latha. Dh'itheadh Brighid Bhrad-bhrù, a chailleach-san, trì cheathramhan a' bhuilinn. Bu mhòr leis-san a brù, agus uime sin b' e Brighid Bhrad-bhrù a h-ainm leis-san. Bu mhòr an luchd-coimheadachd aice. Thàinig Brighid aon latha air chuairt. Dh'fhàg i a ban-sheirbheiseach an ceannas an luchd-coimheadachd aigesan. Òg-bhean chaomh ise. Chaidh i am meadhan làirne-mhàireach ga fhrithealadh. Nuair a bha i a' tighinn a-mach às a' chidsin –

'Na tig, na tig, a bhean!' ars esan. 'Tha mise nas sine na thusa. Chunnaic mise do sheanmhair-sa; bha ìne air a teas-at air a h-òrdaig chli. Sgeithidh mi ma thig thu nas fhaisge.'

13. Rinn esan dàn<sup>25</sup> do Dhiarmaid mac Aodha Slàine.

'Fhalbh, a ghille,' ars esan, 'le dàn do rìgh na h-Èireann.'

Thèid esan chun an ear. Dh'aithris e an dàn.

'Is math an dàn,' arsa Diarmaid.

'S ann a bha esan a' snìomh geimheil mu chois Ghrib, each Dhiarmada.

'Thoir leat am fàinne sa do Sheanchan.'

Chaidh esan an iar agus cha robh e toilichte.

'Seo, a bhalaich,' ars esan, 'fàinne geimheil dhut mar dhuais air do dhàn.'

'O rìghrean 's fheàrr fàinne na tagradh, a ghille,' ars esan.

'Fhalbh, a ghille bhreòthte<sup>26</sup>, le dàn do rìgh na h-Èireann.'

Ghabh an gille an dàn.

'Math gu leòr,' arsa Diarmaid, 'thoir leat am maide gobhlach seo do Sheanchan.'

'Seo dhut, a thruaghain,' ars an gille, 'ball-airm gad mhadadh o Dhiarmaid.'

'Fhalbh, a ghille, le dàn do Dhiarmaid.'

Ghabh an gille ris.

'Càite a bheil Diarmaid?'

'Tha e ann an seòmar a' tomhas òir agus airgid. Bu mhath dhut dol thuige.'

'Fosgail!' ars an gille.

'Cò tha seo?' arsa Diarmaid.

'Gille Sheanchain.'

Dh'aithris an gille an dàn.

25 Seo a-rithist iomradh san sgeulachd air dàn nach eil sgrìobhte san teags idir, mar a fhuair sinn na bu tràithe (n. 18, shuas). Gheibhear beachd air 'brìgh' nan dàn seo ann an Ó Cathasaigh, 235, 246.

26 a *gilla diblidi* san LS (Ó Fiannachta, 78.245).

‘Is math sin,’ arsa Diarmaid, ‘thoir seo leat do Sheanchan, ceud unnsa de dhearg-òr agus trì fichead de dh’airgead dhut fhèin.’

‘Glè mhath, a ghille,’ arsa Seanchan, ‘dè tha gad dhèanamh aoibhneach an turas seo?’

‘Tha rud math an seo dhut,’ ars an gille, ‘ceud unnsa de dhearg-òr.’

‘S fheàrr e, a ghille, na oibheum a dhèanamh dha. Fhalbh, a ghille, le dàn do Dhiarmaid.’

‘Rachar ann,’ ars esan.

‘Càite a bheil Diarmaid?’

‘Chaidh e a shealg.’

Chaidh e na dhèidh chun an t-slèibhe. Thig na fir an dèidh an daimh a-steach dhan ghleann. Fàgar Diarmaid am measg a chuid each. Dh’aithnich an gille e. Ràinig an gille e am measg nan each. Dh’aithris an gille an dàn dha.

‘Glè mhath, a ghille, thoir seo leat do Sheanchan, trithead each ann an sriantan agus ann an acfhainnean.’

14. Bu mhath an duine Seanchan an dèidh sin. Fhuair e coimheadachd gu Guaire o fhearaibh Mhumhan, gun robh e air slèibh Eachdgha, agus cha ghabhadh e ach ri aon taigh<sup>27</sup> a dhèanamh dìona dhan bhàrd, agus fad na slighe o Eachdgha gu Deàrlas, leth-cheud fear dha agus leth-cheud bean agus leth-cheud cù agus leth-cheud gille, agus a bhith fo fhrithealadh o Shamhain gu Bealltainn; agus dh’fhalbh e air an t-slighe. Bhuail boinne uisge san aodann e.

‘Mo chreach!’ ars esan, ‘cha chòir seo idir, ’s e dealanach geamhraidh a tha ann.’

Agus rinn e leus air a aodann, agus b’ e teine a dh’fhuiling e, gum b’ fheudar dha seachd cumhail<sup>28</sup> fhaighinn airson gach achaidh eadar sin agus Deàrlas.

15. ‘Glè mhath, ma-thà, a Ghuaire,’ arsa Seanchan, ‘ghabh thu cus ort fhèin. Bu leòr do na Connachdaich a bhith fo fhrithealadh na dithis againn gun neach eile a thoirt thugainn; eadhon an gille draghail,’ ars esan, ‘mac Ghartnain, bu chòir dha dol a-mach air an tuath, agus na coin mhatha leotha, agus dhèanadh iad tlachd eatarra fhèin.’

Siud mar a bha o mheadhan-là gu meadhan an làirne-mhàireach: air dhaibh na coin aca a sgaoileadh, cha do choinnich duine dhiubh ris an dara duine. Bha iad tùrsach mu dheidhinn sin; thug iad soraidh do Ghuaire.

‘Ceart,’ arsa Guaire, ‘tha fhios agam dè tha ceàrr oirbh.’

‘Chan eil nì,’ arsa Cana, ‘ach tha sinn ag iarraidh tlachd, cuairt na h-Èireann

27 ‘S dòcha gur e rathad còmhdhaichte air choreigin a tha seo ann an inntinn an sgeulaiche (Binchy, 30.276).

28 ‘cumhal’, tràill bhoireann. B’ ionann a luach agus trì bà bainne san t-seann lagh. Tha an rosgrann seo a’ leantainn molaidhean P. L. Henry (1966, 222–26) (*aed* ‘teine’, an ionad *ed* san teags).

a dhèanamh gum faic sinn na daingnichean agus na dùin aca, na h-eaglaisean aca agus na h-uaislean. 'S ann thugadsa a thàinig sinn agus 's ann uatsa a dh'fhalbhas sinn. Thathar ag innse dhuinn gu bheil gille greadhnach aig na Muimhnich mu dheas, Iollann mac Sgannlain de Chorca Loighdhe; bu chaomh leinn dol ga agalladh.'

'Thigibh ma-thà,' arsa Guaire, 'gun caith sibh feist na h-oidhche leamsa.'

Dh'fhalbh iad amhlaidh an uair sin, agus thàinig uaislean Chonnachd a thoirt soraidh leotha. Agus thàinig Crèadh agus Marcan agus Colga dhan fhleadh, agus bha feum air ceathrar o Mharcan mar fhreiceadan do Chrèadh. Dh'iarr ise air Guaire gum b' i neach-frithealaidh fir na h-Albann agus nan Connachdach an oidhche sin, air chor 's gun cuireadh i seun suaine air an t-sluagh; gun do thuit iad uile nan cadal ach ise agus Cana, gun tàinig Cana gun robh e air an leabaidh aicese, agus i ga aslachadh; nach d' fhuaradh sin uaithe fhad 's a bhiodh e fo dhleastanas airm; nan gabhadh e inbhe rìgh, ge-tà, thigeadh e thuice agus 's i a' bhean a bhiodh aige a-chaidh.

Chaidh clach a bha aigesan fhàgail aicese mar dhàil coinneachaidh, oir thuirt esan gur ann sa chloich a bha a anam. (Bha a mhàthair air leabaidh-shiùbhla; chaidil ise gum faca i dà bhean-sìthe a' tighinn thuice, gun do ghlac iad a anam às, air a beulaibh, ann an riochd cloiche, gun tug a mhàthair à làimh tè dhiubh e.

'Anam do mhic, a bhean,' ars ise, 'a rug thu.'

'Ghlèidh mo mhàthair i gus am bithinn-se comasach air a gleidheadh.'

'Fàgar leamsa i,' ars ise [Crèadh], 'na dàil coinneachaidh.'

Sin mar a thachair: chaidh a' chlach fhàgail aicese agus bheirte às a' chòmhach i a h-uile là; chanadh ise an uair sin:

A chlach,  
o chì mi thu gach là,  
ma bhristear thu chan fhaigh greim air m' anam  
ach sracadh ann an cràdh.<sup>29</sup>

Sin turas Chana do dh'Èirinn agus gu Guaire.

16. Chaidh Cana gu Iollann mac Sgannlain agus ràinig e Dùn Bhaoithe<sup>30</sup>. Chaidh innse do dh'Iollann gun robh iad air an fhaiche.

'Fàilte oirbh!' ars Iollann. 'Tha Cana mac Ghartnain sin air mo ruigsinn, agus iad air am brath agus air an reic le mic Aodha Slàine, agus air an toirt faisg air a' ghort le Guaire. Gheibh thu biadh an seo; cha bhi thu air seachran; cha

<sup>29</sup> Ghabh sinn ri moladh Uí Fhiannachta (79.321) agus Uí Chathasaigh (239) mu chiall nan sreathan seo. Mun chloich iongantach seo, 'clach na beatha', faic Carney, 216.

<sup>30</sup> Bha Dùn Bhaoithe, àrd-dùn Chorca Loighdhe fo riaghladh Iollainn mhic Sgannlain, ann an taobh an iar Shiorrachd Chorcaigh ann an Còigeamh Mhumhan.

tèid do reic air airgead.’ Thèid an stiùbhard aige a ghairm thuige an uair sin.

‘A-nise, na seachd coireachan a tha san dùn, na gabhar bhàrr teine iad gu ceann bliadhna a’ bruich bìdh. Thoiribh na fir a-steach; gu ceann trì là cha tèid mise dhan agalladh. Fritheilear le biadh agus le leann iad.’

Thèid Corca Loighdhe a ghairm thuige.

‘Ceart ma-thà,’ ars esan, ‘thàinig thugam aoibhneas mòr. Dè seòrsa cobhrach a bheir sibh dhòmhsa?’

‘Is math do chobhair uainne,’ arsa na h-òganaich. ‘Thig uainne trì daimh agus trì leth-taobhan feòla agus trì dabhaichean gach tràth-nòin, agus cha tèid buileann de do dhlighe air chall.’

‘Mo bheannachd air an tuath agus air a’ chinneadh a chanas e!’ ars esan. ‘Agus thusa, a bhean,’ ars esan, ‘dè do thabhartas dhòmhsa? Is còir dhut deagh thabhartas, oir chan eil thu eu-comasach. Tha seachd àirighean agad, agus seachd fichead bò air gach àirigh de bhà, agus seachd seisrichean.’

‘Tha na mithean agus a’ ghràisg a’ caitheamh sin uile. Is leòr agad fiù ’s trì àirighean dhiubh gus solaradh dhaibh.’

‘Beannachd airsan a chanas e!’ ars esan. ‘S fhèarrde mo mheanma sin. Thèid mi dhan agalladh an-dràsta.’

Thèid e thuca an uair sin. Chuir e fàilte mhòr orra.

‘Beannachd, ma-thà,’ arsa Cana, ‘airsan a ràinig sinn. Gun òcadh Dia e air ar son, oir chan òc sinne.’

‘Dè as miann leibh?’ ars Iollann.

‘Iarraidh air ar cuid bìdh a-rithist.’

‘Dar mo chumhachd-sa,’ ars Iollann, ‘cha tèid thu às an dùn sa fad do shaoghail ag iarraidh bìdh gun deigheadh tu an seilbh rioghachd na h-Albann.’

Trì bliadhna dhaibh anns an dùn sin, gun oidhche de dh’aoigheachd a chall. Bhiodh iad a’ cluich fìdhchill gach là; bha iad cothromach ri chèile gu nòin, bhuidhinneadh Cana cluiche an nòin air Iollann.

‘Tha eagal orm,’ ars Iollann, ‘mu dheidhinn crìonaidh air a’ choille.’

Bha sin reusanta: bhite a’ toirt nan deich cuailtean fiodha fad seachd fichead madainn agus feasgar a-steach dhan taigh. ’S ann a thuirte Cana:

Ri bunan

crabh coille cha bu chòir dhut slaodadh:

chan e a’ chraobh a chrìonas –

is tusa bhios air crìonadh.

‘Cha toir mi an aire an-dràsta,’ ars Iollann.

17. An dèidh sin chaidh bràighdean fir na h-Albann a ghabhail, naoinear dhiubh, gun robh iad an taigh Iollainn mar dhìon do Chana mu dheidhinn

rioghachd na h-Albann, gun deach am fàgail aig Iollann. Agus gu ceann trì là mus do dh'fhalbh Cana cha robh muinntir Chana agus Iollainn fad ùine mòire a' dèanamh ach caoidh agus dòrainn ri chèile, agus làmh gach duine dhiubh mu mhuineal a chèile.

'Math gu leòr, a Chana,' ars Iollann, 'bidh mise marbh an ceann bliadhna nad dhèidh-sa. Gun dìonadh Dia thu, ma-thà!'

Agus rug Cana uaitheasan leth-cheud each dubh-ghlas agus leth-cheud coire umha agus leth-cheud fallaing sgeadaichte.

18. An latha sin an ceann bliadhna mharbh a thuath fhèin Iollann, 's e sin mac Connaidh agus Cuan mac Shanais, gus nach robh dà shail air am fàgail ri chèile de Dhùn Bhaoithe an làirne-mhàireach. An là sin bha curach, agus Cana ann, air a' mhuir ag iasgach, air dha ceannas rìoghachd na h-Albann a ghabhail. Bha manadh tuinn aige an uair sin, fios tuinn<sup>31</sup>: chunnaic e an tonn dearg-ruadh a' tighinn thuige anns a' churach; 's e fuil Iollainn a bha ann. Dh'èirich e an uair sin agus bhuail e a bhasan air a chèile gun robh na sruthan fala aca a' ruith asta, agus thuir e:

A chaoin-Bhuach<sup>32</sup>  
a bhrùthas an tonn ris a' bhruach,  
Iollann mac Sgannlain a mharbhadh,  
cha bu taitneach am manadh.

A chaoin-Bhuach  
a bhuaileas an tonn ris a' bhruach,  
's ann soilleir a tha e ga innse, ged a tha e dubhach:  
chaidh Iollann mac Sgannlain a mharbhadh.

A chaoin-Bhuach,  
thig an tonn ris a' bhruach;  
mulad dhuinne an sgeul garbh:  
Iollann mac Sgannlain as marbh.

Àrd an nuall  
a bhrùthas mu Choire Dà Ruadh<sup>33</sup>:

is mòr am mulad, a rìgh a dheargaicheas grian,

31 Chithear an tonn fala seo ann an sgeulachdan nan naomh (Edmonds 2013, 2–4).

32 Tha e soilleir gu leòr gum b' e creag mhòr air choreigin eadar Èirinn agus Alba a tha ann am Buach seo, ged a thuig seann sgrìobhadairean àraid gum b' e ainm bean Chana a bha ann.

33 Is coltach gur ionann Coire Dà Ruadh agus Coire Bhreacain, coire no cuairt-shlughan ann an taobh a deas na h-Albann.

cha ghabh mi fois is mi air falbh uaithe.<sup>34</sup>

Coire Dà Ruadh ro ghlas,  
togonalach sruthach sean-bhras,  
is mòr a bhruicheas a choire  
ged nach bruich an nì air an dèan e còcaireachd.

Nam biodh agam smachd air a' mhuir threun  
a bhrùthas mu Choire Dà Ruadh,  
ruigeadh mo churachan, is lèir,  
tìr Chorca Loighdhe.

A Chuan mhic Shanaise,  
seo abairt a tha deimhinn:  
tha mise a' cur romham do chneas a ghuineadh  
airson na h-eucoir a rinn thu.

A mhic Connaidh o thaobh siar Bheàrnais,  
rinn thu gnìomh a bha bras;  
seachain òganaich tìre eile  
ma chunnaic thu guineadh Iollainn.

Fir na h-Èireann o thràigh gu tràigh,  
thrèig a' chruadalachd iad;  
chan eil càil ann a chràidheas an sluagh  
an dèidh Iollainn mhic Sgannlain.

Eas Gabhra  
mum biodh mòran iongnaidhean a' siubhal,  
seasgaich Iollainn a mhaireas  
cha shiubhail iad mu Eas Gabhra.

Dùn Bhaoithe,  
nuair a dh'àitich Iollann e  
bu phailt feòil shailte agus fìon ann  
agus b' fhàrdach fhionn cheannard e.

A shneachd fhuaraidh,

<sup>34</sup> An sreath air atharrachadh a rèir Ó Fiannachta, 79.400, .i. *ní anab céin beo-sa uad.*

an Dùn Bhaoithe cha robh thu sàmhach;  
cha robh thu oillteil, a fhir bhàin,  
air taobh taigh mhic Sgannlain.

[.....]<sup>35</sup>  
chan ionmhainn no [.....]  
am ball air an do thuit buidheann  
ri taobh Iollainn mhic Sgannlain.

Mairidh gul bhan an-diugh  
agus cumha mu na h-ionnsaighean air<sup>36</sup>  
san dùn far an cuirte na cuachan mun cuairt:  
's ann a bha, a chaoin-Bhuach.

19. Thàinig còmhla ris an uair sin Sasannaich agus Breatannaich agus fir na h-Albann gun do chuir e smachd air Corca Loighdhe, gun deachaidh mac Connaidh agus Cuan mac Shanaise agus an cinneadh a mharbhadh leis. Agus cha tàinig e à crìch Chorca Loighdhe agus an do dh'fhàg e mac Iollainn na àrd-rìgh air Corca Loighdhe agus gun do dh'fhàg e Dùn Bhaoithe am fallaineachd mar a dh'fhàg rè beatha Iollainn, eadar bhà agus dhaimh, eadar eich agus aitreabhan, agus gun tug e bràighdean de Chorca Loighdhe leis mar dhìon do mhac Iollainn an seo.

20. Bha esan na rìgh air Albainn an dèidh sin. 'S ann a dh'aithris e dàn:

Cò as fheàrr de leanntan flaithis<sup>37</sup>  
far an òlar leann na daoraich?  
Cha bhi duine na rìgh greadhnach air Èirinn  
mura ruig e cuirm Chualann.

Cuirmean Chomar Trì Uisge<sup>38</sup>  
thall 's a-bhos mu Inbhir Feàrna,  
cha do dh'òl mi sùgh na b' fheàrr

35 Tha Binchy (34, n. 433) ag ràdh gu bheil teags an dà rainn mu dheireadh an seo truaille, agus tha e duilich eadar-theangachadh a dhèanamh orra.

36 A' gabhail ri moladh Uí Fhiannachta (1964, 79.436): *is iacht ima imercliu* (sin *imsbergaile* aig DIL).

37 'S ann air leann na h-uachdranachd, a bhiodh ga òl (gu samhlachail) aig coisrighdean gach rìgh, a tha a' chiad chuid den dàn seo a-mach, ach tha an ceangal ri coisrighdean Chana soilleir aig an deireadh (faic Ó Cathasaigh, 240).

38 'S e *Comar na dTrì nUisce* comar na Siùire, na Bearbha agus an Fheòir faisg air Port Làirge ann an taobh a deas na h-Èireann: 's dòcha gur ionann e agus *Inbhir Feàrna* san ath shreath (Binchy, 35).

[.....] de chuirm Cheàrna.

Cuirmean Cheall Tìre Èile,  
's iad a nì misg sa Mhumhain,  
cuirmean Iorluachra àird,  
cuirmean dearga Dhàirine.

Cuirm dhathte Choille Gartan,  
thèid a dòrtadh do rìgh Chiarraighe;  
sin leann an Èirinn òirdheirc  
mun dèan Gàidheil còmhstri.

Ann an Cùil Tola sgeithidh  
soitheach druim-leathan deagh leann;  
thèid fleadh-òl a dhòrtadh do Luighne  
nuair a bhios falt an t-samhraidh crìon.

Dh'òl mi cuirmean ann an Cùlaibh,  
chan e cliù teaghlaich gun mheas;  
air Finnia bu sheasmhach  
cuirmean misge Mhuirtheimhne.

Òlar mu Loch Cuan cuirmean  
a dhòirtear à cùirn chorrnach;  
ann am Maighinnis an Ulaidh  
freagraidh ceòl àrd caismeachdan.

Caoin-òlaidh muinntir Dhàl Riada,  
mu inbhirean glasa tuinichte,  
leth-dheoch ri coinnlean sorcha;  
nì curaidhean cleasan airson [.....].

Cuirmean Shasannach na seirbhe  
thall 's a-bhos mu Inbhir an Rìgh<sup>39</sup>;  
mu chrìch Chruithne, mu Gheirgheann<sup>40</sup>,  
cuirmean dearga mar fhìon.

39 Chan eil cinnt càite an robh *Inbhir an Rìgh*, ach 's e beachd Andrew Breeze (2008, 87–95) gur e Bamburgh ann an taobh tuath Shasainn a th' ann.

40 Seo Magh Gheirghinn, a' chuid de chrìch nan Cruithneach a bha eadar Dùn Dèagh agus Obar Dheathain.



A fhir, builich a dheoch air,  
 air mac Ghartnain mhic Aodha;  
 cha do thrèig e Sgìth gun robh e na rìgh –  
 thoir dha an deoch air a bheil e airidh.

A fhir, builich mo dheoch orm –  
 chaidh mo chis a phàigheadh uime;  
 chan eil, their iad, san taigh  
 neach a thigeadh nam choimeas.

Chan eil coimeas a thàinig thugam  
 nach spùinn mi air nòs creiche;  
 tha m' eòlas a' ruigsinn mo luchd-leanmhainn:  
 cò as fheàrr de leanntan nan cuirmean?

21. Agus 's ann a bhiodh a dhàil ri Crèidh: aig Inbhir Colptha<sup>41</sup> an ceann bliadhna. Bhiodh Colga mac Mharcaìn an siud gach là còmhla ri ceud laoch. 'S ann a theireadh ise:

Ar le fear a bhios an cèin,  
 is rèidh Inbhir Cinn Bheara<sup>42</sup>:  
 còir do neach gun a dhol ann –  
 is rèidh Inbhir Cinn Bheara.

Agus aig Loch Crèadha mu thuath rinn iad dàil mu dheireadh. Thèid ise gu tuath agus a' chlach<sup>43</sup> leatha; agus thig esan on ear na luing gun do ràinig<sup>44</sup> iad a chèile. Rug trì longan air gun tug iad ionnsaigh air agus gur ann air èiginn a theich e ann an luing. Nuair a chunnaic ise a ghnùis-san thuit i, gun do rinn i bruanach de a ceann air a' charraig agus gun do bhris i a' chlach fo a taobh-sa. Agus bhàsaich esan an ceann naoi là air dha tighinn chun an ear.

Sgeulachd Chana mhic Ghartnain agus Crèidhe nighean Ghuaire an sin.  
 Finit.

41 Seo beul na Bòinne ann an taobh an ear na h-Èireann.

42 Is coltach gur ionann *Inbhir Cinn Bheara* agus *Inbhir Colptha* (Binchy, 68).

43 Seo 'clach na beatha' (Carney, 215), a fhuair Crèadh o chianaibh, n. 29 shuas.

44 A' gabhail ri fear de na molaidhean ann an Ó Fiannachta, 79.506, airson *co monaccaib* san LS (*co imman-ad-gaib*).

## MARBHADH CHLOINN UISNEACH

### RO-RÀDH

Seo Gàidhlig an latha an-diugh air an sgeulachd Oidheadh Chloinne hUisneach mar a dheasaich Caoimhín Mac Giolla Léith i na leabhar *Oidheadh Chloinne hUisneach: the violent death of the children of Uisneach* (London: Cumann na Scribheann nGaedhilge, 1993). Tha e coltach gun do chòrd an sgeulachd seo gu mòr ris na Gàidheil, agus tha liosta aig Mac Giolla Léith de 90 de dh'innsidhean oirre a chaidh a sgrìobhadh eadar 1500 agus 1900; tha an innse as tràithe dhiubh sin ann an 'Làmh-sgrìobhainn Ghleann Masain', LS Adv. 72.2.3 san Leabharlann Nàiseanta an Dùn Èideann, dd. 1–8. Ach tha crìoch na sgeulachd air chall o LS 72.2.3 agus, ged a tha an teags sin an clò, facal air an fhacal, ann an leabhar Mhic Giolla Léith (dd. 66–79), chaidh am prìomh theags aige (dd. 86–140), a tha air eadar-theangachadh an seo, a dheasachadh o dhà LSS, 72.2.3 (c.1500) agus LS M103 ann an Colaiste Phàdraig, Magh Nuadhad, a sgrìobh fear Ardghal Ó hAnluain ann an taobh deas Uladh timcheall air 1763.

'S ann san Nuadh Ghàidhlig Thràth a tha an sgeulachd seo, a' Ghàidhlig a bha ga sgrìobhadh mu 1500, ged nach e a' Ghàidhlig Chlasaigeach buileach a th' innte, cànan nam filidhean: chan eil na riaghailtean teanna acasan gan cur gu feum san sgeulachd an-còmhnaidh. 'S e beachd Mhic Giolla Léith (d. 13) gur ann eadar 1300 agus 1500 a rinneadh *Oidheadh Chloinne hUisneach*. Ged a tha an seachas a-mach air Eamhain agus gaisgich Uladh, mar a tha *Tochmarc Emire*, tha e soilleir gur e sgeulachd ùr a tha seo; ach gu ìre mhòir 's e ath innse a th' innte air *Longes mac nUislenn*, a chaidh a chur ri chèile mu thimcheall 900 AD.

### TUILLEADH LEUGHADH

Breatnach, Caoimhín, 1994, 'Oidheadh Chloinne Uisnich', *Ériu* 45, 99–112.  
Campbell, J. F., 1872, *Leabhar na Feinne* (London: Spottiswoode): air dd. 22–24 tha 'Caoi' Dhoirdir airson Naois agus Clan Uisnich', a tha ag innse na sgeulachd seo agus a' cleachdadh rannan aiste, gu h-àraidh à *Ionmhainn tìr an tìr ud san ear, Soraidh sear gu Albainn uam* agus *Fada an là gun chlann Uisneach*. ('S ann à co-chruinneachadh a' Ghilliosaich (Gillies 1786, 260–67) a fhuair Campbell e; tha leughadh eile air an aon dàn, *Aoidheadh Chlann Uisnich*, ann an co-chruinneachadh nan Stiùbhartach (Stewart 1804, 562–80.)

Mathis, Kate Louise, 2014, 'Mourning the *Maic Uislenn*', *Scottish Gaelic Studies* XXIX, 1–20.

Ó Háinle, Cathal, 2008, ‘The “Deirdre Story”: Shifting Emphases’, *Scottish Gaelic Studies* XXIV, 449–72.

## MARBHADH CHLOINN UISNEACH

Rinneadh fleadh mòr-chaoin ana-mhòr le Conchobhar mac Fhachdna Fhàthaich agus le uaislean eile Uladh ann an Eamhain mhìn-àlainn Mhacha, agus thàinig uaislean a' chòigimh uile a dh'ionnsaigh an fhleadha sin. Agus chaidh an riarachadh gun robh iad uile gu subhach sùgach so-mheanmnach. Agus dh'èirich an luchd-ciùil agus -oirfidis agus -ealaine aca, a ghabhail an cuid saothrach agus duain agus shèistean, an geugan ginealaich agus an craobhan dàimhe romhpa.

Seo ainmean nam flidhean a bha aig an fhleadh sin: Cathbhadh mac Conghail Chlàiringnich mhic Rudhraighe agus Geanain Gruadh-sholas mac Cathbhaidh agus Geanann Glùn-dubh mac Cathbhaidh agus Geanann Gadh mac Cathbhaidh agus Seancha Mòr mac Ailealla mhic Athghnò mhic Fhìrghileadh mhic Glais mhic Rosa mhic Ruaidh agus Feircheirtne file mac Aonghasa Bheul-deirg mhic Fhìrghileadh mhic Ghlais mhic Rosa mhic Ruaidh.

Agus 's ann mar seo a chleachdadh iad fèis na h-Eamhna: oidhche àraidh airson gach aon fhir de theaghlach Chonchobhair. Agus 's e àireamh teaghlaich Chonchobhair còig air trì fichead air trì cheud. Agus dheasaich iad iad fhèin an oidhche sin, gun do thog Conchobhar a àrd-ghuth rìoghail an-àird agus 's e thuirt e:

'Is àill leam feòrachadh dhibhse, a ògaibh,' arsa Conchobhar, 'am faca sibh riamh teaghlach a bu chalma na sibh fhèin an Èirinn no an Albainn no san domhan mhòr, anns gach ionad a cheannsaich sibh gu ruige cathair Mhuirne Molbhtaidhe!'

'Chan fhaca gu dearbh,' ars iadsan, 'agus ma tha e ann chan aithne dhuinn e.'

'Mas eadh,' arsa Conchobhar, 'an aithne dhuibh uireasbhaidh san domhan oirbh?'

'Chan aithne idir, a àrd-rìgh,' ars iadsan.

'Is aithne dhòmhsa, a ògaibh,' ars esan, 'aon uireasbhaidh oirnn: trì coinnlean gaisge nan Gàidheal a bhith às ar n-eugmhais, .i. trì mic Uisneach, Naoise agus Ainnle agus Àrdan a bhith air an sgaradh uainn air tàillibh mnatha san domhan, agus Naoise mac Uisneach na adhbhar àrd-rìgh Èireann air treuntas agus air gaisge, agus gun do choisinn neart a làimhe fhèin fearann agus leth Alba<sup>2</sup> dha.'

1 Is ionann a' chathair seo, 's dòcha, agus 'cathair Murni Molfaige a tuaiscirt an domuin' (ann an taobh tuath an domhain) nas fhaide air adhart ann an LS Ghlinne Masain (Mackinnon 1905, 24).

2 Seo tagairt air a ceangal ri ceannas na h-Albann san litreachas, is on 17mh linn bidh an tagairt sin, 'baile agus leth Alban' no a leithid, ga dèanamh gu tric aig (no airson) Clann Dòmhnail; tha i fada nas sine na sin, ge-tà (Watson 1965, 136-37).

‘A rìgh-mhìlidh,’ ars iadsan, ‘nan dùraigeamaid-ne sin a ràdh is fhada o theireamaid e, oir is lèir gur e mic rìgh crìche a tha anntasan agus dhionadh iad còigeamh Uladh air gach còigeamh eile an Èirinn, gar an èireadh Ultaich eile leotha, oir is curaidhean air calmachd iad agus is leòmhainn air neart agus air gaisgeachd an triùir sin.’

‘Mas eadh,’ arsa Conchobhar, ‘cuirear fios agus teachdairean thuca ann an crìochan Albann, gu Loch Èite agus gu Daingeann mhac Uisneach an Albainn.’

‘Cò thèid ri sin?’ arsa càch gu coitcheann.

‘Tha fhios agamsa,’ arsa Conchobhar, ‘gu bheil e na thoirmeasg air Naoise tighinn an Èirinn ann an sìth ach còmhla ri triùir, Cù Chulainn mac Shualdaimh agus Conall mac Aimirghin agus Fearghas mac Rosa, agus gheibh mise a-mach cò den triùir sin as annsa leis mi.’

Agus thug e Conall a leth-taobh agus dh’fheòraich e dheth:

‘Dè dhèanadh tusa, a rìgh-laoich an t-saoghail,’ arsa Conchobhar, ‘nan cuirinn a dh’ionnsaigh mic Uisneach thu agus nan deigheadh am milleadh a dh’aindeoin do bharantais agus d’ onaire, rud nach togair mi?’

‘Chan e bàs aon duine a thigeadh dheth sin,’ arsa Conall, ‘ach gach aon air am beirinn-sa de dh’Ultaich cha ruigeadh neach a bheatha uamsa dhiubh gun bhàs agus eug agus marbhadh a bhualadh air.’

‘Is fìor sin,’ arsa Conchobhar, ‘a Chonaill; tha mi tuigsinn an-dràsta nach ionmhainn leatsa mi.’

Agus chuir e Conall uaithe. Agus thugadh Cù Chulainn dha ionnsaigh agus dh’fhaighnich e an rud ceudna dheth.

‘Bheir mi mo bhriathar,’ arsa Cù Chulainn, ‘nan sireadh tu an domhan uile gus na h-Innseachan an ear nach gabhainn-sa cumha sa chruinne uat ach do thuiteam fhèin sa ghnìomh sin.’

‘Is fìor sin, a Chù, nach ionmhainn leat mi agus tha mi an-dràsta a’ mothachadh fuath dhomh agadsa.’

Agus chuir esan Cù Chulainn uaithe. Agus thug e Fearghas dha ionnsaigh agus dh’fheòraich e an rud ceudna dheth, agus ’s e thuirt Fearghas ris:

‘Chan eil mi gealltainn d’ fhuil no d’ fheòil a leantainn,’ arsa Fearghas, ‘ach gidheadh chan eil Ultach air am beirinn nach fhaigheadh bàs agus marbhadh leam.’

‘Is tusa a thèid an coinneimh chloinn Uisneach, a rìgh-mhìlidh,’ arsa Conchobhar, ‘agus gluais romhad a-màireach,’ ars esan, ‘oir ’s ann leat a thig iad. Agus air dhut tighinn an ear, theirig gu Dùn Borraich mhic Càinte, agus thoir do bhriathar dhòmhsa cho luath ’s a thig thu an Èirinn nach leig thu faochadh no còmhnaidh dhaibh gun tig iad gu Eamhain Mhacha an oidhe sin.’

Thàinig iad a-steach an uair sin agus dh’innis Fearghas gun deach e fhèin an

urras air cloinn Uisneach, agus chaidh mòran eile de dh'uaislean a' chòigimh maille ris sna h-urrasas sin. Agus chuir iad seachad an oidhche sin.

Agus labhair Conchobhar ri Borrach mac Càinte agus dh'fhaighnich e dheth:

'A bheil fleadh agad dhòmhsa?' arsa Conchobhar.

'Tha gu deimhinn,' arsa Borrach, 'agus b' urrainn dhomh a dhèanamh; ge-tà, cha b' urrainn dhomh a ghiùlan do dh'Eamhain Mhacha thugadsa.'

'Mas eadh, ma-thà,' arsa Conchobhar, 'thoir do dh'Fhearghas e, oir is geas dha fleadh a obadh.'

Agus gheall Borrach sin agus dh'fhalbh iad an oidhche sin gun bheud gun bhaoghal.

Agus dh'èirich Fearghas gu moch làirne-mhàireach agus cha do rug e leis de shluaghaibh no de bhuidhinn ach a dhithis mhac fhèin, Iollann Fionn agus Buinne Borbruadh, agus Cuilleann, gille na h-Iùbhraiche, agus an Iùbhrach<sup>3</sup>. Agus ghluais iad air adhart gu Daingeann mhac Uisneach agus gu Loch Èite. Agus is amhlaidh a bha mic Uisneach, agus trì fian-bhùithean farsaing aca, agus a' bhùth dhiubh san dèanadh iad còcaireachd chan ann innte a dh'itheadh iad, agus a' bhùth san itheadh iad chan ann innte a chaidileadh iad. Agus leig Fearghas glaodh mòr san acarsaid a chualas air feadh nan crìochan a b' fhaisce orra.

Agus is amhlaidh a bha Naoise agus Deirdre an sin, agus a' Cheann-chaomh Chonchobhair ga cluich eatarra, .i. fìdhcheall an rìgh. Agus thuir Naoise:

'Tha mi cluinntinn glaodh Èireannaich,' ars esan.

Agus chuala Deirdre an glaodh agus dh'aithnich i gur e glaodh Fhearghais a bha ann, agus cheil i sin orra. Agus leig Fearghas an dara glaodh agus thuir Naoise:

'Tha mi cluinntinn glaodh eile agus is glaodh Èireannaich e.'

'Chan eadh,' arsa Deirdre, 'chan ionann glaodh Èireannaich agus glaodh Albannaich.'

Agus leig Fearghas an treas glaodh agus dh'aithnich mic Uisneach gum b' e glaodh Fhearghais a bha ann. Agus thuir Naoise ri Àrdan a dhol an coinneimh Fhearghais. Bha Deirdre air Fearghas aithneachadh agus e a' leigeil a' chiad ghlaoidh, agus dh'innis i do Naoise gun do dh'aithnich i a' chiad ghlaodh a rinn Fearghas.

'Carson a cheil thu e, a nighean?' arsa Naoise.

'Aisling a chunnaic mi a-raoir,' arsa Deirdre, 'trì eòin a' tighinn thugainn à Eamhain Mhacha agus trì balgaman meala nam beul leotha; agus dh'fhàg iad na trì balgaman sin againne agus rug iad trì balgaman de ar fuil leotha.'

<sup>3</sup> 'S e ainm bàta a tha seo, mar a chì sinn nas fhaide air adhart san sgeulachd.

‘Dè a’ bhreith a th’ agad dhan aisling sin, a nighean?’ arsa Naoise.

‘Tà,’ ars ise, ‘Fearghas a thighinn thugainn le teachdaireachd às ar tìr dhùthchais fhèin le sith: oir cha mhilse mil na teachdaireachd shìthe. Agus ’s iad na trì balgaman fala a rugadh uainn: sibhse a dh’fhalbhas leis, agus nithear foill oirbh<sup>4</sup>.’

Agus b’ olc leotha gun tuirt i sin, agus thuirt Naoise ri Àrdan dol an coinneimh Fhearghais.

Dh’fhalbh e agus nuair a ràinig e iad<sup>5</sup> thug e trì pògan dhaibh gu dealasach dileas agus rug e leis gu Daingeann mhac Uisneach iad, far an robh Naoise agus Deirdre. Agus thug iad trì pògan gu dian agus gu dileas do dh’Fhearghas agus dha mhic. Agus dh’fheòraich iad naidheachd Èireann, agus chòigeamh Uladh gu sònraichte.

‘S e an naidheachd as fheàrr againn,’ arsa Fearghas, ‘gun do chuir Conchobhar mi fhèin nur coinneimh, agus mo chur an urras agus an cunnradh airsan a bhith dileas earbsach dhuibh, agus tha mo bhriathar orm gun coileanainn m’ urras.’

‘Cha chòir dhuibh dol an siud,’ arsa Deirdre, ‘oir is motha ur tighearnas fhèin ann an Albainn na tighearnas Chonchobhair an Èirinn.’

‘S fheàrr dùthchas na gach nì,’ arsa Fearghas, ‘oir cha chaomh le neach mathas, ge b’ e cho mòr ’s a tha e, mura faic e a dhùthchas.’

‘Is fìor sin,’ arsa Naoise, ‘oir is annsa leam fhèin Èirinn na Alba, ged bu mhòtha de mhath Albann a gheibhinn.’

‘Is daingeann dhuibhse mo bhriathar-sa agus m’ urras,’ arsa Fearghas.

‘Seadh, is daingeann,’ arsa Naoise, ‘agus thèid sinne còmhla riut.’

Agus chan ann de dheòin Deirdre na thuirt iad an sin agus bha i gan toirmeasg ma dheidhinn.

Thug Fearghas fhèin a bhriathar dhaibh, ged a b’ iad fìr Èireann uile a dhèanadh feall orrasan, nach biodh sgiath no claidheamh no clogaid nan dìon dhaibh, ach gum beireadh esan orra.

‘Is fìor sin,’ arsa Naoise, ‘agus thèid sinn còmhla riutsa do dh’Eamhain Mhacha.’

Chuir iad an oidhche sin seachad gun ràinig a’ mhadainn mhochsholas làirne-mhàireach. Agus dh’èirich Naoise agus Fearghas agus dheasaich iad an Iùbhrach agus thàinig iad air adhart air muir agus mòr-fhairge gun do ràinig iad Dùn Borraich mhic Càinte, agus sheall Deirdre an coinneimh a cùil air crìochaibh Albann, agus ’s e thuirt i:

‘Mo ghràdh thu, a thìr ud san ear,’ ars ise, ‘agus is cianail leam taobhan do chalaidhean agus do laimrigean agus do mhaghan mìn-bhlàthach mìn-

4 ‘S e brathadair fealtach a tha am Fearghas mac Ròich san sgeulachd seo, ged as e fìor laoch onarach a tha ann san t-seann sgeulachd *Longes mac n’Uislenne* agus ann an sgeulachdan eile (faic Breatnach 1994, 101–02; Ó hUiginn 1993, 31–40).

5 .i. Fearghas agus a dhithis mhac, Iollann Fionn agus Buinne Borbruidh.

àlainn agus do thulaichean taobh-uaine taitneach fhàgail. Agus 's ann beag a ruig sinn a leas a' chomhairle sin a dhèanamh.'

Agus sheinn i an laoidh:

Ionmhainn tìr an tìr ud san ear,  
Alba le a h-iongnaidhean;  
cha tiginn aiste an taobh-sa  
mura tiginn le Naoise.

Ionmhainn Dùn Fiodhgha is Dùn Fionn,  
ionmhainn an dùn os an cionn,  
ionmhainn Innis Droigheann cuideachd  
is is ionmhainn Dùn Suibhne.

Coill Chuan!  
gus an tigeadh Ainnle, mo nuar;  
bu ghoirid leam an t-àm  
is Naoise an oirthir Albann.

Gleann Laoidh!  
chaidilinn-sa fon chreig chaoimh;  
iasg is sìtheann is saill bhruic,  
b' e sin mo chuid an Gleann Laoidh.

Gleann Masain!  
àrd a chreamh, geal a ghasain;  
dhèanamaid cadal corrach  
os cionn inbhir feurach Mhasain.

Gleann Èite!  
's ann a thog mi mo chiad taigh;  
àlainn a fhiodh air èirigh,  
is buaile grèine Ghleann Èite.

Gleann Orchaoin!  
b' e an gleann dìreach druim-chaoin;  
cha b' uallaiche fear a aoise  
na mo Naoise an Gleann Orchaoin.



Gleann Dà Ruadh!

mo ghràdh gach fear dan dual e;

is binn guth cuthaig air gèig chruim

air an druim os cionn Ghleann Dà Ruadh.

Ionmhainn Innis Droigheann cuideachd

is uisge glan a chuid gainmhich;

cha tiginn aiste an ear

mura tiginn lem ionmhainn.

Ionmhainn.

An dèidh sin thàinig iad a dh'ionnsaigh Dhùn Bhorraich agus thug e trì pògan do mhacaibh Uisneach, agus chuir e fàilte air Fearghas agus a mhic, agus 's e thuirt Borrach:

'Tha fleadh agam dhutsa, a Fhearghais,' ars esan, 'agus is geas dhutsa fleadh fhàgail mus crìochnaich e.'

Agus nuair a chuala Fearghas sin rinneadh caoir chorcair dheth.

'Is olc a rinn thu, a Bhorraich,' arsa Fearghas, 'mo chur fo gheasaibh, agus Conchobhar a thoirt mo bhriathair orm mic Uisneach a bhreith gu Eamhain an là a thigeadh iad an Èirinn.'

'Tha mi gad chur fo gheasaibh,' arsa Borrach, 'geasan nach fhuiling fìor laoich, mura tig thu a chaitheamh an fhleadha sin.'

Agus dh'fhaighnich Fearghas de Naoise dè dhèanadh e uime sin.

'Nì thu e,' arsa Deirdre, 'mas fheàrr leat mic Uisneach a thrèigsinn agus am fleadh a chaitheamh; ge-tà, is mòr an ceannach fleadh iad a thrèigsinn.'

'Cha thrèig mise iad,' arsa Fearghas, 'oir cuiridh mi mo dhà mhac, Iollann Fionn agus Buinne Borbruadh, còmhla riutha do dh'Eamhain Mhacha, agus mo bhriathar fhèin a bharrachd,' arsa Fearghas.

'Is leòr a fheabhas,' arsa Naoise, 'oir cha b' e neach eile a dh'ion a-riamh sinn ann an cath no ann an còmhraig ach sinn fhèin.'

Agus ghluais Naoise às ann am feirg sa bhad, agus lean Deirdre e, agus Ainnle agus Àrdan agus dà mhic Fhearghais; agus chan ann de dheòin Deirdre a chaidh a' chomhairle sin a leantainn. Chaidh Fearghas fhàgail gu dubhach do-bhrònach; ach aon nì eile bu deimhinn le Fearghas, fiù 's nam biodh còig mòr-chòigimh Èireann agus an comhairle uile ri chèile nach b' urrainn dhaibh a chomraich-san a mhilleadh.

A thaobh mic Uisneach, ge-tà, ghluais iad air adhart agus thuirt Deirdre riutha:

'Bheirinn comhairle mhath dhuibh ged nach dèante dhomh i.'

‘Dè a’ chomhairle a tha sin, a nighean?’ arsa Naoise.

‘Theirigeam gu Innis Cuileann-righe<sup>6</sup> eadar Èirinn agus Alba agus fanamaid ann gun caith Fearghas a fhleadh. Agus ’s e coileanadh briathair do dh’Fhearghas a tha ann an sin agus meudachadh fada flaitheanais dhuibhse.’

‘S e labhairt uilc a tha sin, ar leinne,’ arsa Iollann Fionn agus Buinne Borbruadh. ‘Chan urrainn dhuinne a’ chomhairle sin a dhèanamh,’ ars iadsan; ‘ged nach biodh feabhas ur làmhan fhèin maille rinn, agus briathar Fhearghais agaibh, cha dèante feall oirbh.’

‘Is mairg a thàinig air bunait a’ bhriathair sin,’ arsa Deirdre, ‘agus Fearghas air ar trèigsinn airson fleadh.’

Agus bha i a’ dèanamh tùirse agus mulaid mhòir mu dheidhinn tighinn ann an Èirinn air briathar Fhearghais. Agus thuirt i an sin:

Is mairg a thàinig le briathar mear  
Fhearghais mhic Ròich ro-mhir;  
cha dèan mi aimheal dheth;  
och, is geur mo chridhe.

Mo chridhe na chaob chumha  
tha a-nochd fo mhòr-phudhar;  
mo nuar, a mhacaibh matha,  
thàinig ur làithean deireannach.

Na abair, a Dheirdre dhian,  
a bhean as gile na a’ ghrian;  
thig Fearghas, buaidh goile,  
thugainn nar cuing eunaich<sup>7</sup>.

Mo chreach, is cian leam sibh,  
a mhacaibh àillidh Uisneach,  
tighinn à Albainn nan damh dearg,  
is fada buan a bhios a bhith-mhairg.

Mairg.

An dèidh na laoidhe sin thàinig iad air adhart gu Fionncharn na Foraire air Sliabh Fuaid<sup>8</sup>, agus thuit an cadal air Deirdre an sin agus dh’fhàg iad i gun fhios

<sup>6</sup> Seo eilean Reachlainn, ’s dòcha, agus ’s e *Rachlainn* a tha ann an cuid de na làmh-sgrìobhainnean.

<sup>7</sup> *nar cuingénaigh* LS 72.2.3, ach chan eil a’ chiall idir soilleir. An seòrsa cuinge a chuirte air eòin, dh’fhaodte?

<sup>8</sup> Ann an Siorrachd Àrd Mhacha. A dhinnsheanchas ann an Stokes 1895, 51–52.

dhaibh. Mhòthaich Naoise sin agus thionndaidh e na coinneimh gun dàil, agus sin nuair a bha ise ag èirigh às a' chadal, agus thuirt Naoise:

‘Carson a dh’fhan thu an seo, a rìbhinn?’ ars esan.

‘Cadal a rinn mi,’ arsa Deirdre, ‘agus chunnaic mi taisbeanadh agus aisling ann.’

‘Dè an aisling a bha sin?’ arsa Naoise.

‘Chunnaic mi,’ arsa Deirdre, ‘sibhse gun cheann air duine dhibh agus gun cheann air Iollann Fionn, agus a cheann fhèin air Buinne Borbruadh agus gun a chòmhnadh leinne.’

Agus rinn i na rannan:

Truagh an taibhse a chunnacas dhomh,  
a cheathrair shèimh fhionn-ghlain,  
gun cheann air duine dhibh,  
gun chòmhnadh fir ri chèile.

Cha chan do bheul ach olc,  
a ainnir àlainn dheàlach;  
sguir dheth, a bheul thana mhall,  
air gallan muir Mhanann.

B’ fheàrr leam olc gach duine,  
thuirt Deirdre gun duibhe,  
na ur n-olc-sa, a thriùir mhac mìn,  
leis an do shir mi muir is mòr-thìr.

Chì mi a cheann air Buinne,  
on as e a shaoghal as fhaide;  
chan ann leamsa a-nochd nach truagh  
a cheann-sa air Buinne Borbruadh.

Truagh.

An dèidh sin thàinig iad air adhart gu Àird Saileach, ris an canar Àrd Mhacha an-diugh<sup>9</sup>. ’S ann an sin a thuirt Deirdre:

‘Is cian leam an nì a chì mi an-dràsta, do neul-sa, a Naoise, san adhar agus ’s e neul fala a tha ann. Agus bheirinn comhairle dhuibh, a mhacaibh Uisneach,’ arsa Deirdre.

<sup>9</sup> Mun chathair chliùitich seo agus a h-ainmean, faic Ó Mainnín 2010, 8–15; agus *An t-Suirghe air Eimhir* §§29–30.

‘Dè a’ chomhairle a tha sin, a ribhinn?’ arsa Naoise.

‘Dol gu Dùn Dealgan far a bheil Cù Chulainn, agus a bhith an sin gus an tig Fearghas, no a thighinn fo chomraich Chù Chulainn gu Eamhain.’

‘Cha ruig sinn a leas a’ chomhairle sin a dhèanamh,’ arsa Naoise.

Agus thuirte an nighean seo:

A Naoise, seall air do neul  
a chì mi an seo san adhar;  
chì mi os cionn Eamhna uaine  
mòr-neul fala ro-ruaidhe.

Bhuail clisgeadh orm leis an neul  
a chì mi an seo san adhar;  
's e samhladh do thuil fala  
a tha san neul uamharr ro-thana.

Bheirinn comhairle dhuibh,  
a mhacaibh àillidh Uisneach,  
gun dol gu Eamhain a-nochd  
leis na tha oirbh de chunnart.

Thèid sinn gu Dùn Dealgan  
far a bheil Cù na Cèardaich<sup>10</sup>;  
thig sinn a-màireach on deas  
mar-aon ris a’ Chù cho-dheas.

Thubhairt Naoise ann am feirg  
ri Deirdre ghasa ghruaidh-dheirg:  
o nach eil eagal oirne  
cha dèan sinn do chomhairle.

B’ ainneamh sinn riamh roimhe,  
a ogha rioghail Rudhraighe<sup>11</sup>,  
gun a bhith a dh’aon inntinn dheth,  
mise agus tusa, a Naoise.

10 Seo Cù Chulainn. B’ e *Seudanta* a ainm an toiseach, ach nuair a mharbh e an cù a bha aig Culann, an gobha, gheall e dhà gun gabhadh e àite a’ choin (Gantz 1981, 139–40). ’S ann ann am Magh Mhuirtheimhne, far an deach Cù Chulainn a thogail (ibid., 131–35), a tha Dùn Dealgan, Siorrachd Lùbhaidh.

11 ’S ann de shliochd Rudhraighe, mas fhìor, a bha na h-Ultaich uile: bha Dùn Rudhraighe faisg air Tonn Rudhraighe (faic n. 16) ann an Siorrachd an Dùin.

An là a thug Manannan cuach<sup>12</sup>  
 dhuinn agus an cù ro-luath,  
 cha bhiodh tusa nam aghaidh dheth,  
 tha mi cantainn riut, a Naoise.

An là a rug thu leat a-mach  
 mise thar Eas Ruaidh rònach,  
 cha bhiodh tusa nam aghaidh dheth,  
 tha mi cantainn riut, a Naoise.

A Naoise.

An dèidh nan rannan sin ghluais iad air adhart ann an ath-ghoirid gach slighe gum faca iad Eamhain Mhacha uapa.

‘Tha comharra agamsa dhuibh,’ arsa Deirdre, ‘ma tha Conchobhar air tì feall no murt a dhèanamh oirbh.’

‘Dè an comharra tha sin?’ arsa Naoise.

‘Ma leigear sibhse san taigh sa bheil Conchobhar agus uaislean Uladh, chan eil Conchobhar air tì olc a dhèanamh oirbh. Mas ann do thaigh na Craobh-ruaidhe a thèid ur cur, agus Conchobhar an taigh na h-Eamhna, nithear feall agus cealg oirbh.’

Agus ràinig iad air adhart san dòigh sin gu doras taigh na h-Eamhna agus dh’iarr iad fosgladh romhpa. Fhreagair an dorsair agus dh’fhaighnich e cò bha ann. Chaidh innse dha gum b’ e trì mic Uisneach a bha ann, agus dà mhac Fhearghais agus Deirdre. Chaidh sin innse do Chonchobhar, agus thugadh a luchd-gnìomha agus -frithealaidh dha ionnsaigh, agus dh’fhaighnich e dhiubh ciamar a bha taigh na Craobh-ruaidhe a thaobh bidhe no dighe. Thuir iadsan nan tigeadh còig cath-bhuidhnean Uladh ann gum faigheadh iad an teann-sàth bidhe agus dighe.

‘Mas eadh,’ arsa Conchobhar, ‘beirear mic Uisneach innte.’

Agus thuir iad sin ri mic Uisneach. Thuir Deirdre:

‘A-nise dh’fhairich sibh an diobhail, gun mo chomhairle-sa a dhèanamh,’ arsa ise, ‘agus togamaid oirnn an-dràsta.’

‘Cha thog,’ arsa Iollann Fionn mac Fhearghais, ‘agus is mòr gu dearbh a’ mheatachd agus a’ gheatachd a mhothaich thu oirnn nuair a their thu sin. Agus thèid sinn gu taigh na Craobh-ruaidhe,’ ars esan.

‘Thèid gu deimhinn,’ arsa Naoise.

Agus ghluais iad air adhart gu taigh na Craobh-ruaidhe, agus chaidh

12 Nas fhaide air adhart san sgeulachd (faic n. 18), ’s e claidheamh a thug Manannan do Naoise.

luchd-freastail agus -frithealaidh a chur leotha. Agus chaidh an riarachadh le biadhannan uaisle so-bhlasta agus le deochannan mìlse misgeil gun robh gach aon den luchd-taice agus -frithealaidh air mhisg, meadhrach mòr-ghuthach. Ach aon nì, ge-tà: cha do ghabh iad fhèin biadh no leann le sgìths an astair agus an turais aca, oir cha do rinn iad stad no còmhnaidh o ràinig iad Dùn Borraich mhic Càinte gun do ràinig iad Eamhain.

'S ann an uair sin a thuirte Naoise:

'Bheirear a' Cheann-chaomh Chonchobhair thugainn gun dèanamaid cluich oirre.'

Thugadh a' Cheann-chaomh thuca agus chaidh na pìosan a shuidheachadh oirre, agus thòisich Naoise agus Deirdre ga cluich gu dian.

Sin an uair agus an aimsir a thuirte Conchobhar:

'Cò dhibh, a ògaibh, a gheibhinn a dh'fhaighinn a-mach am mair a dealbh no a dèanamh fhèin air Deirdre? Agus ma mhaireas chan eil de dh'fhine Àdhaimh bean as fheàrr dealbh na i.'

'Thèid mi fhèin ann,' arsa Leabharcham, 'agus bheir mi naidheachd Deirdre thugadsa.'

Agus seo mar a bha Leabharcham, agus b' annsa leatha Naoise na gach neach eile sa chruinne, oir bhiodh i tric a' dol an crìochaibh an domhain mhòir a' lorg Naoise, a bhreith naidheachd thuige agus uaithe.

Thàinig Leabharcham an uair sin air adhart dhan àite an robh Deirdre agus Naoise. Agus is amhlaidh a bha iad, agus a' Cheann-chaomh Chonchobhair eatarra ga cluich. Agus bheannaich i mic Uisneach agus Deirdre le pògan gaolach dùrachdach dileas, agus chaoin i frasan dheur gun robh a h-uchd agus a broilleach fiuch. Agus labhair i an uair sin agus thuirte i:

'Chan eil e math dhuibhse, a mhacaibh ionmhainn,' ars ise, 'gu bheil an nì as annsa le Conchobhar a-riamh a rugadh uaithe nur làmhan, agus sibhse fo a chomas; agus 's ann gur faicinn a chuireadh mise,' arsa Leabharcham, 'agus a dh'fheuchainn am mair a dealbh no a dèanamh fhèin air Deirdre. Agus is truagh leam cuideachd an gnìomh a nithear a-nochd ann an Eamhain, feall agus cealg agus briseadh geallaidh a dhèanamh oirbhse, a chàirdean gràdhach,' ars ise, 'agus cha bhi Eamhain aon oidhche gu deireadh an domhain nas fheàrr na tha i a-nochd.'

Agus rinn i an laoidh ann:

Truagh a' chealg  
a nithear a-nochd an Eamhain,  
agus on cheilg gu bràth  
's i Eamhain iorghaileach a bhios innte.

Triùir bhràthair as fheàrr fo nèamh  
 a shiubhail air talamh tiugh;  
     duilich leamsa mar a thà,  
     am marbhadh air los aon mhnà.

Naoise agus Àrdan le cliù,  
 Ainnle bas-gheal am bràthair,  
     feall air an dream sa ga luaidh,  
     chan ann leamsa nach làn-truagh.

Truagh.

An dèidh sin thuir Leabharcham ri macaibh Fhearghais dorsan taigh na Craobh-ruaidhe agus a chuid uinneagan a dhùnadh.

‘Agus nan tugte ionnsaigh oirbh, buaidh agus beannachd dhuibh, agus dìonaibh sibh fhèin gu math, agus ur comraich agus comraich Fhearghais.’

Agus thàinig i a-mach air adhart an uair sin gu dubhach do-bhrònach droch-mheanmnach dhan àite an robh Conchobhar, agus dh’iarr Conchobhar naidheachd oirre. ‘S ann an sin a thuir Leabharcham ga fhreagairt:

‘Tha droch naidheachd agam dhut agus deagh naidheachd.’

‘Dè tha annta sin?’ arsa rìgh Uladh.

‘Is math an naidheachd,’ arsa Leabharcham, ‘an triùir as fheàrr dealbh agus dèanamh, as fheàrr lùth agus làmhach, as fheàrr gnìomh agus gaisge agus gnàth-iorghail ann an Èirinn agus ann an Albainn agus san domhan mhòr uile a thighinn thugadsa, agus bidh iomain eunlaithe agad an-dràsta an aghaidh fir Èireann, on a tha mic Uisneach còmhla ribh; agus sin an naidheachd as fheàrr a tha agam dhut. Agus ’s i an naidheachd as miosa agam am boireannach a b’ fheàrr dealbh agus dèanamh san domhan nuair a dh’fhalbh i uainn à Eamhain, nach eil a dealbh fhèin no a dèanamh oirre.’

Nuair a chuala Conchobhar sin lùghdaich a eud agus a dhroch mhèinn, agus dh’òl iad deoch no dhà an uair sin. Agus dh’fhaighnich Conchobhar a-rithist:

‘Cò thèid air mo shon a dh’fhaighinn a-mach am mair a cruth no a dealbh no a dèanamh fhèin air Deirdre?’

Agus dh’fhaighnich e fa-thrì mun d’ fhuair e a fhreagairt. ‘S ann an sin a thuir Conchobhar ri Treun-dòrn a dhol ann.

‘A Threun-dòirn,’ arsa Conchobhar, ‘a bheil fhios agad cò mharbh d’ athair?’

‘Tha fhios agam,’ ars esan, ‘gur e Naoise mac Uisneach a mharbh e.’

‘Mas eadh, theirig thusa a dh’fhaighinn a-mach am mair a dealbh no a dèanamh fhèin air Deirdre.’

Agus ghluais Treun-dòrn air adhart agus thàinig e a chum a’ bhruighinn,

agus fhuair e na dorsan agus na h-uinneagan dùinte. Agus ghabh uamhann agus eagal mòr e, agus 's e thuirt e:

‘Chan e slighe chòir a tha ann ionnsaigh a thoirt air mic Uisneach; tha fearg orra.’

Agus fhuair e uinneag gun dùnadh sa bhruigheann, agus chaidh e a dh’amharc air Naoise agus Deirdre tron uinneig. Agus dh’amhairc Deirdre air, oir b’ ise an neach a b’ fhurachaille ann, agus phut i air Naoise agus sheall Naoise an dèidh a sùla-se. Agus is amhlaidh a bha fear de phìosan an fhidhchill na làimh, agus thug e urchair uabhasach neo-mhearachdach dheth gun deachaidh e an sùil an òglaich; agus rinneadh iomlaid ainneartach eatarra an sin, agus thuit sùil an òglaich air a ghruaidh. Agus ràinig e Conchobhar agus dh’innis e a naidheachd dha o thùs gu deireadh. Agus 's e thuirt e:

‘S i siud an aon bhean as fheàrr dealbh san domhan, agus bu rìgh an domhain Naoise nan leigte dha i.’

'S ann an uair sin a dh’èirich Conchobhar agus na h-Ultaich agus dh’iadh iad mu thimcheall a’ bhruighinn. Agus thug iad mòran ghlaodhan mòra an sin agus chuir iad teintean agus aithinntean sa bhruigheann. Agus chuala Deirdre agus clann Fhearghais sin, agus dh’fhaighnich iad:

‘Cò tha mun Chraobh-ruaidh?’

‘Conchobhar agus Ulaidh,’ ars iadsan.

‘Agus comraich Fhearghais nan aghaidh,’ arsa Iollann Fionn.

‘Dar mo chogais,’ arsa Conchobhar, ‘is nàire dhuibhse agus do mhacaibh Uisneach mo bhean-sa bhith agaibh.’

‘Is fìor sin,’ arsa Deirdre, ‘agus rinn Fearghas feall oirbh, a Naoise.’

‘Mo chogais,’ arsa Buinne Borbruadh, ‘cha do rinn, agus cha dèan sinne.’

'S ann an uair sin a thàinig Buinne Borbruadh a-mach agus mharbh e trì chaogadan a-muigh agus bhàth e na teintean agus na h-aithinntean agus chuir e na slòigh tro chèile leis an ruaig bhràtha sin. Thuirt Conchobhar:

‘Cò tha a’ cur a’ bhreislich seo air na sluaghaibh?’

‘Mise, Buinne Borbruadh mac Fhearghais,’ ars esan.

‘Cumhachan uamsa dhut,’ arsa Conchobhar.

‘Dè na cumhachan sin?’ arsa Buinne.

‘Trithead ceud<sup>13</sup> de dh’fhearann,’ arsa Conchobhar, ‘agus mo chagar agus mo chomhairle fhèin dhut.’

‘Gabhaidh mi e,’ arsa Buinne.

Agus ghabh Buinne na cumhachan sin, agus rinneadh sliabh an oidhche sin

13 *Tricha cet* LS; .i. 3000, ainm a chleachdte airson sluaigh armaichte àraidh, agus airson an fhearainn on deach an togail (DIL *tricha cét*).



den trithead ceud, agus 's ann dheth a tha Sliabh Dhàl mBuinne<sup>14</sup>. Agus chuala Deirdre an còmhradh a bha sin.

'Mo chogais,' arsa Deirdre, 'thrèig Buinne sibh, a mhacaibh Uisneach, agus is athaireil am mac ud.'

'Dar mo bhriathar fhèin,' arsa Iollann Fionn, 'cha thrèig mi fhèin iad fhad 's a mhaireas an Caladh-chalg<sup>15</sup> nam làimh.'

Agus thàinig Iollann a-mach an uair sin agus thug e trì luath-chuairtean timcheall a' bhruighinn agus mharbh e trì cheud a-muigh. Agus thàinig e a-steach dhan àite an robh Naoise, agus e a' cluich fìdhchill le Ainnle Garbh. Agus thug Iollann cuairt umpa agus dh'òl e deoch, agus thug e lòchran air a lasadh leis a-mach air an fhaiche agus ghabh e ri bualadh nan slògh, agus cha do dhùraig iad tighinn timcheall a' bhruighinn. Bu mhath am mac a bha sin, Iollann Fionn mac Fhearghais: cha tug e euradh do neach a-riamh a thaobh seòid no maoine, agus cha tugadh tuarastal o rìgh dha. Agus cha do ghabh e seud a-riamh ach o Fhearghas a-mhàin.

'S ann an sin a thuirtear Conchobhar:

'Càite a bheil Fiacha, mo mhac?' arsa Conchobhar.

'An seo,' arsa Fiacha.

'Dar mo chogais, 's ann san aon oidhche a rugadh tusa agus Iollann agus 's iad buill-airm a athar a tha aigesan. Agus beir thusa mo bhuill-airm-sa leat, an Òr-chaoin agus an Casgrach agus am Fogha agus mo chladheamh, agus dèan còmhrag gu calma leotha.'

'S ann an sin a rinn càch dhiubh ionnsaigh air a chèile. Agus thàinig Fiacha ann an ceart-chòmhraig gu Iollann agus dh'fhaighnich Iollann de dh'Fhiacha:

'Dè tha sin, Fhiacha?' ars esan.

'Còmhrag agus sabaid a b' àill leam riutsa,' arsa Fiacha.

'Olc a rinn thu,' arsa Iollann, 'agus mic Uisneach air mo chomraich.'

Thug iad ionnsaigh air a chèile agus rinn iad còmhrag a bha fraoich fìochdha dàna dian deagh-thapaidh, agus bhuadhaich Iollann air Fiacha gun tug e air laighe fo sgàth a sgèithe. Agus dh'èigh an sgiath agus dh'èigh trì prìomh thonn an Èireann an uair sin, Tonn Chlìodhna agus Tonn Tuaidhe agus Tonn

14 Chan eil fianais againn ach an sgeulachd seo: feumar gabhail ris gur ann faisg air Eamhain a bha Sliabh Dhàl mBuinne. Tha sean chunntas air sloinntearachd Dhàl mBuinne am measg fineachan Uladh ann an *Leabhar Leacain* (c.1400), faic Dobbs 1923, 76.

15 .i. 'an claidheamh cruaidh', is coltach. Ach 's dòcha (O'Rahilly 1946, 68–71) gur e ainm ùr a bha seo airson *caladbolg*, sleagh no claidheamh draoidheil a bha aig na seann diathan. 'S ann on aon ainm sa Chuimris, *caledfwlch*, a thàinig an t-ainm 'Excalibur' air claidheamh Rìgh Artair.

Rudhraighe<sup>16</sup>. Bha Conall Ceàrnach ann an Dùn Sobhairche<sup>17</sup> aig an àm sin agus chuala e toirm Thuinn Rudhraighe.

‘Is fìor sin,’ arsa Conall, ‘tha Conchobhar ann an èiginn agus cha chòir gun dol dha ionnsaigh.’

Agus ghabh e a bhuill-airm agus thàinig e air adhart gu Eamhain, agus fhuair e a’ chòmhrag air a briseadh air Fiacha mac Conchobhair, agus an Òr-chaoin a’ bùirich agus a’ beucaich ’s a’ caoineadh a tighearna. Agus cha do dhùraig na h-Ultaich a theasairginn. Agus thàinig Conall o thaobh a chùil gu Iollann agus shàth e a shleagh troimhe: sin a’ Chùl-ghlas Chonail.

‘Cò leòn mi?’ arsa Iollann.

‘Mise, Conall,’ ars esan, ‘agus cò thusa?’

‘Mise Iollann Fionn mac Fhearghais,’ ars esan, ‘agus is olc an gnìomh a rinn thu agus mic Uisneach air mo chomraich.’

‘Am fìor sin?’ arsa Conall.

‘Is fìor,’ arsa Iollann.

‘Dar mo chogais,’ arsa Conall, ‘cha bheir Conchobhar a mhac uamsa gun a leònadh an aghaidh a’ ghnìomha sin.’

Agus thug e an uair sin beum claidheimh do dh’Fhiacha agus thug e a cheann dheth. Dh’fhàg Conall iad an dèidh sin agus thàinig comharraidhean bàis a chum Iollainn, agus thilg e a bhuill-airm sa bhruigheann agus thuir e ri Naoise calmachd a dhèanamh.

‘S ann an sin a thàinig na h-Ultaich uile mu thimcheall a’ bhruighinn agus chuir iad teintean agus aithinntean ann. Thàinig Àrdan a-mach an uair sin agus mhùch e na teintean agus mharbh e trì cheud laoch a-muigh, agus thàinig e a-steach sa bhruigheann an uair sin. Chaidh Ainnle a-mach an ath thrìan den oidhche agus mharbh e sia ceud a-muigh, agus thug e casgairt agus àr-churaidh orra agus chuir e às a’ bhruigheann iad, air dha àr mòr a thoirt orra. Thàinig Naoise a-mach an trian deireannach den oidhche agus chuir e na slòigh uile às a’ bhruigheann, agus mharbh e dà cheud a-muigh dhiubh.

‘S ann an uair sin a ghreasaich Conchobhar na slòigh, agus thug iad cath na maidne dha chèile, agus chaidh an cath a bhriseadh air Ultaibh le mic Uisneach. Co-dhiù, gus an tèid gainmheach mara agus duilleach fiodha agus driùchd feòir agus reultan nèimh a àireamhachadh, cha ghabh àireamh no cunntas a dhèanamh air na thuit leotha, agus na bha de dh’amhaichean maol-dearga o làmhaibh Naoise air an làthair sin. Thàinig e a-steach sa bhruigheann an dèidh sin, agus dh’èirich Deirdre agus thuir i:

‘Dar mo chogais,’ ars ise, ‘is buadhach an turas a rinneadh leibh, agus

16 Trì tonnan (no inbhìrean?) cliùiteach na h-Èireann, *Tonn Cliodhna* (Roaringwater Bay sa Bheurla) ann an Siorrachd Chorcaighe san taobh deas, *Tonn Tuaighe*, inbhir na Banna ann an Siorrachd Dhoire agus *Tonn Rudhraighe* ann an Siorrachd an Dùin.

17 Ann an taobh tuath Siorrachd Aontroma.

dèanaibh calmachd agus beothalachd an-dràsta. Agus is olc a' chomhairle a rinn sibh,' ars ise, 'taobhadh ri Conchobhar, agus is truagh nach do ghabh sibh mo chomhairle-sa roimhe seo.'

'S ann an sin a rinn iad daingneach de dh'iomallaibh an sgiathan na chèile, agus chuir iad Deirdre eatarra agus thug iad leumannan làn-chalma thar mhùirean a' bhruighinn a-mach, agus mharbh iad dà cheud den ruathar sin. 'S ann a thàinig Conchobhar gu Cathbhadh draoidh agus thuirt e ris:

'Fhalbh, a Chathbhaidh,' ars esan, 'agus cuir stad air mic Uisneach agus dèan draoidheachd orra, oir mur caisgear iad millidh iad Ulaidh gu bràth. Agus tha mi a' toirt mo bhriathair nach eagal dhaibh mise.'

Chreid Cathbhadh sin agus rinn e draoidheachd orra, le muir glaodhach de thonnaibh oillteil draoidheachd a dhealbhadh romhpa. Is amhlaidh a bha mic Uisneach a' snàmh feadh na talmhainn agus Ulaidh nan dèidh a' tighinn on Chraobh-ruaidh; agus cha do dhùraig iad buntainn riutha gus an do thuit na buill-airm às an làmhaibh le draoidheachd Chathbhaidh. 'S ann an uair sin a chaidh clann Uisneach a ghabhail agus thug Conchobhar òrdugh am marbhaidh seachad. Agus cha do dh'aom iad sin a dhèanamh, oir cha robh aon neach ann an Ulaidh gun tuarastal o Naoise aige. Thuirt Conchobhar ri mic Dhurthachd iad a mharbhadh agus cha do dh'aom iad sin a dhèanamh. Bha òglach aig Conchobhar, Maine Làmh-gharbh mac rìgh Fhionn-Lochlann, agus 's e Naoise a mharbh a dhithis bhràthair, Iathach agus Triathach an ainmean; agus thuirt an duine sin gum marbhadh e fhèin clann Uisneach.

'Mas eadh,' arsa Àrdan, 'marbhar mise an tùs, oir is mise an duine as òige de mo bhràithrean.'

'Na dèanar mar sin,' arsa Ainne, 'ach mise a mharbhadh o thùs.'

'Na dèanar mar sin,' arsa Naoise, 'ach tha claidheamh agamsa a thug Manannan<sup>18</sup> dhomh agus chan fhàg e fuidheall buille, agus buailear an triùir dhinn mar-aon agus thèid ar marbhadh sa bhad.'

'Is fìor sin,' arsa càch, 'agus sìnibh ur muinealan geala,' arsa iadsan.

Chaidh na muinealan uaisle sìtheil a shìneadh an uair sin agus na trì cinn a thoirt dhiubh de dh'aon bheum, agus leig na h-Ultaich trì trom-ghlaodh caoinidh agus cumha an sin umpa. A thaobh Deirdre, chaidh i gu trom tùrsach, agus tharraing i a falt agus a fionnadh, agus bha i a-mach air cloinn Uisneach agus air an fhoill a rinneadh orra, agus labhair i an laoidh mar a leanas:

Mòr na h-euchdan sa an Eamhain  
far an do rinneadh an fhoill,

18 Seo Manannan (mac Lir), seann dia na mara, ach bidh pàirt aige mar laoch ann an cuid de na seann sgeulachdan, agus e na chòmhnaidh ann am Manainn. Tha fios mu chudrom Mhanannain san litreachas ann an Vendryes 1953-54, 239-54, agus ann am Spaan 1965, 176-95.

marbhadh mic Uisneach gun fheall,  
gallain gaisge na h-Èireann.

Adhbhar rìgh Èireann uile  
Àrdan sèimh falt-bhuidhe;  
Èire agus Alba gun chron  
aig Ainnle na dhlùth-choinneimh.

An domhan an iar is an ear  
agad, a Naoise neartmhoir,  
bhitheadh uile agus cha bhreug,  
mur dèante am mòr-euchd.

Adhlaicear mise san tuam aca  
agus cladhaichear ann m' uaigh:  
o bhith feitheamh riutha thig m' eug  
on a rinneadh am mòr-euchd.

An dèidh na laoidhe sin bha i a-mach air Albainn agus air gach slighe an robh i fhèin agus clann Uisneach, agus rinn i an laoidh mar a leanas:

Soraidh sear gu Albainn uam,  
math radharc a calaidhean is a gleanntan;  
mar-ri cloinn Uisneach a' seilg,  
aoibhinn suidhe air leirg a beanntan.

Thàrla maithean Albann ag òl  
is clann Uisneach, dhan còir cion;  
do nighinn Iarla Dhùn Treòin<sup>19</sup>  
gun tug Naoise pòg gun fhios.

Chuir e thuice eilid bhaoth,  
agh allaidh is laogh ri chois,  
is ghabh e thuice air chuairt,  
a' tilleadh o shluagh Inbhir Nis<sup>20</sup>.

19 Tha Dùn Treòin air bruach tuath Loch Crìonain an Earra-Ghàidheal; chaidh caisteal a thogail ann san 13mh linn a bha fhathast an seilbh Iarla Earra-Ghàidheal ann an 1615 nuair a bha e a' dèanamh ionnsaighean uaithe air Colla Ciotach (faic Stevenson 1980, 46). Ach cha robh *Iarla Dhùn Treòin* a-riamh ann.

20 *inbear ndneas* LS 72.2.3, *Inbhir Nais* no *Inbhir Nois* ann an LSS eile.

Mar a chuala mise sin  
     lion mo cheann làn den eud;  
 chuir mi mo churach air tonn:  
     bu choma leam beò no eug.

Lean iad mise a-mach air snàmh,  
     Ainnle is Àrdan nach tuirt breug,  
 is thug iad air ais leotha mise a-steach,  
     dithis a chuireadh cath air ceud.

Thug Naoise a bhriathar fìor  
     is mhionnaich e fa-thrì am fianais a arm  
 nach cuireadh e ormsa gruaim  
     gun rachadh e air sluagh nam marbh.

Thug a' bhean sin o Dhùn Treòin  
     briathar mòr agus bòid mhear,  
 gus an rachadh Naoise a dh'eug  
     nach rachadh i fhèin le fear.

Och! nan cluinneadh ise a-nochd  
     Naoise air dol fo bhrat an crèadh,  
 ghuileadh i gu binn ceart  
     is dhèanainn-sa seachd gul leatha.

Dè 'n t-iongnadh cion a bhith agam fhèin  
     air crìoch Alba nan ròidean rèidh?  
 Bu shàbhailte mo chèile nam measg,  
     bu leam a h-eich is a h-òr.

An dèidh na laoidhe sin, mar a fhuair Deirdre aire chàich air a chèile, thàinig i air adhart air feadh na faiche agus thachair Cù Chulainn rithe. Agus naisg i a chomraich air, agus dh'innis i an naidheachd dha mar a thachair do chloinn Uisneach. Agus bu truaigh le Cù Chulainn sin, oir cha robh san domhan duine a b' annsa leis na Naoise, agus dh'fhaighnich e cò dhì-cheannaich iad.

'Maine Làmh-gharbh mac rìgh Fhionn-Lochlann,' ars ise.

Thàinig Cù Chulainn an dèidh sin agus dhì-cheannaich e Maine ann an èirig a' ghnìomha sin.

Thàinig Cù Chulainn agus Deirdre dhan àite an robh clann Uisneach, agus sgaoil Deirdre a falt an uair sin agus laigh i air an uaigh aca, agus thòisich i ag

òl fala<sup>21</sup> Naoise gu h-iomarcach. Agus chaidh an tuam aca a chladhach dhaibh agus thuirt Deirdre an laoidh:

Fada an là gun chlann Uisneach,  
     cha bu tùrsach a bhith nan cuideachd,  
 mic rìgh leis an dìolte deòraidh,  
     trì leòmhainn Chnoc na h-Uamha.

Trì leannain do mhnathaibh Bhreatainn,  
     trì seabhagan Shlèibhe gCuilinn<sup>22</sup>,  
 mic rìgh dhan do ghèill gaisge  
     is dhan tugadh amhaisg urram.

Na trì mathanan beothail,  
     trì leòmhainn Lios Connrach,  
 mic rìgh leis am bu mhiann am moladh,  
     trì uchd-mhìc nan Ultach.

Triùir laoch nach robh math a thaobh urrainn:  
     is cùis truaighe an tuiteam,  
 trì mic nighinne Chathbhaidh,  
     trì carraighean Chatha Cuailnge<sup>23</sup>.

Trì dràgoin o Dhùn Monaidh<sup>24</sup>  
     na trì curaidhean on Chraobh-ruaidh;  
 nan dèis cha bhi mise beò,  
     triùir a bhriseadh gach aon ruaig.

21 Seo cleachdadh a tha cumanta sna seann sgeulachdan Ultach, òl fuil an duine ghràdhichte, agus tha aiste, le Kate L. Mathis, air mar a chleachd Deirdre e ann an *Scottish Gaelic Studies* XXIX, 2014, 1–20. Tha cleachdadh sin na fala cumanta ann an òrain na Gàidhealtachd cuideachd: faic Henderson 1911, 29–36; Hodges 1927, 109–56. Faic cuideachd *An t-Suirghe air Eimhir*, §84; Partridge 1980, 31–32.

22 Tha Sliabh gCuilinn ann an taobh a deas Siorrachd Àrd Mhacha.

23 Seo an cath mu dheireadh ann an *Tàin Bò Cuailnge*, a rinneadh ann an Cuailnge, Siorrachd Lùbhaidh (Kinsella, *The Tain*, 238–51).

24 Seo ainm a bha aig na filidhean air prìomh dhùn na h-Albann, far am biodh ceannas nan Gàidheal (agus sin ag atharrachadh o àm gu àm; faic Watson 1926, 395). Ann an 1567 dh'fhoillsich Seon Carsuel a' chiad leabhar Ghàidhlig a chuireadh an clò a-riamh, *Foirm na n-Urrnuidheadh*: chaidh a chur an clò 'i nDún Edin, darab comh-ainm Dún Monaidh'.

Triùir a fhuair oilean aig Aoife<sup>25</sup>  
 aig am biodh crìochan fo chàin;  
 trì cuilbh gu briseadh catha,  
 triùir dhaltan a bha aig Sgàthaich.

Triùir dhaltan a bha aig Uathaich,  
 triùir laoch a bu bhuaine an sabaidean  
 trì mic òirdheirc Uisneach;  
 is tùrsach a bhith nan easbhaidh.

Àrd-rìgh Uladh, mo chiad fhear,  
 thrèig mi le gràdh Naoise;  
 geàrr mo shaoghal na dheaghaidh:  
 nì mi a dheas-ghnàthan caoinidh.

Gum mairinn an dèidh Naoise  
 na saoiladh neach air talamh,  
 no an dèidh Ainnle agus Àrdain:  
 annamsa cha bhi anam.

Nan dèidh cha bhi mise beò,  
 triùir a leumadh am meadhan strì;  
 o chaidh mo leannan uamsa  
 nì mi air a uaigh-san frasan.

A fhir a thochlas an tuam,  
 na dèan an uaigh gu caol:  
 bidh mise am fochair na h-uaighe  
 a' dèanamh truaighe is ochan.

Is mòr a gheibhinn de chruaidh-chàs  
 am fochair nan trì curaidhean,  
 is dh'fhuilinginn gun taigh gun teine:  
 cha mhì nach bitheadh dubhach.

Na trì sgiathan is na sleaghan aca,  
 bu leaba dhomh iad gu minig:

<sup>25</sup> Tha an rann seo agus an ath fhear a-mach air an oilean a fhuair Cù Chulainn o na boireannaich san Eilean Sgitheanach (no anns na h-Ailpean) anns *An t-Suirghe air Eimhir*.

cuir na trì claidhnean cruaidhe aca  
os cionn na h-uaigne, a ghille.

Na trì coin is na trì seabhagan aca,  
bidh iad am-feast gun luchd-seilg;  
trì fir-thaice catha,  
triùir dhaltan Chonaill Cheàrnaich.

Trì iallan nan trì con sin,  
thug iad osnadh às mo chridhe;  
is mise bheireadh aire dhaibh –  
am faicinn is fàth caoidhe.

Cha robh mi riamh nam aonar  
ach an là rinneadh ur n-uaign,  
ged as minig a bha mise  
agus sibhse gu h-uaigneach.

Chaidh mo radharc uamsa  
air faicinn uaigh Naoise;  
geàrr gum fàg mi m' anam:  
cha mhaireann mo luchd-caoinidh.

Tromhamsa rinneadh feall orra:  
bidh mi fo mhulad gu tùrsach;  
is truagh nach robh mi san talamh  
mun deach clann Uisneach a mharbhadh.

Truagh mo thuras mar-ri Fearghas,  
gam mhealladh dhan Chraobh-ruaidh;  
le briathraibh blàtha binne  
chealgadh sinne an aon uair.

Thrèig mi aoibhneas Uladh  
airson nan triùir churaidhean a b' annsa;  
chan ann fada bhios mo shaoghal:  
nan dèidh is aonar dhòmhsa.

Mise Deirdre gun duibhe  
is mi air fuidheall mo bheatha;



a bhith nan dèis is miste:  
cha bhi mise gu fada.

An dèidh na laoidhe sin leum Deirdre air muin Naoise san tuam agus fhuair i bàs sa bhad. Agus chaidh an leac a thogail os cionn na h-uaighe aca agus an ainmean a sgrìobhadh os an cionn, agus rinneadh an deas-ghnàthan caoinidh an uair sin. Agus mhallaich Cathbhadh draoidh Eamhain, a chionn mic Uisneach a mharbhadh an aghaidh a onaire fhèin, air do Chonchobhar a ghealladh a thoirt dha nach marbhadh e iad nan cuireadh esan draoidheachd orra, agus an toirt thuige fhèin. Agus thuirte Cathbhadh nach biodh Eamhain aig Conchobhar no aig duine sam bith eile de a shìol on mhurt sin a-chaidh gu là bràth. Agus b' fhìor dha sin, oir cha robh Eamhain aig Conchobhar no aig duine sam bith eile de a shliochd on là sin air adhart.

Gur e sin Marbhadh Chloinn Uisneach gu ruige sin.

Finis.

## AN T-SUIRGHE AIR EIMHIR

### RO-RÀDH

Seo Gàidhlig an latha an-diugh air an t-seann sgeulachd *Tochmarc Emire*, mar a dheasaich A. G. Van Hamel i na leabhar *Compert Con Culainn and Other Stories* (Medieval and Modern Irish Series, Leabh. III, Dublin 1933 agus 1956). Tha i air a deasachadh an sin air dd. 20–68, stèidhichte sa chuid as motha air teags a chaidh a sgrìobhadh sa 14mh linn ann an làmh-sgrìobhainn 1224 (D iv 2) san Royal Irish Academy, Baile Àtha Cliath: tha innsidhean air an sgeulachd ann an làmh-sgrìobhainnean gu leòr eile, agus tha Van Hamel a' gabhail leughaidhean à cuid de na teagsaichean eile sin cuideachd: tha eadar-theangachadh Beurla air innseadh dhiubh sin ann an Meyer 1890, 443–53.

Mun chànan fhèin, bha Van Hamel den bheachd gur e measgachadh a tha againn an seo, pàirtean den sgeulachd a' tighinn o àm na Sean Ghàidhlig, cuid dhiubh tràth san rè sin, agus pàirtean eile o rè na Meadhan-Ghàidhlig (c. 900–1200).

### TUILLEADH LEUGHaidH

Baudiš, Josef, 1923, 'On *Tochmarc Emerè*', *Ériu* 9, 98–108 [mun cheangal eadar an sgeulachd agus a' bheul-aithris].

Carney, James, 1955 agus 1979, *Studies in Irish Literature and History* (Dublin Institute for Advanced Studies), caibideil VI, 'The Irish Affinities of Tristan'.

Dillon, Myles, 1968, *Irish Sagas* (Cork: Mercier Press), caibideilean II–V.

Edel, Doris, 1980, *Helden auf Freiersfussen: 'Tochmarc Emire' und 'Mal y kavas Kulhwch Olwen'; Studien zur fruhen inselkeltischen Erzähltradition* (Amsterdam: North-Holland).

Gray, Elizabeth A., 1982, *Cath Maige Tuired: the Second Battle of Mag Tuired* (Irish Texts Society).

Kinsella, Thomas, 1970, *The Tain, translated from the Irish epic Tain Bo Cuailnge* (Oxford University Press).

Mac Cana, Proinsias, 1988, 'Placenames and Mythology in Irish Tradition: places, pilgrimages and things', *Proceedings of the First North American Congress of Celtic Studies*, deas. Gordon W. MacLennan (University of Ottawa), 319–41.

Ó Concheanainn, Tomás, 1997, 'Leabhar na hUidhre: further textual associations', *Éigse* 30, 27–91 [fios mu dheidhinn *Tochmarc Emire* air dd. 27–55].

O'Rahilly, T. F., 1946, *Early Irish History and Mythology* (Dublin Institute for Advanced Studies).

- Sayers, William, 1991–92, ‘Concepts of eloquence in “Tochmarc Emire”’, *Studia Celtica* 26/27, 125–54.
- Thurneysen, R., 1912, ‘Zu Tochmarc Emire’, *Zeitschrift für Celtische Philologie* VIII, 498–524.
- Thurneysen, Rudolf, 1921, *Die irische Helden- und Königsage* (Halle: Niemeyer), 377–95.
- Toner, Gregory, 1998, ‘The transmission of *Tochmarc Emire*’, *Ériu* 49, 71–88.

## AN T-SUIRGHE AIR EIMHIR

1. Bha rìgh iongantach inbheach ann an Eamhain Mhacha aon uair, Conchobhar mac Fhachdna Fhàthaich. Bha mòran de dh'iongantas na fhlaithes ann an Ulaidh. Bha sìth agus sàimhe agus subhachas. Bha meas agus toradh na talmhainn agus na mara. Bha smachd agus reachd agus deagh riaghladh ri a rè ann an Ulaidh. Bha mòran de dh'urram agus de dh'uachdaranachd agus de phailteas anns an lùchairt ann an Eamhain.

2. Agus is amhlaidh a-rèist a bha an taigh sin<sup>1</sup>, Craobh-ruadh Chonchobhair, fo shamhail Taigh Mhiodhchuarta<sup>2</sup>, naoi uirighean o theine gu balla ann, trithead troigh air àirde gach talan umha a bha san taigh. Snaigheadh de dhearg-iubhar ann. 'S e stiall air chabar a bha anns an ìochdar agus tughadh chrèadh-leac san uachdar. Uirigh Chonchobhair an toiseach an taighe le stiall<sup>3</sup> airgid, le cuilbh umha le lainnir òir air an cinn, le seudan carrmhogail annta, gum bu cho-shoilleir là agus oidhche innte leis an stiall airgid os cionn an rìgh gu mullach na lùchairte. Nuair a bhuaileadh Conchobhar an stiall le fleasg rìoghail, thionndaidheadh na h-Ultaich uile thuige. An dà uirigh dheug aig an dà laoch deug mun cuairt air an uirigh sin.

3. Agus bhiodh rum aig gaisgich uile Uladh ag òl san lùchairt sin, agus cha bhiodh neach dhiubh an co-aontachd ri neach eile. Bu ghreadhnach gasta aoibhinn gaisgich fir Uladh san taigh sin. Bha mòran de gach seòrsa mòrdhalach san lùchairt agus de cheòl iongantach. Bhite a' cleasachd agus a' cluich agus a' seinn ann, sin laoich a' cleasachd, bàird a' seinn, cruitearan agus tiompanaichean a' cluich.

4. Bha na h-Ultaich aon uair ann an Eamhain Mhacha còmhla ri Conchobhar ag òl an Iarnguala: dheigheadh ceud bruich de leann ann air an fheasgar. B' e sin Òl Guail. 'S e a shàsaicheadh na h-Ultaich uile còmhla<sup>4</sup>. Dhèanadh laoich Uladh cleasan air sìomain tarsainn o dhoras gu doras san taigh ann an Eamhain. Còig troigh deug air naoi fichead, b' e meud an taighe. Trì cleasan a

1 Tha Eamhain Mhacha, prìomh dhùn Uladh, fhathast ri fhaicinn faisg air cathair Àrd Mhacha. Cuir an cunntas a leanas an seo an coimeas ris a' chunntas air Innis Moca Chèin ann an toiseach *Sgeulachd Chana Mhic Gartnain*; agus ri cunntas eile air Eamhain Mhacha ann an seann sgeulachd mu Chonchobhar ann an Stokes 1910, 30, §21.

2 Seo an taigh mòr cliùiteach a bha aig rìghrean na h-Èireann ann an Teamhair, ann an Siorrachd na Midhe.

3 No 'crios'.

4 Chaidh an t-alt seo mun dabhaich ana-mhòir chopair a thogail à seann sgeulachd eile, *Tochmharc Feirbhe*: thug Conchobhar leis creach an dèidh dha dùn nàmhad a cheannsachadh, agus am measg na creiche bha an dabhach 'ris an canadh na h-Ultaich *Ól nGuala*, oir 's e teine gaail a bhiodh ann an Eamhain san taigh nan òlte i' (Windisch 1897, 516).

chleachdadh na laoich, sin cleas gatha agus ubhal-chleas agus faobhar-chleas.

5. 'S iad na laoich a dhèanadh na cleasan sin Conall Ceàrnach mac Amhairghin, Fearghas mac Ròich Ro-dhàna, Laoghaire Buadhach mac Connaidh, Cealtchar mac Uitheachair, Dubhthach mac Lughdhach, Cù Chulainn mac Shualdaimh, Sgeul mac Bhàirdine, dorsair Eamhain Mhacha, on tig an t-ainm Bealach Bhàirdine; 's ann uaithe a tha Sgeul Sgeòil, oir bu shàr sgeulaiche esan.

6. Bheireadh Cù Chulainn bàrr orra uile aig a' chleas air a thapachd agus a ealamhachd. Thug mnathan Uladh gaol mòr do Chù Chulainn air a thapachd aig a' chleas, air ealamhachd a làimhe, air feabhas a ghliocais, air caoimhe a ghnùise, air gràdhmhorachd a dhreacha. Oir bha seachd dubhan-sùla na rìgh-rosgan, a ceithir san dàrna sùil aige agus a trì san t-sùil eile. Seachd mèòir air a dhà làimh agus air a dhà chois. 'S iomadh buadh a bha aige. A' chiad bhuidheachd a ghliocas gus an tigeadh a sholas gaisgich, buadh cleasachd, buadh bùird-chluiche, buadh fìdhcheallachd, buadh measaidh, buadh faisneachd, buadh cèille, buadh crutha. Trì lochdan Chù Chulainn: a bhith ro òg, oir cha do dh'fhàs a àirnean daimh<sup>5</sup>, oir bu mhòide a bhiodh òganaich neo-aithnichte a' dèanamh fanaid air; a bhith ro dhàna; a bhith ro àlainn.

7. Chuir na h-Ultaich comhairle mu dheidhinn Chù Chulainn a chionn 's gun tug am mnathan agus an nigheanan gaol cho mòr dha, oir cha robh ban-chèile aig Cù Chulainn an uair sin. B' i a' chomhairle a thairg iad, bean de thaghadh Chù Chulainn a shuirghe dha, oir bu dearbh leotha gum bu lughaide a dh'iarradh e milleadh an nigheanan agus gabhail ri gaol an cuid bhan-chèile nam biodh bean aige a fhreagradh dha. Agus cuideachd bha iomagain agus eagal orra gun crìonadh Cù Chulainn tràth, gum bu mhiann leotha air a' chùis sin bean a thoirt dha, gus am fàgadh e oighre. Oir bha fhios aca gur ann uaithe fhèin a bhiodh a ath-bhreith.

8. Chuir Conchobhar an uair sin naoinear o gach còigeadh an Èirinn a shireadh mnà do Chù Chulainn, feuch am faigheadh iad ann an dùn no ann am prìomh bhaile sam bith an Èirinn nighean rìgh no ro-fhlaith no uachdarain a bhiodh Cù Chulainn toilichte a thaghadh agus suirghe a dhèanamh oirre. Thill na teachdairean uile an ceann bliadhna agus cha d' fhuair iad nighean a bu toigh le Cù Chulainn suirghe a dhèanamh oirre.

9. Chaidh Cù Chulainn e fhèin an uair sin a dhèanamh suirghe air nighinn air an robh fios aige ann an Lughlochdan Logha<sup>6</sup>, Eimhear nighean

5 .i. Cha robh e na fhear mòr calma fhathast.

6 Thathas a' dèanamh dheth gun robh Lughlochdan Logha faisg air Bruigheann Fhorghail Mhonaich, san dùthaich air a bheil baile Lusga ann an Siorrachd Bhaile Àtha Cliath an-diugh (faic am mapa ann an Kinsella 1970, xix). Ann an §17 chì sinn gur ionann *lughlochaib* agus *gortaib* (achaidhean).

Fhorghaill Mhonaich. Chaidh Cù Chulainn fhèin agus a charbadair, Laogh mac Rianghabhra, na charbad. 'S e sin an t-aon charbad ris nach tigeadh sgiobaidhean no eachraidh charbadan Uladh suas, air cho luath agus cho gasta 's a bha an carbad agus an laoch a bhiodh na shuidhe ann.

10. Thàinig Cù Chulainn an uair sin air an nighinn anns a' phàirc cluiche aice, agus a co-altan uimpe. Sin nigheanan nan uachdaran a bha a' fuireach mu dhùn Fhorghaill. Bha iadsan a' foghlam obair-ghrèis agus fuaigheil còmhla ri Eimhir. Agus 's e sin an aon nighean a b' fhiach leis-san de nigheanan Èireann agallamh agus suirge a dhèanamh oirre, oir 's ann oirre a bha na sia buadhan: buadh crutha, buadh gutha, buadh binneis, buadh grèise, buadh gliocais, buadh geanmnachd. Thuirt Cù Chulainn nach rachadh leis de nigheanan uile na h-Èireann ach nighean a bhiodh iomchaidh dha an aois agus cruth agus cinneadh, agus nach biodh e sàbhailte le bean-chèile mura b' amhlaidh a bha. 'S i sin an aon nighean air an robh na gnèithean sin uile. Sin a' chùis gun deach Cù Chulainn a dhèanamh suirge gu sònraichte oirre.

11. B' ann na chleòca sealbhach a thàinig Cù Chulainn an là sin a chur agallaimh air Eimhir, agus gum meòraicheadh i a dhreach. Nuair a bha na nigheanan an sin air àrd-ùrlar còmhhdhalach an dùin, chuala iad nì a' tighinn thuca: saltairt nan each, gleadhraich a' charbaid, sgreuchail nan teud, sgiamhadh nan roth, boile an laoich, sgreadail nan arm.

'Nach fhaic tè agaibh,' ars Eimhear, 'dè tha tighinn thugainn.'

12. 'Chì mise ann gu dearbh,' arsa Fial nighean Fhorghaill, 'dà each cho-mhòr, cho-luath, cho-leumnach, den cheart chruth, biorach, àrd-cheannach, siùbhlach, ana-mhòr, gobhlach, gob-chaol, dualach, bathais-leathann, ro-bhreac, ro-sheang, ro-leathann, bras, cas-mhuingeach, bachlagach, cam-earballach. An dàrna each liath, leis-leathann, lonn, luath, luaineach, lonnmhor, sùrdagach, fad-mhuingeach, mòrchuiseach, tàirneanach, faramach, stuagh-mhuingeach, àrd-cheannach, uchd-leathann – bidh talamh fonn-bhras cruaidh a' lasadh fo a chrubh le lùths ceithir-fillte, bidh e a' breith air eunlaithean lùth-bhuadhach, sàthaidh e roimhe air rathad, leumaidh uaithe anail each, sradag teine lasair-dheirg a' boillsgeadh à craos a ghiallan ìochdrach – sin an t-each a tha fo luirg dheis a' charbaid.

13. 'An t-each eile ciar-dhubh, cruaidh-cheannach, cruinn, caol-chasach, slios-leathann, dian, dualach, ruitheach, dualanach, druim-leathann, treun-leiseach, mòrchuiseach, smiorail, feargach, uail-cheumnach, leumnach, fad-mhuingeach, cas-mhuingeach, fad-càrrach, treun-dualach, maoil-leathann, grinn. Bidh e a' cluiche an dèidh strì rèis-each ann am pàirc. Coisichidh e na srathan gun dàil, sinidh e iosgaidean, sèididh e machraichean am meadhan glinne. Chan fhàg e cnap-starraidh ann an tìr dharaich, air fad na slighe.

14. 'Carbad slatach den fhiodh ghrinn. Dà chuibhle ghil chopair. Cabar

geal fionn-airgid le fainne de dh'umha geal. Bodhaig a' charbaid glè àrd, glè aoibhinn, mar staoin is i cruinn daingeann. Cuing stuaghach de dh'òr glan. Dà shrèin dhualaich bhuidhe. Luirgean cruaidhe cho dìreach ri claidheamh.

15. 'Fear sùbailte dubh sa charbad, an duine as àlainne de dh'fhir na h-Èireann. Casag chaoin chorcair chòig-fhillte uime: dealg òir in-leagte os cionn a bhàn-uchda far am fosglar i, air am buail e làn-bhuillean làidir. Lèine le cochall geal agus le grèis dheirg de dh'òr lasrach. Seachd seòid dhearga de chlach-dhràgoin rim faicinn am meadhan a dhà shùla. Dà ghruaidh ghuirm-ghil fhuil-dheirg. Sgapaidh sradagan teine agus analach. Deàlraidh leus seirce na dhreach. Ar leam gur e fras neamhnaidean a bha ann air a cheann. Tha gach mala aige cho dubh ri dorchadas. Claidheamh òr-dhùirn ann an truailleann air a dhà shliasaid. Sleagh gorm-ruadh air tomhas a ghlaic, le gath geur ionnsaigheach, air cabaran coille ruadha ceangailte ri cearcall creathail<sup>7</sup> a' charbaid. Sgiath chorcar le iomall airgid le cruthan eadar-fhighte òir os cionn a dhà ghualainn. Nì e cleas leum a' bhradain agus iomadh cleas a cheart cho lùthmhor, a thuilleadh air a ghaisgeachd aon-charbaid.

16. 'Carbadair air a bheulaibh cuideachd sa charbad sin, duine fìor-sheang fìor-àrd fìor-bhreac. Falt fìor-dhualach fìor-ruadh air a mhullach. Bann de dh'fhionn-umha air a aodann nach leigeadh a fhalt mu aghaidh. Cuach<sup>8</sup> òir air cùl a chinn gus a fhalt a cheangal. Cochall èididh uime, a' fosgladh air a dhà uilinn. Brod de dhearg-òr na làimh.'

17. Bheannaich i dhaibh. Thog Eimhear a gnùis chaomh-chruthach an-àird agus dh'aithnich i Cù Chulainn agus thuirt i:

'*Dess imriadam dùib,*' ars ise, .i. Dia dhur rèiteachadh.

'*Slán imroisc dùibsi,*' ars esan, .i. guma slàn sibh o gach cron.

'Cò às a thàinig sibh?' ars ise.

'*Di intidiu Emna,*' ars esan, .i. o mhagh na h-Eamhna.

'Càite an do chaith sibh an oidhche?' ars ise.

'Chaith sinn i,' ars esan, 'ann an taigh fir a ghairmeas crodh magh Theathra,'  
.i. ann an taigh fir a ghlacas iasg magh Theithiar.

'Dè an lòn a fhuair sibh ann?' ars ise.

'Chaidh eucoir carbaid<sup>9</sup> a bhruich dhuinn ann,' ars esan.

'Dè an t-slighe a thàinig thu?' ars ise.

'Eadar dà cholbh fiodha.'

'Càite an deachaidh sibh an uair sin?' ars ise.

<sup>7</sup> *i cengal do chreित्रróu in charpait* (teags Van Hamel), ach tha amharas air sgoilearan fiù 's mun teags an seo (Toner 1998, 74, n. 25).

<sup>8</sup> *Cúaiche* ann an teags Van Hamel, ach *cuach* 'coil, fold, plait' aig Dwelly.

<sup>9</sup> *col carpair*; thèid a mhìneachadh ann an §32.

‘Cha duilich sin,’ ars esan. ‘De dhorchadas mara, air amhrun fir dhè<sup>10</sup>, air cop dà each Eamhna, air leas na Mòr-rìghne, air druim na mòr-mhuice, air gleann a’ mhòr-dhaimh, eadar an dia agus a fhàidh, air smior bean Fheidhealma, eadar an triath agus a bhean, air nighe each dhè, eadar rìgh Anann agus a ghnìomhaiche, do stòraichean-bidh gach bàthaich air domhan, air Oillbhine, air fuighleach na fèiste mòire, eadar dabhach agus dabhachan, do dh’iongnaidhean nia Teathra rìgh Fhamhaire, do Lughlochdan (.i. do dh’achaidhean) Logha<sup>11</sup>.

18. ‘Dè do shloinneadh-sa, a nighean?’ arsa Cù Chulainn.

‘Cha duilich sin gu dearbh,’ ars an nighean<sup>12</sup>:

*‘Teamair ban,  
bàine ingen,  
inching gensa,’*

.i. mar a tha Teamhair os cionn gach tulaich, is amhlaidh a tha mise os cionn gach mnà ann an geannmnochd.

*‘Gass nád forföemthar.  
Dercaid nad décsenach,’*

.i. bithear a’ coimhead orm air mo bhòidhchead agus cha bhi mise a’ coimhead neach.

*‘Doirb i ndobur,                      Cnuimh ann am bùrn  
ainder imnàir,’                      ainnir nàrach,*

.i. nuair a choimheadar air a’ chnuimh, ’s ann ann an ìochdar uisge a thèid i.

*‘Tethra tethra dá lúa.’  
Luachair air nach saltraichear,*

(.i. air a bhòidhchead)

‘Nighean rìgh, lasair fèile (.i. onaire).

10 *amrún fer ndéa*; thèid a mhìneachadh (?) ann an §35.

11 Tha e reusanta gabhail ri beachd O’Rahilly (1946, 32–33, 124), nach e àite saoghalta idir a tha seo, Bruigheann Fhorghaill Mhonaich; gur e dia a tha ann am Forghall o thùs, agus gun gabh an turas ann an §§29–55 a thuigsinn mar thuras eadar an saoghal seo agus an saoghal eile.

12 Mu bhrìgh nam freagar-tean seo a tha Eimhear a’ toirt, faic Sayers 1991–92, 130.



'S e slighe ris nach gabhar a tha na do shlighe chaol-ruithe,

*'conid fri sùan senbath  
srethaib cerd  
adbchlosaib erred.  
Ar tathum tréfnfir tiarmóirset,'*

(i. tha treun-fhir leam a leanas mi), ge b' e a bheireas de a aindeoin mi gun chunntas air mo thuras thuca agus gu Forghall.'

19. 'Cò iad na treun-fhir a leanas tusa, a nighean?' arsa Cù Chulainn.

'Cha duilich sin,' arsa Eimhear. 'Dà Lui, dà Luath, Luath agus Làth Gaibhle mac Theathrach, Triath agus Treasgath, Broin agus Bolar, Bas mac Omhnaich, ochdnar Chonnla, Conn mac Fhorghaill; gach fear dhiubh le neart ceud ann agus cleasan naoineir. Agus Forghall fhèin, cha ghabh àireamh a dhèanamh air mòr-uimhir a chumhachdan: nas treise na gach obraiche, eòlaiche na gach draoidh, eirmsiche na gach bàrd. Bidh cluiche chàich an aghaidh cumhachdan Fhorghaill fhèin na leasachadh dhutsa, oir tha iomadh cumhachd aige airson gnìomhan fearail a dhèanamh.'

20. 'Carson nach eil thusa gam chunntadh, a nighean, leis na treun-fhir sin?' arsa Cù Chulainn.

'Ma tha do ghnìomhan fhèin math gu leòr, ma-thà,' ars an nighean, 'carson nach cunntainn thu eatarra?'

'Do roghainn fhèin, a nighean,' arsa Cù Chulainn, 'gun tèid mò ghnìomhan a luaidh am measg euchdan neirt ghaisgeach.'

'Dè do neart-sa, ma-thà?' ars Eimhear.

'Cha duilich sin,' ars esan. 'Tha fàth mo chòmhraig a' casgadh fichead duine. Is leòr do thrirthead trian mo ghaisge. Freagraidh mo neart catha dà fhichead. Cuiridh ceud bac ri mo dhìonadh. Bithear a' seachnadh àthan agus chòmhragan air eagal m' fhuatha agus m' èididh. Teichidh slòigh agus mòr-fheachd agus dream fhear armach ro fhuath-ghràin mo dhreacha agus mo ghnùise.'

21. 'Is math na buaidhean aig macan maoth,' ars an nighean, 'ach nach do ràinig thu neart gaisgich fhathast.'

'Is math gu dearbh a thogadh mi, a nighean,' ars esan, 'le mo bhoban Conchobhar. Chan ann mar sin a sholairias amhasg oilean a chloinne. Chan ann eadar leac agus losaid<sup>13</sup>, no bho theine gu fraigh, no air lèana air beulaibh taighe a chaidh mo thogail le Conchobhar, ach 's ann eadar gaisgich agus laoich, eadar cleasaichean agus draoidhean, eadar filidhean agus fiosaichean, eadar fir-

<sup>13</sup> Is ionann *losaid* agus 'amar-fuine' (Dwelly; DIL *losai*), is e ag ràdh an seo nach ann am measg sheirbheiseach sa chidsin a chaidh Cù Chulainn a thogail, ach am measg nan uasal.

aoidheachd agus biataichean Uladh a chaidh m' oileanachadh<sup>14</sup>, gu bheil an cuid bheusan agus sgilean uile agamsa.'

22. 'Cò iad a rinn do theagasg sna gnìomhan air a bheil thusa a-mach?' ars Eimhear.

'Cha duilich sin,' ars esan. 'Dh'ionnsaich Seancha So-bheurlaidh mi, gu bheil mi treun innleachdach uasal, ealamh le buill-airm. Tha mi glic ann am breithean. Chan eil mi dearmadach. Bruidhnidh mi ri neach ann am fianais tuatha tapaidh. Bidh mi faiceallach mu na chanas iad. Ceartaichidh mi breithean Uladh uile agus cha bhrosnaich mi iad, tro oilean Sheancha a bhith orm.

'Ghabh Blaoi Briugha thuige mi an taic ri a theaghlach, gun deach m' inbhe a shuidheachadh leotha, gus an dèidh sin gun cruinnich mi fir chòigeadh Chonchobhair mun rìgh aca. Biathaidh mi iad fad seachdainne. Cuidichidh mi ris na sgilean agus na creachan aca. Cumaidh mi taic ri an onair agus ri am farpaisean onaire.

23. 'Dh'oileanaich Fearghas mi gun robh mi nam threun-òganach tro neart dånadais agus gaisgeachd, gu bheil mi comasach air oirthir criche a dhìon air coigrich. Tha mi bras le dånadas agus gaisgeachd: is mi dìon gach donais, is mi crann brosnachaidh gach bòidhchid. Nì mi leas gach truaghain, nì mi aimhleas gach treun-fhìr tro oilean Fhearghais a bhith orm.

24. 'Ràinig mi glùn Amhairghin filidh, gum bi mi a' moladh rìgh airson gach inbhe a bhios aige, gun ruag mi duine sam bith le dånadas, le gaisgeachd, le gliocas, le uaisleachd, le braise, le calmachd. Ruagaidh mi gach laoch agus cha toir mi ùmhlachd do neach ach do Chonchobhar.

25. 'Rinn Fionnchaomh mo thogail, gur co-alta co-threun dhomh Conall Ceàrnach casgrach. Rinn Cathbhadh eireachdail mo theagasg airson Dheichtire, gur fiosaiche rannsachaidh mi ann an ceàirdean dhiathan draoidheachd<sup>15</sup>, gur eòlach mi ann an àrd-phuingean fiosa. 'S ann san aon dòigh a dh'oileanaich na h-Ultaich uile mi, eadar carbadairean agus gaisgich, eadar rìghrean agus ollamhan, gur caraaid sluaigh agus buidhne mi, gur ann air an aon dòigh a nì mi sabaid nam farpaisean onaire uile. 'S ann gu h-usal a fhuair mi cuireadh o Lugh mac Cuinn mhic Eithleann dol air iomairt dhian Dheichtire gu taigh Bùrr a' Bhrugha. Agus tusa nis, a nighean,' arsa Cù Chulainn, 'ciamar a chaidh thusa a thogail ann an Lughlochdan Logha?'

26. 'Chaidh mo thogail,' ars ise, 'air inbhe Fèinne, ann an gnàth na h-àlainneachd, an urram na geanmnachd, an giùlan banrìghe, an aogas maiseach, gun tèid gach dealbh uasal maiseach, am measg treudan bhan bòstail,

14 Bha an daltachas glè chudromach am measg nan sean Ghàidheal, agus gu h-àraidh an daltachas a gheibheadh na laoch (faic Nagy 1984, 28).

15 *i cerdaib dé druidechta*. Sin, 's dòcha, 'anns na ceàirdean uile a bha aig na seann diathan a bhiodh a' cleachdadh na draoidheachd'.

a mheas an coimeas riumsa.’

‘Is math gu dearbh na gnèithean sin,’ arsa Cù Chulainn. ‘Agus carson,’ arsa Cù Chulainn, ‘nach bu nòs dhan dithis againn coinneachadh? Oir cha d’ fhuair mise fhathast boireannach a chumadh an cuspair a’ dol na leithid seo de chòmhradh leam.’

‘Ceist: a bheil bean-chèile agad,’ ars an nighean, ‘a chumadh do theaghlach a’ dol nad dhèidh?’

‘Chan eil idir,’ arsa Cù Chulainn.

‘Chan eil e dligheach dhomh mi fhìn a thoirt do dh’fhear,’ ars an nighean, ‘am fianais na peathar as sine na mi, Fial nighean Forghaill, a chì thu mar-riam an seo. ’S i a tha na brod eisimpleir anns an obair-ghrèis.’

‘Chan ann dhise, ge-tà, a thug mise gaol,’ arsa Cù Chulainn, ‘agus cha do ghabh mi riamh ri bean air am biodh fios aig fear romham. Agus chaidh innse dhomh gun do chaidil an nighean ud còmhla ri Cairbre Nia Fear uair.’

27. Agus iad an uair sin ris a’ chòmhradh sin, chì Cù Chulainn broilleach na h-ìghne tro uchd a lèine, gur ann a thuirt e:

‘Caoin am magh seo, magh ealchainnean.’

’S ann a thuirt an nighean na briathran seo a’ freagairt do Chù Chulainn:

‘Cha do dhlùthaich neach ris a’ mhagh sa,’ ars Eimhear, ‘nach geàrr sloinneadh airgid<sup>16</sup> air gach àth o Àth Sgèine Meann air Oillbhine gu ruige a’ Bhan-chuing airgid far a bheil Brea a’ cur dian-chop Fheidhealm a’ leumadaich.’<sup>17</sup>

‘Caoin am magh sa, magh ealchainnean,’ arsa Cù Chulainn.

‘Cha do dhlùthaich ris a’ mhagh sa,’ ars ise, ‘duine nach do rinn bòcan grànda à laogh-boireann clogaide, is e a’ giùlan dithis eile<sup>18</sup> còmhla ri an cuideam de dh’òr, fhad ’s a bha e a’ beumadh thrì naoinear, gach beum a’ caomhnadh ach aonan a-mach à gach naoinear.’

‘Caoin am magh sa, magh ealchainnean,’ arsa Cù Chulainn.

‘Cha do dhlùthaich ris a’ mhagh sa,’ ars ise, ‘duine nach cuireadh dheth bioran Suain mhic Roisgmhilg o Shamhain gu Iomolg<sup>19</sup>, o Iomolg gu Bealltainn,

16 San làmh-sgrìobhainn an seo tha an Laideann *vulnerare centum* sgrìobhte (Van Hamel, 31 n.), .i. ‘ceud a leònadh’, faic §53.

17 *diantos* san LS, *dos* ‘froth’ DIL; chan eil cinnt ann mun chèill. Mun ‘mhagh’ seo, faic §52, shìos; Mac Cana 1988, 338–39.

18 Tha e soilleir gu bheil na faclan seo (o *bòcan grànda* air adhart) nan còd air choreigin do ‘leum a’ bhradain’ ann an §54, cleas a bha aig Cù Chulainn: gheibhear moladh air ciall nam facal an seo aig Van Hamel, 185.

19 Gheibhear ‘bioran suain’ sa bheul-aithris fhathast mar ainm air bioran a chuireas cadal air duine; ach mas e duine a bha ann an Suan mac Roisgmhilg an seo chan eil fhios cò bh’ ann; ach faic §55. B’ e Iomolg (*oimelc* san teags an seo, DIL *imbolc*) seann fhèill aig toiseach an Earraich (Hamp 1979/80, 106); *brón trogain* am Foghar no an Lùnastal, is coltach (DIL, 1 *trogan*). Faic §55, shìos.

gu Bròn Troghain o Bhealltainn.’

‘Mar a theirear, ’s ann a nithear,’ arsa Cù Chulainn.

‘Ceangailear e, ceangailear on dà thaobh, thèid a ghabhail is a sheilbheachadh,’ arsa Eimhear. ‘Ceist: dè do shloinneadh?’ arsa ise.

‘Is mise mac piuthar duine a thèid ann an neach eile<sup>20</sup> ann an Ros Bhodhbha,’ arsa esan.

‘Agus dè d’ ainm-sa?’ arsa ise.

‘Is mise gaisgeach<sup>21</sup> plàighe a thig air coin,’ arsa esan.

28. Dh’fhàg Cù Chulainn an uair sin iad leis a’ bhreugnachadh bhriathran sin, agus cha do rinn iad barrachd air sin de chòmhradh an latha sin. Nuair a bha Cù Chulainn air a thuras thar Bhreagha dh’fhaighnich an carbadair aige, Laogh, dheth:

‘Uill,’ arsa esan, ‘na briathran a thug thusa agus an nighean, Eimhear, dha chèile, dè thuirt iad?’

‘Nach eil fhios agad,’ arsa Cù Chulainn, ‘gu bheil mise a’ dèanamh suirghe air Eimhir, agus ’s e am fàth gun do cheil sinn ar còmhradh gus nach tuigeadh na h-ighnean gur ann a’ suirghe oirre a tha mi, oir nam biodh fios aig Forghall cha tig sinn còmhla de a dheòin.’

29. Thàinig Cù Chulainn chun a’ charbadair aige an toiseach a’ chòmhradh agus bha e ga mhìneachadh dha, gus an turas a ghiorrachadh.<sup>22</sup>

‘*Intidiu Emna*, thuirt mise<sup>23</sup> nuair a thuirt ise “Cò às a thàinig sibh?”; ’s e bha mi ag ràdh: “o Eamhain Mhacha”. ’S ann a chionn seo a theirear Eamhain Mhacha: Macha nighean Sainrith mhic Ionbhotha, bean Chrunnchon mhic Aghnamhain, a ruith an aghaidh dà each an rìgh nuair a chaidh tagradh suarach a dhèanamh oirre, gun do dh’fhairtlich orra san ruith, agus rug i mac agus nighean san aon bhreith. Agus ’s ann on eamhain, no càraid, sin a theirear Eamhain ris agus on Mhacha sin a chanar Magh Mhacha.’<sup>24</sup>

20 *Am nia fir dichet i n-aile i Ross Bodbae*; a’ gabhail ri ‘eile’ airson aile.

21 *Am núada tedmae tathig cona*. ’S fheàrr le John Carey (1984, 7–8) *Núada* a leughadh an seo, ainm a t-seann dè, an àite *núada* ‘laoch, gaisgeach’ (DIL), oir tha sean cheangal eadar Nuadha agus coin. Coim. cuideachd nn. 31, 38, shìos.

22 Eadar seo agus §50 tha cunntas air na h-àiteachan a bha air turas Chù Chulainn o Eamhain gu Bruigheann Fhorghaill Mhonaich, eisimpleir mhath den ùidh mhòir a chuir seann sgoilearan na Gàidhlig ann an ainmean-àite: faic Meek 1998; agus Mac Cana 1988. Mu dheidhinn tòimhseachain nan ainmean, faic Edel 1980, 212–42; Sayers 1991–92, 125–54.

23 Faic §17, shuas.

24 Chaidh an sgeulachd seo mu (Eamhain) Mhacha a thogail às an *Dinnsheanchas* agus a sparradh a-steach do *Thochmarc Emire*; faic Ó Mainnín 2009, 201–02; mun dà alt seo mu Mhacha, §§29–30, faic Ó Concheanainn 1997, 27–43.

30. ‘Air neo ’s ann a thig Eamhain (no Magh) Mhacha mar a tha san sgeulachd seo: trìuir rìghrean a bha an co-cheannas air Èirinn. ’S e Ultaich a bh’ annta, Dìothorbha mac Deamhain à Uisneach Mhidhe, Aodh Ruadh mac Bhadhuirn mhic Airgeadmhail ann an Tìr Aodha agus Ciomaoth mac Fhionntain mhic Airgeadmhail ann am Fionnabhair Maighe Inis – ’s e a dh’àraich Ughaine Mòr mac Eochaidh Bhuaidhaich. Agus rinn na fir còrdadh: seachd bliadhna aig gach duine dhiubh san rìoghalachd. Trì seachdan de dhùin eatarra, seachd draoidhean agus seachd bàird agus seachd cinn-fheadhna. Na seachd draoidhean gam brosnachadh daonnan, na seachd bàird gan càineadh agus gan aoireadh agus a’ toirt rabhaidhean dhaibh, na seachd ceannardan gan guineadh agus gan losgadh mura teicheadh an duine às an ceann seachd bliadhna, gus Fìor Flatha<sup>25</sup> a chumail, ’s e sin, meas na coille a h-uile bliadhna, agus gun lainnir gach datha a lagachadh, agus gun gin de a chuid bhoireannach a chall dhan bhàs. Chaidh gach duine dhiubh tro thrì tursan san rìoghalachd, sin trì fichead bliadhna ’s a trì. B’ e Aodh Ruadh a’ chiad duine dhiubh a bhàsaich, bàthadh a thachair ann an Eas Ruaidh, gun deach a cholann a thoirt dhan t-sithean an sin agus gur ann dheth a thig Sìth Aodha agus Eas Ruaidh. Agus cha do dh’fhàg esan clann ach nighean, Macha Mhongruadh a h-ainm.

‘Dh’iarr ise an rìoghalachd san aimsir dhligich. Thuirt Ciomaoth agus Dìothorbha nach toireadh iad rìoghalachd do bhoireannach. Rinneadh cath eatarra. Fhuair Macha buaidh orra. Chaith i seachd bliadhna san rìoghalachd. Bhàsaich Dìothorbha ann an Corann san ùine sin. Dh’fhàg esan còignear mhac matha, Baoth agus Bras agus Beadach agus Uallach agus Borbchas. Dh’iarr iadsan an crùn. Thuirt Macha nach toireadh i dhaibh e, “Oir chan ann air sgàth urrasan a fhuair mi e,” ars ise, “ach ann am blàr catha air èiginn.” Rinneadh cath eatarra. Fhuair Macha buaidh air mic Dhìothorbha, ach dh’fhàg iad fuilteachas cheann aice gun robh iad air fògradh ann an dìthreabh Chonnachda. Thug Macha an uair sin Ciomaoth thuice mar chèile agus mar cheannard na ceathairne uime.

‘Nuair a bha Macha agus Ciomaoth còmhla, chaidh Macha a shireadh mic Dhìothorbha agus i ann an riochd lobhair, ’s e sin taois<sup>26</sup> seagail agus uisge fèithe air an suathadh rithe; gun d’ fhuair i ann am Boireann Chonnachd iad, a’ fuineadh tuirc allaidh. Iarraidh na fir naidheachd oirre agus innsidh ise naidheachd dhaibh, agus bheir iad biadh dhi aig an teine. Thuirt fear dhiubh: “Is àlainn sùil na cailliche, nach dèan sinn co-fhuireachd rithe!”

<sup>25</sup> *Fìor Flatha*, an t-seann riaghailt a bha air rìgh no fìath gun dèanadh e an rud còir, no fìor, an-còmhnaidh (DIL, F, 147–48).

<sup>26</sup> Tha seann iomradh eile air seo ann an *Dìnnsheanchas* Eamhain Mhacha, an taois seagail a’ cur coltas claimhsiche (ban-lobhar) air Macha (Stokes 1895, 280, sreath 25).

‘Rug i esan fon choill. Ceangailidh i an duine sin le neart a làimhe agus fàgaidh i sa choille e. Thig i a-rithist dhan teine. “Càite bheil am fear a dh’fhalbh leat?” ars iad. “Nàire leis tighinn thugaibh,” ars ise, “air dha cùplachadh le lobhar.” “Cha bu nàire,” ars iadsan, “oir dhèanamaid-ne uile an t-aon rud.”

‘Rug i gach duine dhan choille. Cheangail i gach duine dhiubh an òrdugh agus rug i leatha anns an aon cheangal do dh’Ulaidh iad. Thuir na h-Ultaich rithe iad a mharbhadh. “Cha dèan,” ars ise, “oir ’s e briseadh Fìor Flatha dhòmhsa e; ach an daoradh fo dhaorsa, agus iad a chladhach ràtha mum thimcheall a bhios na phrìomh chathair Uladh gu bràth.” Chomharraich ise dhaibh an dùn le a h-èò, no bràiste, .i. dealg òir mu a muin, no muineal, .i. èò muin, .i. bràiste mu mhuineal Macha. Gur ann dheth sin a tha Eamhain Mhacha gu firinneach.

31. ‘Am fear, thuir mi,’ ars esan, ‘a chaidil sinn na thaigh<sup>27</sup>, ’s e iasgair Chonchobhair a th’ ann, Roncha a ainm. ’S e a ghlacas na h-èisg le driamlach fo mhuir. Oir ’s e crodh na mara a cuid èisg agus ’s e am muir Magh Teathra, .i. ’s e rìgh a bh’ ann an Teathra de rìghrean nam Famhairean, .i. magh rìgh Fhamhairean.

32. ‘An teallach-fuinidh, a thuir, mi air an deach gearran a fhuineadh dhuinn, ’s e searrach a tha sin. ’S e cron carbaid a bhios an-còmhnaidh ann gu ceann trì uimhir naoi latha fo rìghrean, agus ’s e geas a th’ ann dhaibh a dhìonadh: ’s e sin gu bheil e toirmisgte do dhuine dol anns a’ charbad, gu ceann trì uimhir naoi latha air dha feòil eich a ithe, a chionn ’s gur e each a chumas suas an carbad.

33. ‘Eadar dà cholbh fiodha, thuir mi: ’s iad sin an dà bheinn a thàinig sinn eatarra, Sliabh Fuaid romhainn an iar agus Sliabh Guilinn romhainn an ear. ’S ann an Oirceal<sup>28</sup> a bha sinn eatarra, .i. a’ choille a tha eatarra, .i. air an rathad a mheas mi eadar na dhà dhiubh.

34. ‘An t-slighe, thuir mi, .i. de dhorchadas mara, .i. de Mhagh Mhuirtheimhne<sup>29</sup>. Muir air fad trithead bliadhna an dèidh dileann, agus ’s ann dheth sin a tha dorchadas (*teimhe*) mara, .i. tha e na dhìdean no fo dhìon mara. Air neo ’s ann dheth seo a tha Magh Mhuirtheimhne air: muir dhraoidheachd a bha air, le uilebheist mhara ann dham bu nàdar a bhith a’ sùghadh, agus a shùigheadh fear fo armachd gu meadhan na h-uamha ulaidhe aice. Thàinig an Daghda, agus a bhachall onfhaidh leis, agus thuir e na briathran sa ris gun do thràigh e sa bhad: “Tionndaidh do cheann còsach, tionndaidh do chorp gearanach, tionndaidh do bhathais fhollaiseach<sup>30!</sup>”

27 Faic §17, shuas.

28 *Foirceal* an-diugh, baile beag ann an taobh deas Shiorrachd Àrd Mhacha. ’S ann san t-siorrachd sin a tha Sliabh Fuaid agus Sliabh Guilinn.

29 Còmhnard mòr leathann ann an taobh tuath Shiorrachd Lùbhaidh: ’s ann a tha Dùn Dealgan (faic Kinsella 1970, xviii, xx).

30 Tha an teags truailte an seo: *taigi baig thaig*, agus tha Van Hamel a’ moladh dhuinn *taidbertach* a leughadh, facal aig am biodh ciall faisg air ‘follaiseach’ no ‘taisbeanach’.

35. 'Air Amhrun Fir Dhè, 's e sin rùn iongantach (*ambra*) agus cagar iongantach (*ambra*), Greallach Dollaidh an-diugh<sup>31</sup>. 'S ann air sin a ghuin Dolladh le maide mac Cairbre Nia Fear. Agus b' e Amhrun Fir Dhè a ainm gu ruige sin, a chionn 's gur ann a chaidh tional trusadh catha Magh Thuireadh a innleachadh an toiseach le Tuatha Dè Danann, gu cur às do chis a leag Famhairean orra, 's e sin dà thrian arbhair agus bainne agus cloinne.

36. 'Air cop (*uanaibh*) dà each Eamhna: bha òglach iongantach aig na Gàidheil mar rìgh. Bha dà each aige gan oileanachadh dhà ann an sìthean Eargmhan de thuaith Dè [Danann]. B' e ainm an rìgh sin Neimheadh mac Namha. Aon là leig e an dà each sin a-mach às an t-sìthean agus bhrùchd sruth annasach nan dèidh às an t-sìthean, agus bha cop mòr air an t-sruth sin. Agus sgaoil an cop thar na tìre fad rè mhòir, agus b' amhlaidh a bha gu ceann bliadhna, gur ann air sgàth sin a thugadh na Copan (*uanaibh*) air an uisge sin, .i. cop air an uisge, agus 's e Uanaibh a tha air sin gus an latha an-diugh.

37. 'An Lios na Mòr-rìghne<sup>32</sup>, thuirt mi, 's e sin Uachdar Eadhmainn. Thug an Daghdha am fearann sin dhan Mhòr-rioghain agus chaidh a threabhadh leathase an dèidh sin. A' bhliadhna a mharbh Iobhar Boichlidh mic Ghairbh na leas-se, chuir i peasair nan each<sup>33</sup> na leas a' bhliadhna sin, a chionn 's gun robh mic Gairbh càirdeach dhìse.

38. 'An Druim na Mòr-mhuice, thuirt mi, 's e Druimne Bhreagh a tha sin. Oir b' e dealbh muice a chaidh a shealltainn do mhic Mhìleadh<sup>34</sup> air gach tulach agus air gach tòrr ann an Èirinn nuair a thòisich iad ag iarraidh talamh a ghabhail air èiginn an sin, air do Thuatha Dè Danann seun a chur oirre.

39. 'Gleann a' Mhòr-dhaimh, thuirt mi, 's e Gleann Bhreòghainn a tha

31 Iomradh an seo air an sgeulachd *Cath Maige Tuired* (Gray 1982, 80, §§75–76): thàinig Lugh (mac Eithleann) dhan àite seo a thadhal air na seann diathan (Núadu, In Dagda, Ogma, Goibniu, Dían Cécht), a bha fo bhagairt aig na Famhairean; cf. DIL *amrun*. 'S e beachd Gray (139) gur ann an Co. an Dùin a bha Greallach Dollaidh, ach ma leanar na h-àiteachan eile air an turas seo bhiodh e na bu choltaiche gur ann ann an Siorrachd na Midhe a tha e, faisg air a' Cheanannas Mhòr. Tha na seann Annalan ag innse dhuinn gun robh cath aig Greallach Dollaidh sa bhliadhna 693 AD.

32 Bha a' Mhòr-rioghain, piuthar Macha, na ban-dia catha (Gray 1982, 129): ann an §50 an seo, is ionann ise agus a' Bhodhbh agus an dia Bè Nèid. Tha *Edmann* ann an sgeulachdan Ultach eile, ceàrn a bha faisg air baile Lann Lèire ann an Siorrachd Lùbhaidh (O'Rahilly 1946, 7).

33 *mòeláin muilchi*, seòrsa de luibh, *feniculus porcinus*, creidear (DIL *muilche*).

34 *do maccaib Miled*; seo na Gàidheil, a thàinig on Spàinn fo cheannas mic Mhìl Easpainne, agus a ghabh seilbh air talamh na h-Èireann an dèidh Thuatha Dè Danann (O'Rahilly 1946, 194–97).

sin: 's ann o Bhreògha mac Bhreòghainn, sinnsear a bha aig mic Mhìleadh<sup>35</sup>, a chaidh Gleann Bhreòghainn agus Magh Bhreagh a ainmeachadh. Chante Gleann a' Mhòr-dhaimh ris, .i. Damh Dìle mac Smiorghaill mhic Theathrach, rìgh air Èirinn<sup>36</sup> a bha a' fuireach ann. Agus bhàsaich an Damh sin nuair a bha e a' stiùireadh bean tannasgach, agus iad a' gluasad siar thar Mhagh Bhreagh gu beulaibh dhùn.

40. 'An t-slighe, thuirt mi, eadar an dia agus a fhàidh, 's e sin eadar am Mac Òg ann an Sìth a' Bhrogha<sup>37</sup> agus a fhàidh, .i. Breasal Bò-fhàidh an taobh an ear a' Bhrogha. 'S ann eatarra a bha an t-aon bhoireannach, bean a' ghobhann. Agus 's ann a thàinig sinn eadar cnoc Shìth a' Bhrogha, sa bheil Aonghas, agus Sìth Bhreasail draoidh.

41. 'Air Smior Mnà Fheidhealma, thuirt mi, sin Abhainn na Bòinne. Seo am fath gu bheil Bòann oirre: Bòann<sup>38</sup> bean Neachdain mhic Labhradha a chaidh a choimhead an tobair dhiamhair a bha sa ghàrradh aig trìuir luchd-frithealaidh Neachdain, Fleasg agus Leasg agus Luamh. Cha tigeadh neach gun mhasladh on tobar mana tigeadh an luchd-frithealaidh. Chaidh a' bhanrigh le uaill agus àrdan chun an tobair agus thuirt i nach robh nì ann a mhilleadh a dreach no a bheireadh masladh dhi. Thàinig i air taobh clì an tobair agus a' chumhachd aice a dhearbhadh. Bhris trì tonnan thairte an uair sin agus bhris iad a dà shliasaid agus a deas-làmh agus a leth-shùil. Agus ruith ise a' seachnadh a' mhaslaidh sin a-mach às an t-sithean a dh'ionnsaigh na mara. Gach ceum a ruith ise, ruith an tobar na dèidh. 'S e Seaghais an t-ainm a tha air an t-sithean, sruth Seaghais on t-sithean gu Linn Mocha, Ruighe Bean Nuadhad<sup>39</sup> agus Calpa Bean Nuadhad an dèidh sin, Bòann ann am Mìdhe, Mannchuing Argaid o Fhionnaibh gu Tromaibh, Smior Mnà Fheidhealma o Thromaibh gu muir.

42. 'An Triath, thuirt mi, agus a bhean, sin Cleiteach agus Fèise. Oir 's e

35 'S dòcha gu bheil ceangal eadar *Breoguin* an seo agus an Gàidheal ann an *Lebor Gabála Éirenn* (Macalister 1956, 10) a chunnaic Èirinn an toiseach o *Thùr Bregoin* san Spàinn.

36 *Tethrae*, rìgh nam Famhairean, §§31, 48; 'crodh magh Theathra' ann an §17; faic cuideachd O'Rahilly 1946, 32, n. 4, agus d. 483. Is coltach nach e duine idir a bha ann an Damh Dìle an toiseach ach damh bà (DIL s.v. *dam dilenn*).

37 Seo Bruigh na Bòinne, Siorrachd na Mìdhe, còmhnaidh os-nàdarra an Daghdha agus a mhic, Aonghas, am Mac Òg (O'Rahilly 1946, 516).

38 Tha innse eile air sgeulachd seo Bòinne ann an Gwynn 1913, 26–33. B' i Bòann màthair Aonghais Òig. B' ionann Neachdan, a fear-cèile, agus an seann dia Nuadha Airgead-làmh; faic Mac Cana 1988, 335; Carey 1984, 8–9.

39 *Rig Mná Núadat*. Is coltach gun do thuig an sgrìobhaiche *ruighe* 'pàirt den ghàirdean' an seo ach gu fìrinneach 's e ainm meadhanach cumanta do dh'abhainn a tha san fhacal *rig* (Mac Airt 1956, 262–63).



triath an t-ainm a bha air torc, toiseach nan treudan<sup>40</sup>, agus 's e as ainm do rìgh toiseach nam mòr-thuath. An Cleiteach, ge-tà, sin ceannard (*cleth*) comasach catha. Agus 's e An Fhèise ainm na cràine mòire, cèile tuirc agus companach dha. 'S ann eadar torc agus a chràin a thàinig sinn, ma-thà.

43. 'An Rìgh Anann, thuirt mi, agus a ghnìomhaiche (*ghnia*), 's e sin Ceàrna<sup>41</sup>, thar an deach sinn. B' e Sìth Chìrine a ainm o chian. B' e Ceàrna a ainm on latha a mharbh am fògrach, 's e sin Eunna Aighneach<sup>42</sup>, Ceàrna rìgh Anann, san t-sìthean sin, agus mharbh e an stiùbhard aige an taobh an ear an àite sin. B' e Gnia a ainm-san, agus 's ann uaithe a tha Ràith Gniadh ann an Ceàrna gu bràth. 'S ann an aghaidh Gheise, rìgh mhac Eamhna, a rinn Eunna sin, a chionn 's gun robh càirdeas dlùth eadar Geise agus Ceàrna.

44. 'An Nighe Eich Dhè, thuirt mi, 's e sin Ainghe<sup>43</sup>. B' e Toinghe (.i. nighe) Eich Dhè a ainm o thùs, oir 's ann innte a nigh Fir Dhè an toiseach an cuid each air tighinn dhaibh o chath Mhagh Thuireadh. Theirear Ainghe (garbh) rithe a chionn 's gun do nigh Tuatha Dè Danann an cuid each innte.

45. 'Am Mannchuile Ceathar-chuile, thuirt mi, 's e sin Muinchille. 'S ann an sin a bha Mannach Briugha. Agus bha tinneas-dubh mòr air an sprèidh (*cethrae*) an Èirinn ann an rìoghachadh Bhreasail Bhric mhic Fhiachra Fhobhrich ann an Laighin. Rinn Mannach (*proprium viri*<sup>44</sup>) taighean-stòir (*cuili*) mhòra fo thalamh san ionad air a bheil an t-ainm Uachdar Mhannchuile an-diugh, agus chaidh ulaidhean a chur an stòras (.i. a dhèanamh) annta air eagal na plàighe. Rinn an rìgh an uair sin fleadh<sup>45</sup> (.i. frithealadh) do cheithir

40 Seo an *Torc Triath*, a tha coltach ris an *Twrch Trwyth* sa Chuimris, torc uamhasach a dh'fheumas Culhwch a mharbhadh san sgeulachd *Culhwch ac Olwen*: beachd aig John Carey (1992, 41–45) gur ann o na Gàidheil a fhuair na Cuimrich an *twrch* sin an toiseach. Bha *Sid Clettig* air taobh a deas na Bòinne, fa chomhair Bruigh na Bòinne (O'Rahilly 1946, 138). Is coltach nach eil san t-seann fhacal *feis* gu bunaiteach ach ainmear eile leis a' chèill 'cràin, muc' (DIL *feis*).

41 Seo an t-aon Cheàrna a tha ann an *Sgeulachd Chana* (faic n. 14 an sin), àite a tha faisg air Daimhliag Chianain ann an Siorrachd na Mìdhe.

42 A rèir Sheathrún Chéitinn (*Foras Feasa ar Èirinn* II, 178), lean Eunna Aighneach a athair, Aonghas Tuirbheach Teamhrach, mar rìgh na h-Èireann.

43 Abhainn ann an Siorrachd na Mìdhe, *Ainghe* (*An t-Ainghe*, is coltach), *Aini* ann an Gàidhlig na h-Èireann an-diugh. Tha ceangal ga dhèanamh an seo, 's dòcha, eadar 'an toinghe' (= *an nighe*) san t-Sean Ghàidhlig agus 'an t-Ainghe', ainm na h-aibhne. Is coltach gu bheil an t-ùghdar ag ràdh cuideachd gu bheil *ainghe* a' ciallachadh 'garbh' (*ammas* aige san t-Sean Ghàidhlig) ach chan eil an fhianais sin againne.

44 Tha an Laideann seo san teags Shean Ghàidhlig: .i. *proprium* uiri.

45 *caí*; chan e 'fleadh' a' chiall gu buileach, ach turas a dhèanadh ceannard còmhla ri daoine-uaisle gu taighean a chuid ìochdaran, far am faigheadh iad fleadh agus còisir: mar bu mhotha àireamh nan ìochdaran aig duine, 's ann a bu mhotha àireamh nan uachdaran a bhiodh còmhla ris (DIL *caé*). Faic an t-alt aig Philip O'Leary (1984, 115–27) air fleadhan san t-seann litreachas.

chàraidean air fhichead gu ceann seachd bliadhna. Am Mannchuile, ma-thà, sin taigh-stòir Mhannaich Uachdar Mhuinchille.

46. ‘Agus an t-Oillbhine, thuirt mi, ’s e sin Ailbhine.<sup>46</sup> Bha rìgh iongantach an seo an Èirinn, Ruadh mac Rìoghthuinn: ’s ann à Còigeamh Mhumhan a bha e. Bha dàil (còmhdhail) aige leis na Goill. Chaidh e chun na coinneimh aige leis na Goill timcheall taobh a deas na h-Albann le trì longan, agus trithead anns gach luing dhiubh. Chaidh an cabhlach aca an sàs am meadhan na mara. Cha robh sàbhaladh ann do sheòid no maoinen nuair a chaidh an cur san uisge. Chuir iad crannchur gu socrachadh cò dhiubh a rachadh gan lorg fon mhuir, dè bha gan casgadh. Thuit an crannchur air an rìgh fhèin agus leum an rìgh, Ruadh mac Rìoghthuinn, dhan mhuir. Chaidh e à sealladh sa bhad san t-sàl. Thàinig e air naoinear de dh’ainnrean àlainn an sin. Thuirt iad ris gum b’ iadsan a chuir na longan an sàs, gun tigeadh esan thuca, agus thug iad dha naoi longan òir airson naoi oidhcheannan a chaitheamh leotha, oidhche gach tè. Rinn e amhlaidh. San aon àm cha robh comas gluasaid aig a mhuinntir le cumhachd nam ban. Thuirt bean dhiubh gun robh i gus breith agus gum beireadh i mac, agus gum bu chòir dha tadhal orra, a’ tionndadh chun an ear thucasan a dh’ionnsaigh a’ mhic. Thàinig e an uair sin chun a mhuinntire agus dh’fhalbh iad. Bha iad fad seachd bliadhna còmhla ri an càirdean, agus thàinig iad a-rithist rathad eile agus cha tadhaileadh iad an t-aon àite, gus an do ràinig iad Inbhir Ailbhine. ’S ann a lorg na mnathan iad. Chuala na fir an ceòl san luing chopair aca nuair a bha iad a’ toirt a’ chabhlaich aca gu talamh. ’S ann a thàinig na mnathan gu tìr agus chuir iad am mac uapa a rèir sin. Bha an t-àite clachach creagach. Agus bhuaill am mac tè de na clachan gun do bhàsaich e dheth sin. Thionndaidh na mnathan agus dh’èigh iad uile ‘Oillbhine, Oillbhine’, .i. *bine oll* (creach ana-mhòr), gur ann dheth sin a chanar Ailbhine.

47. ‘Ann am Fuighleach na Fèiste Mòire, thuirt mi, ’s e sin Tailne<sup>47</sup>. ’S ann an sin a rinn Lugh Sgiomhaich an fhèist mhòr do Lugh mac Eithleann mar shòlas dha an dèidh cath Mhagh Thuireadh. B’ e sin fèist a’ chrùnaidh aige,

46 Abhainn eadar Siorrachd na Midhe agus Siorrachd Bhaile Àtha Cliath, *Delvin* sa Bheurla. Tha an earrann seo air a stèidheachadh air an *Dinnsbeanchas*, air a bheil innsidhean eile ann an Stokes 1894, 294–95; Gwynn 1906, 26–35. Na chunntas air beatha Chaluum Chille, a sgrìobh e san Laidinn timcheall air 700 AD, tha Adhamhnan a’ bruidhinn air fras ghalarach a thig air an tìr *ab illo riuuolo qui dicitur Ailbine usque ad uadum Clid* (on t-sruth ris an canar *Ailbhine* gu *Àth Cliath*); Anderson 1991, 98–99.

47 Is ionann Tailne agus *Tailtiu*, an cruth gnàthaichte san t-Sean Ghàidhlig (Gray 1982, 127). Gheibhear cunntas aig Catherine Swift (1999, 109–20) air ‘Óenach Tailten’, aonach (no feill) a bha na fhèist mhòr fad nan ceudan de bhliadhnaichean, sa bhaile bheag seo eadar An Uaimh agus An Ceanannas Mòr, Siorrachd na Midhe.

oir rinn Tuath Dè rìgh den Lugh sin nuair a chaidh Nuadha a mharbhadh. An t-àite an deach fuighleach na fèiste a chur, rinn e cnoc mòr dheth, agus b' e a ainm Cnoc na Fèiste Mòire no Fuighleach na Fèiste Mòire, 's e sin Tailne an-diugh.

48. 'Do dh'iongnaidhean Nia Teathrach, 's e sin Forghall Monach: bu nia esan do Theathra, rìgh nam Famairean, .i. mac a pheathar, oir 's ionann "nia" agus mac peathar; agus theirear "nia" ri treun-fhear cuideachd.

49. 'An sloinneadh, thuirt mi riut<sup>48</sup>, tha dà uisge ann an Crìch Rois, Conchobhar an t-ainm aig fear dhiubh, Do-fholt (.i. maol) ainm an fhir eile. Agus thèid Conchobhar a-steach ann an Do-fholt, gum measgaich e ris gun iad a bhith nan aon sruth. Agus is mise nia an fhir sin, Conchobhar,' ars esan, 'i. is mise mac Dheichtire, piuthar Chonchobhair. Air neo is mise nia, no treun-fhear, Chonchobhair.

50. 'Ann an Ros Bhodhbha, .i. na Mòr-rìghne<sup>49</sup>, oir 's e an ros aicese Crìoch Rois, agus 's i cuideachd a' Bhodhbh catha, agus 's ann rithese a theirear Bè Nèid, ban-dia a' chatha, oir is ionann Nèid agus dia a' chatha.

51. 'An t-ainm a chaidh a thoirt orm, gur mi Gaisgeach na Plàighe a thig air Coin<sup>50</sup>, is fìor sin, oir 's i a' phlàigh a thig air coin gairge a' chuthaich. Tha mi nam ghaisgeach, .i. fear a chleachdas gu làidir a' phlàigh sin, .i. bidh mi air chuthach agus garg ann an cathan agus ann an spàirnean.

52. 'Nuair a thuirt mi "Caoin am magh-sa, Magh Ealchainean (*Mag Al-chuing*)", cha b' e Magh Bhreagh a bha mi a' moladh an sin ach dealbh na h-ìghne. Oir b' e cuing a dà chich a chunnaic mi tro bhroilleach a lèine, agus 's ann ri sin, ri broilleach na h-ìghne, a thuirt mi Magh Ealchainean.

53. 'Nuair a thuirt ise "Cha do dhlùthaich neach ris a' mhagh-sa nach gearr sloinneadh airgid", sin *ceud*, "airgead", ann am Beurla nam Fileadh<sup>51</sup>. 'S e am mìneachadh a tha seo nach ruiginn-sa an nighean a thoirt air teicheadh leam gum marbhainn ceud fhear air gach àth o Ailbhine gu Bòann, agus nam measg Sgeinnmheann Monach<sup>52</sup>, piuthar athar dhìse, a dh'atharraicheadh i fhèin ann an riochd sam bith an sin gus mo charbad-sa a mhilleadh agus mo bhàs a thoirt gu buil,' arsa Cù Chulainn.

54. 'Am bòcan grànda, thuirt ise: cha tigeadh ise leamsa gun toirinn-sa leum

48 'S e seo an sloinneadh a thug e air fhèin aig crìoch §27, 'mac peathar duine a thèid ann an neach eile ann an Ros Bhodhbha'. Tha Crìoch Rois ann an Siorrachd Mhuineachain an-diugh.

49 Faic n. 32, shuas.

50 Aig crìoch §27.

51 Seòrsa de ghoileam de Ghàidhlig dhuilich a chleachdadh na filidhean sna seann sgoiltean aca (DIL).

52 Cf. §86, shìos. Mun cheangal eadar na *Monaig*, Forghall Monach, na *Menapii* am Breatainn agus Fear Manach an Èirinn, faic O'Rahilly 1946, 30–33.

a' bhradain<sup>53</sup> thairis air na trì dùin ga sireadh, oir bidh trìuir bhràithrean dhìse mar fhreiceadan oirre, Iobhar agus Sgiobhar agus Cat, agus naoinear aig gach fear dhiubh; agus gum buailinn beum air gach naoinear den do bhàsaicheadh an t-ochdnar, agus nach buaileadh beum dhiubh duine de a bràithrean-se; agus gum beirinn-sa às ise agus a cuid cho-altan agus an cudrom de dh'òr agus de dh'airgead o dhùnadh Fhorghaill.

55. 'Am Bioran Suain mhic Roisgmhìlg, thuirt ise, 's ionann sin agus gum bithinn-sa gun chadal o Shamhain, .i. *samb-fhuin*, .i. deireadh an t-samhraidh. Oir buinidh e do roinn a bhiodh air a' bhliadhna o chionn fhada, an samhradh o Bhealltainn gu Samhain agus an geamhradh o Shamhain gu Bealltainn. Air neo *samb-fhuin*, .i. samh suaine, .i. 's ann an sin a thachras samh suaine, .i. samh-shuain.

'Gu Iomolg, .i. toiseach an earraich, .i. uime a fhailc, sin failc an earraich agus failc a' gheamhraidh. Air neo *aoi-mhealg*, .i. *aoi* sa bhàrdachd ainm na caorach. 'S ann dhethsan a chanar *aoi-bha*, mar a chanar *con-bha*, *each-bha*, *duineabha*, mar gur e ainm do bhàs a tha ann am *ba*. Aoi-mhealg, gu dearbh, 's i an aimsir a thig bainne caorach agus a thèid caoraich a bhleoghan: 's ann dhethsan a tha othaisg, .i. aoi sheasg, caora sheasg.

'Gu Bealltainn, .i. *bil-tine*, teine soirbheachail<sup>54</sup>, .i. dà theine a dhèanadh draoidhean le orthannan mòra, agus leigeadh iad an crodh eatarra an aodann phlàighean a h-uile bliadhna<sup>55</sup>. Air neo *gu bel-dìne*, .i. 's e Bel ainm dè iodhalaich; 's ann a chuirte àl (*dìne*) a' chruidh uile fo sheilbheachadh Bheil. *Beil-dìne*, mathà, Bealltainn.

'Gu Bròn Troghain, .i. Lùnastal, toiseach foghair; 's ann a bhios *troghan* (.i. talamh) a' dèanamh bròin fo thoraidhean. 'S e ainm do thalamh a tha ann an *troghan*.'

56. Chaidh Cù Chulainn air adhart air a thuras agus chaidil e ann an Eamhain Mhacha an oidhche sin. Agus dh'innis an nigheanan do na h-uachdarain mun òglach a thàinig na charbad iongantach, agus mun cho-agallamh a bha eadar e fhèin agus Eimhear agus nach do thuig iadsan dè an t-iomradh a bha dol eatarra, agus mar a thionndaidh e fhèin gu tuath thar Mhagh Bhreagh uapa. Dh'innis na h-uachdarain sin do dh'Fhorghall Monach, agus gach rud a thuirt an nighean ris. 'Is fìor sin,' arsa Forghall Monach; 'b' e an

53 *éó erred* (agus ann an §15 cuideachd), a chiallaicheas gu litireil 'bradan gaisgich', ach is lèir gur e euchd laoich a bha ann.

54 Is coltach gun robh facal *bil* san t-Sean Ghàidhlig, 'math, soirbheachail' (DIL, 2 *bil*).

55 Tha fianais gu leòr san t-seann litreachas gun robh an cleachdadh seo gu fìor aig na draoidhean, crodh a ghreasadh eadar dà theine: tha cunntas air seo san t-seann 'fhaclair' *Sanas Cormaic* (fon fhacal *Beltaine*): Meyer 1994, 12, §122.

Riastranach<sup>56</sup> o Eamhain Mhacha a thàinig ann a chur agallamh air Eimhir agus thug an nighean gaol dhàsan, agus sin am fàth gun do dh'agallaich e gach duine eile dhiubh. Na biodh e na chobhair dhaibhsan,' ars esan. 'Nì mise toirmeasg gus nach soirbhich leotha an nì as miann leotha.'

57. Thàinig Forghall Monach, mar sin, do dh'Eamhain Mhacha ann an Gall-trusgan, mar gum b' e teachdairean rìgh Ghall a bh' annta air tighinn a bhruidhinn ri Conchobhar, le tabhartas dha de dh'ulaidhean òir Fhionn-Ghall<sup>57</sup> agus gach mathas eile. Bha triùir dhiubh ann. Thugadh fàilte mhòr dha. Agus nuair a bha e nan cuideachd air an treas latha, chaidh Cù Chulainn agus Conall agus gaisgich eile Uladh a mholadh na fhianais. Thuirt esan gun robh e fìor, gum b' iongantach mar a dh'obraicheadh na gaisgich, ach a-mhàin, ge-tà, nan coinnicheadh Cù Chulainn ri Dòmhnall Mildeamhail air na h-Ailpean gum b' iongantaiche a chuid chleasan dheth, agus nan coinnicheadh e ri Sgàthaich a dh'fhoghlam a' mhillidh gun toireadh e bàrr air curaidhean na h-Eòrpa uile. Ach 's e a' chùis gun do thilg e am meud sin air Cù Chulainn, gus nach tilleadh e a-rithist, oir shaoil leis, nam biodh Cù Chulainn an càirdeas ris, gum b' ann troimhe a bhàsaicheadh e de nàimhdeas agus gairge an laoch ud, agus mar sin 's ann leis-san a bhiodh a' bhuaidh.

58. Dh'aontaich Cù Chulainn sin a dhèanamh agus naisg Forghall air barantais fom biodh iad san àm sin. Dh'fhalbh Forghall an uair sin, oir bha e air an nì a bu mhiann leis a leagail air Cù Chulainn. Chaidh Forghall dhachaigh, agus dh'èirich na laoch làrna-mhàireach agus chuir iad romhpa dol an sàs anns na gnìomhan a gheall iad. Chaidh Cù Chulainn ann agus Laoghaire Buadhach agus Conchobhar, agus tha cuid ag ràdh gun deach Conall Ceàrnach cuide riutha.

59. 'S ann a chaidh Cù Chulainn an uair sin thar Bhreagha a thadhail air an nighinn. Bhruidhinn e ri Eimhir mus tàinig na naoinearan<sup>58</sup>. Dh'innis an nighean dha gum b' e Forghall a chuir an t-iarrtas air ann an Eamhain, dol a dh'fhoghlam na gaisgeachd, air chor 's nach tigeadh Eimhear agus esan còmhla. Agus thuirt ise ris a bhith air a fhaicill, oir bhiodh e a' milleadh Chù Chulainn gach rathad a choinnicheadh e ris. Gheall gach neach dhiubh dha chèile a' gheanmnachd aca a chumail, mana bàsaicheadh neach dhiubh tràth, gus an coinnicheadh iad a-rithist. Thug gach neach dhiubh soraidh dha chèile agus thionndaidh iad chun nan Ailpean.

56 Ainm a thig on *riastradh*, a' bhoile gharg a thigeadh air Cù Chulainn aig amannan, faic §68 shìos.

57 Gheibhear na beachdan as ùire air na *Dubhghaill* agus na *Fionnghaill*, cò bha annta, aig Clare Downham (2011, 185–201).

58 *ria techt ina noí*. Is math dh'fhaodte gur e seo naoinearan §54, a bheireadh dìon do dh'Eimhir (ged as e *nónbar* am facal ann an §54).

60. Nuair a ràinig iad Dòmhnall, dh'ionnsaich e an dara cleas: air lic anns an robh toll beag, agus balg-sèididh a' sèideadh fòidhpe; leumadh iad oirre gus nach bu dubh no glas buinn an casan. An cleas eile air sleigh a dh'ireadh iad, gun leumadh iad air a rinn ('Nasgadh Gaisgich air Rinnean Shleaghan') gun fhuil a chall om buinn. Thug nighean Dhòmhnail, Dòrnoll a h-ainm (*olldornae* 'air an robh dùirn mhòra'), an uair sin gaol do Chù Chulainn. B' fhìor ghrànda a dealbh. Bha na glùinean aice mòr, na sàilean aice roimhpe, na troighean na dèidh. Sùilean dubh-liatha mòra na ceann. A gnùis cho dubh ri gual. Bathais smachdail oirre. Falt fìor gharbh fìor ruadh na bannan mu ceann. Dhiùlt Cù Chulainn co-leabachas leatha. Ach gheall ise a làn-dìoghaltas a dhèanamh air. Thuirt Dòmhnall nach biodh coileanadh air oilean Chù Chulainn gun ruigeadh e Sgàthach, a bha air taobh an ear nan Ailpean<sup>59</sup>. Agus chaidh iad nan ceathrar, Cù Chulainn agus Conchobhar rìgh Uladh agus Conall Cèarnach agus Laoghaire Buadhach, thar nan Ailpean. 'S ann a chaidh Eamhain Mhacha a thaisbeanadh dhaibh fa chomhair an sùl, agus cha b' urrainn do Chonchobhar agus Conall agus Laoghaire dol seachad air sin. B' i nighean Dhòmhnail a thug am fradharc sin, gus Cù Chulainn a sgaradh ri a mhuinntir gu a mhilleadh.

61. 'S e a chanas sgrìobhainnean eile gum b' e Forghall Monach a thug am fradharc dhaibh gus an tionndadh, gus nach coileanadh Cù Chulainn na gheall e dha ann an Eamhain, ag iarraidh a thionndadh gus am biodh e nàraichte; agus cuideachd, nan tachradh dha dol an ear a dh'fhoghlam a' mhillidh (gaisgeachd àbhaisteach agus neo-àbhaisteach), gum bu choltaiche a bhàs de bhith na aonar.

62. Dh'fhalbh Cù Chulainn uapa gu saor-thoileach air rathad neo-chinnteach neo-aithnichte, oir bha faileasan ann an cumhachd na h-ìghne agus rinneadh cron air gu a sgaradh ri mhuinntir. Agus nuair a bha Cù Chulainn a' dol thar nan Ailpean, bu bhrònach claidhte e de dhìth nan companach aige, agus cha robh fhios aige càite an rachadh e a dh'iarraidh Sgàthaiche; oir

59 Ged a tha Cù Chulainn an-dràsta 'a' dol thar nan *Ailpean*' (§62, agus cf. §§57, 59), tha seachas eile ann gur ann an *Albainn* a bha e, faic Thurneysen 1921, 388, n. 1; Edel 1980, 117. Dh'fhaodte gur e *Alba* a bha ann an toiseach (Chadwick 1935, 112, n. 1); san dàn ann an §79, shìos, tha Aoife agus Uathach gan ainmeachadh faisg air 'Albannaich', agus ann an §80 tha Cù Chulainn ann an Innse Gall. Ach tha sgoilearan ann a chreideas gur iad na h-Ailpean ciad shuidheachadh an t-seachais seo. Ann an *Sgeulachd Chonchobhair* (Stokes 1910, 30, srr. 7-8) dh'ionnsaich Cù Chulainn a chuid chleasan 'o Sgàthaich Buanann nighean Àirdgheime ann an Leatha' (.i. A' Bhreatainn Bheag).

Tha Dùn Sgàthaich ri fhaicinn fhathast faisg air Tarsgabhaig ann an Slèite, agus cunntas air ann am Miket 1990, 49-54. Ann an co-chruinneachadh òran a' Ghilliosaich (Gillies 1786, 24) chan eil amharas idir ann ach gur ann an Dùn Sgàthaich san Eilean Sgitheanach a dh'fhàg Cù Chulainn 'a bhean' Aoife.

bha esan air a ghealladh dha chompanaich nach tionndaidheadh e a-rithist do dh'Eamhain gun ruigeadh e Sgàthach no gum faigeadh e bàs. Stad e dheth sin nuair a mhothaich e a aineolas agus a sheachran.

63. Nuair a bha e an sin chunnaic e biast mhòr uabhasach mar leòmhan<sup>60</sup> a' tighinn thuige. Bha e a' feitheamh rithe agus cha do rinn i dochann sam bith air, ach gach rathad a dheigheadh e thigeadh a' bhiast mu a choinneimh agus bheireadh i a taobh ris<sup>61</sup> fhathast. Thug e leum an uair sin gun robh e air a muin. Cha robh esan na sheise dhith, ach dheigheadh i rathad sam bith a thogradh i fhèin. Bha iad a' dol ceithir latha fon chruth sin gun do thachair iad ri crìch far an robh luchd-àiteachaidh agus eilean anns an robh a' mhacraidh agus iad ag iomain lochain<sup>62</sup>; rinn iad gàire an sin, cho annasach leotha 's a bha a' bhiast mhillteach ud a bhith fo smachd aig duine. Leum Cù Chulainn a-nuas dhith an uair sin, dhealaich a' bhiast ris agus bheannaich esan dhi.

64. Dh'fhalbh e an uair sin agus thachair e air taigh mòr ann an gleann mòr, agus fhuair e nighean chaomh-chruthach a-staigh ann. Labhair an nighean ris agus chuir i fàilte air. 'Fàilte air do thighinn, a Chù Chulainn,' ars ise. Dh'fhaighnich esan ciamar a bha i ga aithneachadh. Thuirt ise gum bu chòltan carthannach an dithis aca fo Uilbheagan Saxa, 'nuair a bha mise agus tusa a' foghlam binneis leis', ars ise. Thug an nighean biadh agus deoch dha, agus thionndaidh e uaipe an uair sin.

65. Choinnich e ri òglach iongantach eile, agus thug esan an aon fhàilte dha. Rinn iad malairt aithisgean. Bha Cù Chulainn ag iarraidh treòrachaidh uaithe do dhùn Sgàthaiche. Chomharraich an t-òglach iùl thar a' mhaigh dhòmhaile a bha mu choinneimh. Air taobh seo a' mhaigh, reothadh daoine ann, leanadh na casan aca ris an talamh; san taobh eile chaidh an togail air an fheur gun deach an cumail air rinn an fhèid. Thug an t-òglach roth dha, agus thuirt e ris ruith mar an roth sin thar leth a' mhaigh gus nach reothadh e. Agus thug e ubhal dha, agus thuirt e ris leantainn ris an làr mar a leanadh an t-ubhal, agus gum b' ann san dòigh sin a ruigeadh e thar a' mhaigh ud. Dh'fhalbh e air an dòigh sin thar a' mhaigh a fhuair e an uair sin mu choinneimh. Thuirt an t-òglach ris cuideachd gun robh gleann mòr air a bheulaibh agus aon teud<sup>63</sup> caol thairis air, agus e làn thannasg a chuir Forghall dha mhilleadh-san, agus

60 B' e beachd Carney (240) gur ionann a' bhiast seo agus an dràgon a tha ann an sgeulachd *Tristan agus Isolde*.

61 *dobeted a sliss fris*. Is ionann *slios* agus *taobh*, ach san t-Sean Ghàidhlig chiallaicheadh *do-beir tàeb fris* 'cuiridh earbsa ann' (DIL *tàeb*, §III).

62 Mas e seòrsa de chamanachd a bha san '*immàin lochàin*' (LS), chan eil fios (fhathast) aig na sgoilearan dè gu dìreach an cluich a bha ann. Cf. *lúthán* 'little feat or exploit' (DIL).

63 *óentéit cóel tairis*. Ach faic DIL 3 *tét* 'slighe', facal ainneamh san litreachas; agus cf. *seud* aig Armstrong agus aig Dwelly; tha an *tét* seo ann an §75–76 cuideachd. Agus cuimhnich cuideachd air an 'teud-chleas' an §78.

gum b' e sin an rathad gu taigh Sgàthaiche thar àird clachaich oillteil an siud.

66. Bheannaich an dithis dhiubh dha chèile an uair sin, Cù Chulainn agus an t-òglach. 'S e Eocha Bairche a bha annsan agus 's e a theagaisg dha ciamar a sheasadh e a urram an taigh Sgàthaiche. Dh'fhàisnich an t-òglach ceudna dha na ghiùlaineadh e de spàirnean agus de dhuilgheadasan air Tàin Bò Cuailnge, agus dh'innis e dha na dhèanadh e de dh'olcaibh agus de dh'euchdan agus de bhuidhean air fir na h-Èireann.

67. Chaidh Cù Chulainn air an t-slighe sin thar a' mhaigh dhòmhail agus thairis air a' ghleann ghàbhaidh mar a dh'ionnsaich an t-òglach dha. 'S ann a ghabh Cù Chulainn an ceum a-steach dhan lios far an robh daltaichean Sgàthaiche. Dh'fhaighnich e càite an robh i.

'Anns an eilean ud,' ars iadsan.

'Dè an rathad a thiginn thuice?' ars esan.

'Do dhrochaid nan daltaichean,' ars iadsan, 'agus cha ruig neach i sin gus an crìochnaich e gaisge.'

'S ann mar seo a bha an drochaid sin, dà cheann ìosal aice agus meadhan àrd, agus nuair a shaltaireadh neach air a cheann thogte an ceann eile air agus leagte gu làr e. Ach 's e beachd ùghdarrasan eile gun robh dream de laoich na h-Èireann san dùn seo a' foghlam chleasan le Sgàthaich, Fear Diadh mac Damhain agus Naoise mac Uisnich agus Loch Mòr mac Eaghambais agus Fiamhain mac Fora, agus dream eile gun àireamh. Ach sa chunntas a tha seo, ge-tà, cha mheasar iad a bhith ann an uair sin.

68. Chaidh Cù Chulainn an-àirde trì uairean a' tighinn dhan drochaid, agus cha b' urrainn dha. Rinn na fir a chàineadh. Chaidh a riasradh<sup>64</sup> an uair sin agus shaltair e air ceann na drochaide, agus rinn e leum a' bhradain gun robh e air a meadhan, gus nach b' urrainn dhan drochaid an ceann eile a thogail nuair a ràinig esan i: chaidh e seachad oirre agus bha e air làr san eilean. Chaidh e dhan dùn agus bhual e an còmhladh le rinn a shleagha gun deach e troimhe. Theirear sin ri Sgàthaich.

'Ceart,' ars ise, 'sin neach a chrìochnaich gaisge ann an ionad eile.'

Agus chuir i a nighean uaipe a dh'fhaighinn fios cò an gille. Chaidh Uathach nighean Sgàthaiche na choinneimh. Sheall i air agus cha do labhair i ris, a chionn a' mhèinn a las an dealbh òirdheirc innte, gus an d' fhuair i a sàth de choimhead air a' ghille. Dh'fhàg i e, ge-tà, agus thàinig i far an robh a màthair, agus mhol i dha màthair am fear a chunnaic i.

'Chòrd am fear riut a chì mi nad chuideachd, ma-thà,' ars a màthair.

'Is fìor sin,' ars an nighean.

64 'The act of distorting; a distortion' a' Bheurla a tha aig DIL air *riastrad*, an rud a thachradh do Chù Chulainn nuair a thigeadh breisleach no fearg air: tha 40 sreath de thuairisgeul air an *riastradh* san t-seann sgeulachd *Aided Con Culainn* (Van Hamel 1956, 102-04, §34).



‘Thoir do mo leabaidh e, ma-thà,’ ars ise, ‘agus dèan cadal leis, mas e a tha thu ag iarraidh.’

‘Cha leisg leam sin gu dearbh,’ ars ise, ‘ma tha e a’ còrdadh ri a mhiann fhèin.’

69. Rinn an nighean an uair sin freastal air le uisge agus biadh, agus i a’ feitheamh ris le ceòl. Thug i fàilte dha an cruth seirbheisich, a ghabhail neart às. Ghoirtich Cù Chulainn i agus bhris e a meur. Dh’èigh an nighean. Ràinig sin an sluagh uile, gun do dh’èirich luchd an dùin. Agus dh’èirich an treun-fhear aca, Cochair Cruibhne, cath-mhìl Sgàthaiche. Rinn esan agus Cù Chulainn còmhrag agus thug iad sabaid car fada. Chuir an treun-fhear a chuid chleasan gaisge gu feum agus dhèilig Cù Chulainn riutha mar gum biodh e cleachdte riutha fad a bheatha: nì e sabaid ris an treun-fhear agus gearraidh e a cheann dheth. Bha Sgàthach na bhean bhrònach uime sin, gun tuirt Cù Chulainn rithe gun gabhadh e fhèin modhan agus dleastanasan an fhir a cheannsaich e, gum biodh esan na cheannard sluaigh agus na threun-mhìl dhi na dhèidh. Agus ghèill Uathach an uair sin còmhradh a dhèanamh ri Cù Chulainn.

70. Thug an nighean comhairle do Chù Chulainn air an treas là, nam b’ ann a dhèanamh laochalachd a thàinig e, gun rachadh e gu Sgàthaich far an robh i a’ teagasg an dà mhic aice, Cuar agus Ceat, gun dèanadh e leum a’ bhradain sa phreas mhòr iubhair far an robh ise na sìneadh, agus gun cuireadh e e fhèin eadar an dà chich aice le a chlaidheamh, gun toireadh i dha a thrì miannan: an teagasg aice gun dearmad, rèiteach pòsaidh le tochradh pàighte, agus innse dha na thachradh dha, oir ’s e fàidh a bha innte.

71. Chaidh Cù Chulainn an uair sin far an robh Sgàthach. Chuir e a dhà chois air dà bhòrd a’ chlàibh chlis<sup>65</sup>, agus nochd e a chlaidheamh agus an rinn aig a cridhe, agus thuirt e:

‘Bàs os do chionn,’ ars esan.

‘Do thrì miannan agad uamsa,’ ars ise (.i. do thrì roghainnean sùla), ‘mar a dh’iarr do bheul.’

‘Gabhar ri sin,’ arsa Cù Chulainn.

Chuir e dleastanas oirre an uair sin. ’S e beachd ùghdarrasan eile an seo gun do rug Cù Chulainn Sgàthach dhan tràigh leis, gun do chùplaich e rithe is gun do chaidil e leatha, gur ann an sin a sheinn i seo, a’ fàisneachadh dha gach nì a thachradh dha, gun tuirt i:

‘Fàilte dhut, a chràidh na buadhmhoireachd, ...’ 7c.<sup>66</sup>

Ach cha ghabhar ri sin idir sa chunntas a tha seo.

65 Tha an *cliabh clis* seo aig Sgàthaich ann an sgeulachdan eile, ach chan eilear cinnteach fhathast dè dìreach a bha ann: ‘basgaid de chleasan’ de sheòrsa air choreigin a bha aice, no fiù ’s ‘curach chleasan’ (DIL *cliab*).

66 Seo an dàn fada a tha ann an §79.

72. Chaidil Uathach le Cù Chulainn an uair sin, agus theagaisg Sgàthach dha am milleadh, .i. a' ghaisge. 'S ann san aimsir a bha esan còmhla ri Sgàthaich agus am muinntireas Uathaiche, an nighean aice, a thàinig fear iongantach àraidh a bha ann am Mumhain, Lughaidh mac Naois mhic Alamhaig, an rìgh òirdheirc, companach aig Cù Chulainn agus co-alta dha. Thàinig e on iar agus dà laoch dheug aige de fho-rìghrean na Mumhan, a dhèanamh suirghe air dà nighinn dheug Nia Fear mhic Rosa. Bha iad sin uile air an gealladh do dh'fhir romhpasan. Nuair a chuala Forghall Monach sin chaidh e do Theamhair, agus thuirt e ri Lughaidh gur ann aigesan a bha a' mhaighdeann a b' fheàrr a bha an Èirinn, eadar cruth agus geanmnachd agus obair grèise. Thuirt Lughaidh gun robh e toilichte mu dheidhinn sin. Rinn Forghall an uair sin rèiteach eadar an nighean agus an rìgh, agus eadar dà nighinn dheug an dà uachdarain dheug eile am Breagha agus an dà fho-rìgh dheug a bha còmhla ri Lughaidh.

73. Thàinig an rìgh do dhùn dhan bhanais còmhla ri Forghall. Nuair a chaidh Eimhear a thoirt do Lughaidh, ri a thaobh an sin dhan àite san robh e, rug i air a dhà ghruaidh<sup>67</sup> agus dh'fhàg i air firinn a onaire agus a anma e, agus dh'aidich i dha gum b' ann do Chù Chulainn a thug i gaol, gur ann fo a dhìon a bha i agus gum b' e call onaire a bhiodh ann nan gabhadh i ris-san. Cha do dhùraig Lughaidh cadal le Eimhear air eagal Chù Chulainn, agus thionndaidh e a-rithist dhachaigh.

74. Bha cath a' dol san aimsir sin eadar Sgàthach agus tuathan eile, agus nam measg-san bha a' bhana-phrionnsa Aoife. Thionail an dà thaobh a thoirt a' chatha. Chaidh Cù Chulainn a cheangal ri Sgàthaich agus chaidh deoch suaine a thoirt dha ron chath, gus nach deigheadh e sa chath, gus nach tigeadh cron air ann: 's ann mar dhìonadh a rinneadh sin. Dhùisg Cù Chulainn gu h-ealamh às a' chadal eadar sin agus ceann tacain, oir nam bu leòr do cheithir uairean fichead den deoch suaine do neach eile, bu leòr do dh'aon uair dhàsan e.

75. Chaidh e còmhla ri dà mhac Sgàthaiche a choinneachadh ri triùir mic Iolsuanaich, sin Cuar agus Ceat agus Cruife, triùir mìlidhean Aoife. Lorg e na aonar an triùir dhiubh agus thuit iad leis. Bha dàil a' chatha ann làrna-mhàireach agus thàinig na slòigh gun robh an dà bhuidhinn aghaidh ri aghaidh. Chaidh triùir mic Èis Èinchinne, Cire agus Bire agus Blaigne, triùir eile de mhìlidhean Aoife, agus ghairm iad còmhrag ri dithis mic Sgàthaiche. Chaidh iad sin air teud nan cleas<sup>68</sup>. Leig Sgàthach osna mu dheidhinn sin, oir cha robh fhios aice dè thigeadh às. A bharrachd air sin, bu truagh nach robh an treas mac aice an aghaidh na triùir, agus bha eagal oirre ro Aoife a chionn 's gum b' ise a' bhan-mhìlidh a bu bhuaireasaiche san domhan. Chaidh Cù Chulainn chun na

67 Bha ceangal dlùth, is coltach, eadar an dà ghruaidh agus onair an duine san t-seann litreachas: faic Byrne 1932, 95.

68 Faic n. 63, shuas.

dithis mhac aice agus leum e air an teud, choinnich e ris an triùir agus bhàsaich iad fo a làimh.

76. Ghairm Aoife còmhrag ri Sgàthaich. Chaidh Cù Chulainn an coinneimh Aoife agus dh'fhaighnich e dè an gaol a bu mhotha a bha aice a-riamh. Thuir Sgàthach:

'S e an gaol as motha leatha,' ars ise, 'an dà each aice agus a carbad agus a carbadair.'

Thàinig Cù Chulainn agus Aoife air teud nan cleas agus thug iad còmhrag ann. Bhris Aoife am ball-airm aice ro Chù Chulainn gus nach b' fhaide na dòrn an claidheamh aice. 'S ann a thuir Cù Chulainn:

'Mo chreach,' ars esan, 'thuit carbadair Aoife agus a dà each agus a carbad sìos an gleann, gun do bhàsaich iad uile.'

Dh'amhairc Aoife suas le sin. Thàinig Cù Chulainn thuice le sin agus ghabh e i fo a dà chìch agus thug e thar a ghualainn i mar eallach, gun tàinig Cù Chulainn dha shlòigh fhèin. Bha e airson a pronnadh ris an talamh agus thog e claidheamh rùisgte os a cionn, agus thuir Aoife:

'Anam airson anma, a Chù Chulainn,' ars ise.

'Mo thrì miannan dhòmhsa,' ars esan.

'Bidh iad agad mar a thigeadh iad led anail,' ars ise.

'S iad mo thrì miannan,' ars esan, 'seirbheis do Sgàthaich gun oilbheum oirre am-feast; companas oidhche dhòmhsa air beulaibh do dhùin fhèin; agus gum beireadh tu mac dhomh.'

'Tha mi ag aideachadh sin uile,' ars ise; 'nithear air an dòigh sin e.'

Chaidh Cù Chulainn mar ri Aoife agus chaidil e leatha an oidhche sin. Thuir Aoife an dèidh sin gun robh i torrach agus gur e mac a bheireadh i.

'Cuiridh mise a dh'Èirinn e an ceann seachd bliadhna,' ars ise, 'agus fàg thusa ainm dha.'

Dh'fhàg Cù Chulainn fàinne òir dha, agus dh'iarr e oirre gun tigeadh esan a dh'Èirinn ga shireadh-san nuair a bhiodh am fàinne làn de a mheur. Agus thuir e gum b' e an t-ainm a bheirte dha Connla; agus dh'òrdaich e dhi gun a dhearbha-aithne a innse do dhuine idir, nach cuireadh duine idir o a shlighe e agus nach diùltadh e còmhrag do dhuine idir<sup>69</sup>.

77. Thill Cù Chulainn an uair sin a-rithist gu a mhuinntir fhèin, agus 's ann air an aon rathad a thàinig e, gun do thachair e ri caillich cham-shùilich<sup>70</sup> air an rathad. Thuir ise ris mar òrdugh gun a bhith ma coinneimh air an

69 Seo am bun-stèidh air sgeulachd eile, *Aided Óenfir Aife* (Van Hamel, 11–15; Kinsella 1970, 39–45), far am marbh Cù Chulainn a mhac, Connla.

70 *túathcháech* 'caoch (dall) san t-sùil chlì', dh'fhaodte, ach tha Jacqueline Borsje den bheachd (2002, 24) gur e comharra an uilc a tha ann an duine *túath-chaoch* san litreachas.

rathad. Thuirt esan nach robh àite dhan deigheadh e ach sìos creag mhara a bha fodha. Ghuidh i air an rathad a leigeil dhi. Leig esan an rathad dhi, ach gun do lean na h-òrdagan aige ris an rathad. Nuair a thàinig ise os a chionn bhuail i a òrdag gu a chur on rathad agus sìos a' chreag. Mhothaich esan sin agus thug e leum a' bhradain suas a-rithist agus thug e an ceann den chaillich. B' i sin Èis Èincheann, màthair nan trì curaidhean mu dheireadh a thuit fo a làimh, agus b' ann gu a mhilleadh-san a thàinig i ma choinneimh. Thàinig na slòigh an uair sin còmhla ri Sgàthaich dha crìochan fhèin, agus thugadh bràighdean o Aoife leatha, agus dh'fhan Cù Chulainn fad greis slànachaidh far an robh e.

78. Nuair a chrìochnaich Cù Chulainn làn-fhoghlam na gaisge le Sgàthaich – eadar ubhal-chleas agus tàirnean-chleas agus faobhar-chleas agus faoin-chleas agus cleas nan gathan agus teud-chleas agus corp-chleas agus cleas cait agus leum a' bhradain agus tilgeil nan slat agus leum thar theine agus filleadh laoch chalma agus gath bolg<sup>71</sup> agus buaidh braise agus roth-chleas agus oir-chleas agus cleas air anailean agus caoir èigheachd agus sgread curaidh agus beum fo chomas agus tàth-bheum agus faoidh-bheum agus sreap ri sleagh le sìneadh clèibh air a rinn, agus carbad nan corran agus nasgadh ghaisgeach air rinnean shleaghan – thàinig iarrtas a thighinn dha thìr fhèin agus dh'fhàg e soraidh. Agus dh'innis Sgàthach an uair sin dha na thachradh gum faigheadh e a rùn, agus sheinn i dha le im-fhios a shoillsicheas<sup>72</sup>, gur ann a thuirt i na briathran seo ris:

79. Fàilte, a chràidh na buadmhoireachd,<sup>73</sup>  
 bhuaidhaich chathaich fhuar-chridhich,  
 thig gus am bi furtachd ort!  
 Chan e furtachd gun chabhag,  
 chan e cabhag gun taca(?).  
 Far am bi thu, a laoch aonaraich,  
 romhad a tha am mòr-ghàbhadh.  
 Nad aonar fo eud maireannach  
 sgapaidh tu òglaich Chruachna.

71 Mu na cleasan seo faic cuideachd O'Rahilly 1946, 61; Hennessy 1870–72, 38.15; Carmichael 1971, 80. Tha *Aided Óenfir Aife* ag innse dhuinn mun ghath bolg (*gai bulga*): 'cha do dh'ionnsaich Sgàthach do dhuine riamh a' ghaisge sin ach do Chù Chulainn na aonar' (Van Hamel, 15, §11).

72 Seo *imbas forosnai*, comas fàisneachd a bha aig seann fhilidhean na Gàidhlig (DIL *imbas*; Chadwick 1935, 111–12).

73 Tha leughaidhean eile air an dàn seo, fear de na dàin as sine sa Ghàidhlig, rim faighinn sna làmh-sgrìobhainnean, fon tiotal *Verba Scáthaige* uaireannan (faic Thurneysen 1921, 376–77). Tha deasachadh ùr aig P. L. Henry (1990, 191–207); agus faic cuideachd Carney 1983, 117–18. Beurla ann an Kinsella 1970, 34–37.

Gaisgich leatsa a shàbhailear,  
 leatsa a bhrisear amhaichean.  
 Buailidh do lann cùl-bheuman  
 fuilteach air sruth Sheudanta<sup>74</sup>.  
 Seinnidh an-cèin ruadh-chathan  
 a chlaoidheas cnàmhan le rinnean.  
 Bùird mun cuairt air crodh adharcach.  
 Geallaidh cuaille geur treibhdhìreas,  
 comharra feòla le cath-chleasan.  
 Thèid bà a thogail à Breagh.  
 Geallaidh do thuath bràigh dhut.  
 Trian den chola-deug frasach<sup>75</sup>,  
 coisichidh do chrodh mun rathad.  
 Biodh aon ri sluagh cianalach,  
 dochair, caoineadh deimhinne.  
 Fuadaichidh d' fhuil dearg-ghalaran  
 le sgiathan lionmhor eagacha,  
 buill-airm is mnathan dearg-shùileach.  
 Deargaichidh cath nan urchraichean blàr.  
 Sluigidh fithich earrannan,  
 thar treabhaidh thig feannagan,  
 ruigear clamhan(?) sàr-làidir.  
 Goidear treudan le gairge,  
 Tarraingear crodh do mhòr-bhuidhnean,  
 sluidh iad tòrr fala  
 ro Chù Chulainn gun cholann.  
 Fuilingidh tu creuchd ain-dlighe,  
 marbhaidh tu tòrr thruagh-ghaisgeach,  
 brùthar le brod tighearnan.  
 Bròn air càch mu do sgrios-ruagadh  
 o thaobh Mhagh Mhuirtheimhne,  
 on tig cluiche trom-lotaidh.  
 A dhuine theinntich ri tonn traoghte,  
 ris a' cheannard shàr-ghnìomhach,  
 bheulaich fhuathaich fhuar-chleasaich,  
 falbhaidh ceannard cleasanta.  
 Buaillear laoch le ban-bhuidheann,

74 Seo ainm breithe Chù Chulainn.

75 B' e beachd Thurneyesen (1921, 377) gu bheil am bàrd an seo a' smaoinichadh air an *Tàin* agus an sgrios a rinn Meubh fad cola-deug air tòir tairbh ann an Ulaidh.

geallaidh Meubh sgrios Ailealla.  
 Romhad tha laighe eiridinn,  
 uchd ri fìor neo-thruacantachd.  
 Chì mi, leigidh Finnbeannach  
 ri Donn Cuailnge<sup>76</sup> àrd-bhùireadh.  
 Cuin a thig e, cuin a ruitheas e  
 coille do ghaisge shìor-ghèir-sa?  
 Buailidh e beuman fiar-fhada,  
 Mac ruadh-rinneach àrd-fhiosa.  
 Cam-shlighe mhòr aonarach  
 le laige lochda claoidhidh tu.  
 Èirich, a làn-armaichte  
 eòlach air fios nan iol-chòmhrag,  
 sìnteagach tàineach fòirneartach,  
 do dh'Ulaidh gu treun èifeachdach  
 gus na mnathan aontamha<sup>77</sup>!  
 Do sgiath chneadhach chòmhragach,  
 do shleagh mar thuagh is cas làidir air,  
 do lann chalma a bhios dathte agad  
 an donn-chaoirean dubh-fhala.  
 Ruigidh d' ainm Albannaich,  
 caointeach le gairm geamh-oidhche.  
 Caoinidh Aoife is Uathach thu:  
 Àlann an corp a mhilleas tu gu fathail,  
 lainnireach am breug-riochd a chuireas tu a chadal.  
 Trì bliadhna air treun-trithead  
 biodh neart thar gach nàmhaid agad;  
 fad trithead bliadhna, geallaidh mi,  
 brìgh do ghaisgeachd sìor-ghèire.  
 A bharrachd air sin chan urrainn dhomh:  
 chan innis mi do shaoghal-sa.  
 Eadar buaidhean ban-bhuidhne,  
 ged as goirid a dh'aithnicheas tu,  
 dhutsa bheir mi fàilte.

80. Thàinig Cù Chulainn an uair sin gu a longan a dhol a dh'Èirinn. B'

76 'S iad am Finnbeannach agus an Donn Cuailnge an dà tharbh iongantach ann an *Tàin Bò Cuailnge*, far an robh Cù Chulainn na laoch Ultach, an cogadh an aghaidh Meubh agus a fir cèile, Ailill.

77 Gun a bhith pòsta.

iad seo buidheann aon luinge aige, Lughaidh agus Luan, dà mhac Lòich, agus Fear Baoth agus Làirein agus Fear Diadh agus Drust<sup>78</sup> mac Seirbh. Chaidh iad do thaigh Ruaidh, rìgh nan eilean, oidhche Shamhna. 'S ann a bha Conall Ceàrnach agus Laoghaire Buadhach a' togail an cìse, oir bha cìs à Innse Gall aig na h-Ultaich an uair sin.

81. Chuala Cù Chulainn am bròn ma choinneimh ann an dùn an rìgh.

'Dè an nuall a tha seo?' arsa Cù Chulainn.

'Nighean Ruaidh a tha ga toirt mar chis do na Famhairean,' ars iadsan; 'sin am fàth gu bheil am bròn seo san dùn.'

'Càite a bheil an nighean?' ars esan.

'Tha i san tràigh shìos,' ars iadsan.

Thàinig Cù Chulainn gun robh e mu choinneimh na h-ìghne san tràigh. Dh'iarr Cù Chulainn naidheachd oirre. Dh'innis an nighean an sgeul gu lèir dha.

'Cò às a thig na fir?' ars esan.

'On eilean thall an-cèin,' ars ise: 'na bi thusa an seo an aodann nam mìlidhean.'

Dh'fhan e ann romhpa, ge-tà, agus mharbh e na trì Famhairean le gaisge aon-fhir, ach leòn am fear mu dheireadh dhiubh esan air a dhòid. Chuir an nighean brèid de a h-aodach mu a chreuchd. Thàir e às an uair sin gun innse dhan nighinn cò e.<sup>79</sup>

82. Thàinig an nighean dhan dùn agus dh'innis i dha h-athair an sgeul uile.

Thàinig Cù Chulainn dhan dùn an uair sin mar dhuine de na h-aoghean, agus thug Conall agus Laoghaire fàilte dha. Rinn buidheann san longphort bòst gum b' iad a mharbh na Famhairean, ach cha do chreid an nighean iad. Rinn an rìgh ionnlad an uair sin agus chaidh càch an dèidh a chèile a thoirt thuice. Thàinig Cù Chulainn dìreach mar chàch agus dh'aithnich an nighean e.

'Bheir mi dhut an nighean,' arsa Ruadh, 'agus iocaidh mi fhèin a tochradh.'

'Na h-ìoc,' arsa Cù Chulainn; 'thigeadh i an ceann bliadhna a dh'Èirinn nam dhèidh-sa nam bu toigh leatha, agus gheibh i mise ann.'

83. Thàinig Cù Chulainn do dh'Èamhain an ceann greis agus dh'innis e a naidheachd ann. Nuair a ghabh e fois thàinig e air adhart do longphort Fhorghaill a' sireadh Eimhire. Bha e bliadhna làn ri sin agus cha d' fhuair e cothrom oirre le a liuthad de fhreiceadain. Thàinig ceann na bliadhna.

'S ann an-diugh, ma-thà, a Laoigh,' arsa Cù Chulainn, 'a rinn sinn dàil ri

78 Chunnac sgoilearan àraid (m.e. Carney, 241) ceangal dlùth eadar an *Drust* seo agus *Tristan* san sgeulachd *Tristan agus Isolde*; ach faic, mar eisimpleir, Binchy 1975, xvii. Faic Wadden 2014, 5–9, mu Chonall Ceàrnach a bhith a' togail cìse ann an Innse Gall.

79 Tha Carney (240–41) a' faicinn ceangail eadar a' chuid seo den sgeulachd agus Perseus ann an seann litreachas na Grèige.

nighinn Ruaidh, ach nach robh sinn buileach fiosrach mun ionad, oir cha robh sinn glic. Thig còmhla rinn,’ ars esan, ‘mu chrìochan na tìre.’

84. Nuair a bha iad ri oirthir Loch Cuan<sup>80</sup> chunnaic iad dà eun air a’ mhuir. Chuir Cù Chulainn clach na chrann-tabhaill agus thilg e air na h-eòin i. Ruith na fir thuca an uair sin nuair a chaidh an dara h-eun a bhualadh. Nuair a ràinig iad iad, ’s e bha ann ach an dà bhoireannach a bu chaoimhe a bha san domhan: ’s e bha ann Dearbhforghaill nighean Ruaidh agus a seirbheiseach.

‘S olc an gnìomh a rinn thu, a Chù Chulainn,’ ars ise; ‘s ann dhad ionnsaigh a thàinig sinn, ged a ghuin thu sinn.’

Shùgh Cù Chulainn a’ chlach aiste, le tonn fala uimpe.

‘Cha tig mi nad chompanas am-feast,’ arsa Cù Chulainn, ‘a chionn ’s gun do dh’òl mi d’ fhuil<sup>81</sup>, ach bheir mi do mo dhalta an seo thu, Lughaidh Reò Dearg.’

Agus ’s ann mar sin a rinneadh.

85. Bha Cù Chulainn a’ lorgadh longphort Fhorghaill, agus cha do ràinig e an nighean fhathast a chionn feabhas an fhreiceadain aice. Chaidh e a-rithist do Lughlochdan Logha, do dhùn Fhorghaill, agus dh’uidheamaich esan carbad nan corran an latha sin agus chaidh seòl trom a chur air, tàirnean-chleas trì cheud agus naoineir, agus ’s e sin an treas latha a chaidh carbad nan corran uidheamachadh le Cù Chulainn. ’S ann a chante ‘nan corran’, no *searrdha*, ris o na corrain iarainn a bhiodh mar uidheam às; air neo ’s ann o na *Searrdhan*<sup>82</sup> (Sirianaich) a fhuaras a bhunait an toiseach.

86. Ràinig esan mu dheireadh longphort Fhorghaill agus rinn e leum a’ bhradain thairis air na trì ballachan<sup>83</sup> gun robh e air làr an dùin, agus bhuail e trì beumannan san dùn, gun do thuit ochdnar leis gach beum dhiubh agus leig e fear mu sgaoil am meadhan gach naoineir, Sgiobhar agus Iobhar agus Cat, trì bràithrean Eimhire. Thug Forghall leum a-mach thar bhalla an longphuirt, a’ teicheadh ro Chù Chulainn, gun do thuit e agus dh’fhàgadh gun anam e. Thug Cù Chulainn leis Eimhear agus a co-alta, leis an dà eallach de dh’òr agus airgead, agus thug e leum a-rithist thairis air na trì ballachan còmhla ris an dithis nighean, agus thàinig e air adhart. Dh’èirich èigheachd timcheall orra às gach taobh, agus rug Sgeimheann orra. Mharbh Cù Chulainn e aig an àth

80 Loch mòr mara ann an Siorrachd an Dùin, Strangford Lough sa Bheurla.

81 Seòrsa de chùmhnannt fala a tha seo, agus tha a leithid ann an seann sgeulachdan eile (Hodges 1927, 127–29); faic cuideachd *Marbhadh Chloinne Uisneach* an seo, n. 21. Tha Martin Martin (1703, 109) ag innse dhuinn gum biodh cùmhnanntan den aon seòrsa gan cleachdadh sna h-Eileanan Siar.

82 Ann an sean ghluaisean Mhìlano (c. 800) chaidh *Serdae* a chleachdadh airson ‘Sirianach’ (DIL s.v. *Sireta*). Is ionnan *searr* (*searr*) agus *corran* (Dwelly).

83 Bha comas annasach leuma aig mòran de na laoiich òga sna seann sgeulachdan (faic Ó Riain 1972, 197).



aige, gur ann ris a chanar Àth Sgeimheann<sup>84</sup>. Chaidh iad às an sin gu Glonn-àth, agus mharbh Cù Chulainn ceud fear dhiubh ann.

‘Is mòr an glonn a rinn thu’, ars Eimhear, ‘an ceud fear armaichte coganta a mharbhadh.’

‘Biodh an t-ainm Glonn-àth air gu bràth,’ arsa Cù Chulainn.

87. Ràinig Cù Chulainn Crùfhoid: b’ e Raoi Bhàn a h-ainm an toiseach gu ruige sin. Bhuail esan bràth-bheumannan mòra air na slòigh san ionad sin, gun do bhrùchd na sruthan fala tharta air gach taobh.

‘S e fòid crù (.i. fòid fala) a tha san tulach seo agad an-diugh, a Chù Chulainn,’ ars an nighean, gur ann dheth sin a chanar Crùfhoid rithe, .i. fòid crù.

Rug muinntir na tòrach orra aig Àth Iomfhuaid an cois Bhòinne. Chaidh Eimhear a-mach às a’ charbad. Chuir Cù Chulainn ruaig air an tòir, gun leumadh na fòidean o chruidhean nan each thairis air àth gu tuath. Chuir e ruaig eile gu tuath gun leumadh na fòidean o chruidhean nan each air àth gu deas. Gur ann dheth sin a ghoirear ris Àth Iomfhuaid, o na fòidean a-null ’s a-nall.

88. Co-dhiù, mharbh Cù Chulainn ceud air gach àth o Àth Sgeimheann air Ailbhine gu Bòinn Bhreagh agus choilean e na gnìomhan uile a dh’fhàisnich e dhan nighinn, agus thàinig e slàn an uair sin do dh’Eamhain Mhacha ri duibhre na h-oidhche sin. Chaidh Eimhear a thoirt a-steach sa Chraobh-ruaidh a dh’ionnsaigh Chonchobhair agus uaislean eile Uladh, agus thug iad fàilte dhi. Bha fear dùr droch-theangach de na h-Ultaich a-staigh ann, Bricre mac Carbhadh<sup>85</sup>, agus ’s ann a thuirt esan:

‘Is duilich le Cù Chulainn, ge-tà,’ ars esan, ‘an nì a thachras a-nochd ann, ’s e sin a’ bhean a thug e leis a dhol a chadal le Conchobhar a-nochd, oir ’s ann leis-san a tha èigneachadh chiad-nigheanan ro na h-Ultaich an-còmhnaidh<sup>86</sup>.’

Dh’fheargaich Cù Chulainn sa bhad air dha sin a chluinntinn, agus chrath e e fhèin gun do bhris e an uirigh a bha fodha, gun robh clòimh na h-uirigh ag itealaich mun taigh mun cuairt, agus le sin chaidh e a-mach.

89. ‘Tha duilgheadas mòr ann,’ arsa Cathbhadh, ‘ach is geas dhan rìgh gun na thuirt Bricre a dhèanamh dha; ge-tà, marbhaidh Cù Chulainn an duine a chaidleas le a mhnaoi,’ ars esan.

84 Faic §53.

85 Ann an seann sgeulachdan eile, a leithid *Fled Bricrenn* (Dillon 1968, caib. V), bidh Bricre a’ togail buaireis am measg nan Ultach.

86 Tha iomradh air a’ gheis seo cuideachd san t-seann *Sgeula Chonchobhair mhic Neasa* (Stokes 1910, 24, §9; agus cf. d. 19), agus ann an eachdraidh Chlann Dòmhnail (Macphail 1916, 149 n.): tha a’ gheas coltach ris an *Jus Primae Noctis* ann an Albainn agus ann an tradaiseanan Eòrpach eile (McKechnie 1930, 303–11).

‘Goirear Cù Chulainn thugainn,’ arsa Conchobhar, ‘feuch am b’ urrainn dhuinn a dhìoghras a shèimheachadh.’

Agus thàinig Cù Chulainn.

‘Theirig air mo shon,’ arsa Conchobhar, ‘agus thoir leat treudan a tha ann an Sliabh Fuaid.’

Dh’fhalbh Cù Chulainn. Chruinnich e na fhuair e de mhucan agus de dh’aighean allaidh agus den a h-uile seòrsa eile de bheathaichean sgiathach ann an Sliabh Fuaid, agus thug e ann an aon iomain leis iad gu faiche na h-Eamhna. Agus chaidh fearg Chù Chulainn a lùghdachadh le sin.

90. Rinn na h-Ultaich deasbad mun chùis a bha sin. ‘S i a’ chomhairle a ràinig iad gun caidleadh Eimhear le Conchobhar an oidhche sin, agus Fearghas agus Cathbhadh san aon leabaidh leotha gus onair Chù Chulainn a dhìon, agus gun gabhte ri beannachd nan Ultach air a’ chàraid. Ghabh e ri sin agus is amhlaidh a rinneadh. Dh’ìoc Conchobhar tochradh Eimhire an làrna-mhàireach agus chaidh luach a onaire a thoirt do Chù Chulainn, agus chaidil e an uair sin le a bhean-chèile agus cha do sgar iad an dèidh sin gun d’ fhuair an dithis aca bàs.

91. Chaidh ceannas macraidh Uladh a bhuileachadh air Cù Chulainn an uair sin. ‘S iad seo a’ mhacraidh a bha ann an Eamhain aig an àm sin, a thuirt am filidh man deidhinn, agus e a’ toirt an ainmean am follais:

92. Macraidh Eamhna, àilleachd sluaigh  
nuair a bha iad sa Chraobh-ruaidh  
còmhla ri Furbaidhe, fionn an t-slat,  
ri Cusgraidh is ri Cormac.

Còmhla ri Conaing, ri Glaisne glan,  
ri Fiachaidh is ri Fionnchadh,  
ri Cù Chulainn cruadalach geur,  
ri mac buadhach Dheichtine.

Còmhla ri Fiachna, ri Follamhain ann,  
ri Cachd, ri Maine, ri Criomhthann,  
ris na seachd Maine<sup>87</sup> ann an Sliabh a’ Choin,  
ri Breas, ri Nàr, ri Lòthar.

Còmhla ri sia mic Fhearghais ann,  
ri Iolarchleas, ri Iollann,

87 Seachdnar mhac a bha aig Ailill agus Meubh, agus an t-aon ainm *Maine* orra uile (DIL *Maine*).

ri Fiamhain, ri Buinne, ri Brì,  
ri Màl claidhmheach, ri Coinre.

Laoghaire cam, Conall claon,  
agus còmhla ri dà Etiar àrd-chaomh,  
Meas Diadh is Meas Deadhadh caoin,  
clann iongantach Amhairghin<sup>88</sup>.

Conchraidh mac Cais ann an Sliabh Smòil,  
Conchraidh mac Bhàidh Beàrnadh Bròin,  
Conchraidh mac an Deirg mhic Fhinn,  
Conchraidh Suana mac Sàilchinn.

Aodh mac Fhinneirg, èideadh breac,  
Aodh mac Fhiodhaich, guala neirt,  
Aodh mac Conaill a chiorramaicheas cath,  
Aodh mac Dhuinn, Aodh mac Dhuach.

Fearghas mac Leide<sup>89</sup>, tuar soilleir,  
Fearghas mac Dheirg mhic Dàire,  
Fearghas mac Rois<sup>90</sup>, luaidhte ann an rannan,  
Fearghas mac Dhuibh mhic Criumhthainn.

Trì mic Thràighleathain, treun ann an cliù,  
Siodhuadh, Cuirreach is Carman,  
trì mic aig Uisleann nan àgh,  
Naoise, Ainnle agus Àrdan<sup>91</sup>.

Trì Flainn, trì Finn, trì Chuinn ciùil,  
ainmean aig naoi mic Sgiùil,  
trì Faolain, trì Cholla caoin,  
trì mic Nèill, trì mic Shìothghail.

88 Faic §24.

89 Tha an t-seann sgeulachd *Eachdraidh Fhearghasa mhic Leide* air a deasachadh ann an Binchy 1952, 36–39, sgeulachd mu laoch eile a bha ann an Eamhain Mhacha, agus a chaidh a mharbhadh ann an Loch Rudhraighe ann an Siorrachd an Dùin. Faic cuideachd Ó hUiginn 1993, 35–37; Dillon 1968, caib. III.

90 Is ionann Fearghas seo agus *Fearghas mac Roich* no *mac Rosa*, gaisgeach cudromach ann am *Marbhadh Chloinne Uisneach* (agus §23 an seo). Cunntas iomlan air Fearghas san litreachas aig Ruairí Ó hUiginn (1993, 31–40).

91 An triùir laoch san sgeulachd *Marbhadh Chloinne Uisneach*.

Lòn is Iliach, àilleachd fir,  
co-altan Chormaic fhoirfe,  
trì Donnghais mic mhic Rosa  
trì Dùnghais, trì Daolghasan.

Aos dàna do Chormac ciùil  
naoi mic Lir mhic Eidirsgiùil;  
na trì chuisleanaich aca, gnìomh caomh,  
Fionn, Eochaidh agus Iollann.

Na còrnairean aca an uair sin,  
còmhla ri dà Aodh agus Finghin,  
na trì draoidhean aca a dhèanadh aoir gheur,  
Athairne is Dreach is Droibheul.

An triùir luchd-freastail cliùiteach aca  
Fionn, Earuath is Faitheamhain,  
trì oghachan Chleidich, coileanadh lèir,  
Uath, Uradh is Aislinge.

Aodh, Eochaidh òirdheirc Eamhna,  
dà mhac àlainn Iolghabhla,  
mac Bhricreann<sup>92</sup> a bhuilcheadh bà  
òirdheirc aig macraidh Eamhna. M.

92 'S dòcha gur e seo an t-aon *Bhricre mac Carbhadh* a tha ann an §88.



## CLÀR NAN LEABHRAICHEAN

- Anderson, A. agus O., 1991, *Adomnán's Life of Columba* (Oxford).
- Baudiš, Josef, 1923, 'On *Tochmarc Emeré*', *Ériu* 9, 98–108.
- Binchy, D. A., 1952, 'The saga of Fergus mac Léti', *Ériu* 16, 33–48.
- Binchy, D. A., 1963 agus 1975, *Scéla Cano meic Gartnáin* (Medieval and Modern Irish Series, Leabh. XVIII, Dublin).
- Borsje, Jacqueline, 2002, 'The meaning of *túathcháech* in early Irish texts', *Cambrian Medieval Celtic Studies* 43, 1–24.
- Breatnach, Caoimhín, 1994, 'Oidheadh Chloinne Uisnigh', *Ériu* 45, 99–112.
- Breeze, Andrew, 2008, 'Scéla Cano Meic Gartnáin, Fiachna son of Báitán, and Bamburgh', *Scottish Gaelic Studies* XXIV, 87–95.
- Bromwich, Rachel, 1966, 'Scéla Cano Meic Gartnáin', léirmheas air Binchy 1963, *Studia Celtica* 1, 152–55.
- Byrne, Mary E., 1932, 'Note on a gloss of O'Davoren', *Ériu* 11, 94–96.
- Campbell, J. F., 1872, *Leabhar na Feinne* (London: Spottiswoode).
- Carey, John, 1984, 'Nodons in Britain and Ireland', *Zeitschrift für celtische Philologie* XL, 1–22.
- Carey, John, 1992, 'A Tuath Dé Miscellany', *Bulletin of the Board of Celtic Studies* 39, 24–45.
- Carmichael, 1971, *Carmina Gadelica* VI (Edinburgh: Scottish Academic Press).
- Carney, James, 1955 agus 1979, *Studies in Irish Literature and History* (Dublin Institute for Advanced Studies), caibideil VI, 'The Irish Affinities of Tristan'.
- Carney, James P., 1983, 'Early Irish literature: the state of research', ann an Gearóid Mac Eoin, deas., *Proceedings of the Sixth International Congress of Celtic Studies, held in University College, Galway, 6–13 July, 1979* (Dublin), 113–130.
- Carsuel, Seon, 1567, *Foirm na n-Urrnuidheadh* (Dún Edin); faic Thomson, R. L., 1970, *Foirm na n-Urrnuidheadh: John Carswell's Gaelic translation of the Book of Common Order* (Edinburgh: Oliver & Boyd airson The Scottish Gaelic Texts Society).
- Chadwick, Nora K., 1935, 'Imbas Forosnai', *Scottish Gaelic Studies* IV.2, 97–135.
- DIL: *Dictionary of the Irish Language and Contributions to a Dictionary of the Irish Language*, deas. E. G. Quin et alii (Dublin: Royal Irish Academy, 1913–76).
- Dillon, Myles, 1968, *Irish Sagas* (Cork: Mercier Press), caibideilean II–V.
- Dinnsheanchas*: faic Gwynn 1906, 1913.
- Dobbs, Margaret E., 1923, 'The History of the Descendants of Ir', *Zeitschrift für celtische Philologie* XIV, 44–144.

- Downham, Clare, 2011, 'Viking identities in Ireland: it's not all black and white', *Medieval Dublin* 11, 185–201.
- Dwelly, Edward, 1988, *The Illustrated Gaelic–English Dictionary* (10mh deas., Glasgow: Gairm Publications; 1d fhoill. 1901–11).
- Edel, Doris, 1980, *Helden auf Freiersfussen: 'Tochmarc Emire' und 'Mal y kavas Kulhwch Olwen'; Studien zur fruhen inselkeltischen Erzähltradition* (Amsterdam: North-Holland).
- Edmonds, Fiona, 2013, 'St Cuthbert, St Columba and Ireland', ann an Nancy R. McGuire agus Colm Ó Baoill, deas., *Rannsachadh na Gàidhlig* 6 (Obar Dheathain), 1–29.
- Foras Feasa ar Éirinn* II: Seathrún Céitinn, *Foras Feasa ar Éirinn* Leabh. II, deas. P. S. Dinneen (London: David Nutt airson The Irish Texts Society).
- Gantz, Jeffrey, 1981, *Early Irish Myths and Sagas* (Penguin Classics).
- Gillies, Eoin, 1786, *Sean dain agus orain Gháidhealach* (Peairt).
- Gray, Elizabeth A., 1982, *Cath Maige Tuired: the Second Battle of Mag Tuired* (Irish Texts Society).
- Gwynn, Edward, 1906, *The Metrical Dindshenchas* II (Dublin).
- Gwynn, Edward, 1913, *The Metrical Dindshenchas* III (Dublin).
- Hamp, E., 1979/80, 'Imbolc, óimelc', *Studia Celtica* 14/15, 106–113.
- Henderson, George, 1911, *Survivals of Belief among the Celts* (Glasgow).
- Hennessy, W. M., agus C. Lottner (èarr-ràdh), 1870–72, 'The ancient Irish goddess of war', *Revue Celtique* 1, 32–55, 55–57, 501.
- Henry, P. L., 1966, 'Varia II: 1. A passage in *Scéla Cano Meic Gartnáin*. 2. Some passages in *Tecosca Moraind*', *Ériu* 20, 222–28.
- Henry, P. L., 1990, 'Verba Scáthaige', *Celtica* 21, 191–207.
- Hodges, J. C., 1927, 'The blood covenant among the Celts', *Revue Celtique* 44, 109–156.
- Kinsella, Thomas, 1970, *The Tain, translated from the Irish epic Tain Bo Cuailnge* (Oxford University Press).
- Mac Airt, Seán, 1956, 'Lexicographical notes', *Celtica* III, 262–71: 2. 'Rig (a river-name)', 262–63.
- Macalister, R. A. Stewart, deas., 1956, *Lebor Gabála Éirenn: The Book of the Taking of Ireland*, Leabh. V (Dublin: The Irish Texts Society).
- Mac Cana, Proinsias, 1988, 'Placenames and Mythology in Irish Tradition: places, pilgrimages and things', *Proceedings of the First North American Congress of Celtic Studies*, deas. Gordon W. MacLennan (University of Ottawa), 319–41.
- Mac Eoin, Gearóid S., 1964, Lèirmheas air D. A. Binchy, *Scéla Cano meic Gartnáin*, *Studia Hibernica* 4, 244–49.
- Mac Eoin, Gearóid, deas., *Proceedings of the Sixth International Congress of Celtic Studies* (Dublin, 1983).

- Mac Giolla Léith, Caoimhín, 1993, *Oidheadh Chloinne hUisneach: the violent death of the children of Uisneach* (London: Cumann na Scríbeann nGaedhilge).
- Mackinnon, Professor, 1905, 'The Glenmasan Manuscript (With Translation) (Continued)', *Celtic Review* 2, 20–33.
- Macphail, J. R. N., 1916, *Highland Papers II* (Edinburgh).
- Martin, M[artin], 1703, *A Description of the Western Islands* (London).
- Mathis, Kate Louise, 2014, 'Mourning the *Maic Uislenn*', *Scottish Gaelic Studies* XXIX, 1–20.
- McKechnie, Hector, 1930, 'Jus Primae Noctis', *Juridical Review* 42, 303–11.
- Meek, D. E., 1998, 'Place-names and Literature', ann an Simon Taylor, deas., *The Uses of Place-names* (Edinburgh), 147–68.
- Meyer, Kuno, 1890, 'The oldest version of *Tochmarc Emire*', *Revue Celtique* XI, 433–57.
- Meyer, Kuno, deas., 1994, *Sanas Cormaic* (Halle, 1913; Felinfach, 1994).
- Miket, Roger, 1990, *The Mediaeval Castles of Skye & Lochalsh* (Portree).
- Nagy, Joseph Falaky, 1984, 'Heroic Destinies in the *Macgnímrada* of Finn and Cú Chulainn', *Zeitschrift für celtische Philologie* XL, 23–39.
- Ó Baoill, Colm, 1976, 'Inis Moccu Chèin', *Scottish Gaelic Studies* XII.2, 267–70.
- Ó Cathasaigh, Tomás, 1983, 'The Theme of *ainmne* in *Scéla Cano Meic Gartnáin*', *Celtica* 15, 78–87.
- Ó Cathasaigh, Tomás, 1989, 'The rhetoric of *Scéla Cano maic Gartnáin*', ann an Donnchadh Ó Corráin et al., deas., *Sages, Saints and Storytellers* (Maynooth: An Sagart), 233–50.
- Ó Coileáin, Seán, 1981, 'Some Problems of Story and History', *Ériu* 32, 116–28.
- Ó Concheanainn, Tomás, 1971, 'Topographical Notes – 1. Cermna in Meath', *Ériu* 22, 87–96.
- Ó Concheanainn, Tomás, 1997, 'Leabhar na hUidhre: further textual associations', *Éigse* 30, 27–91.
- Ó Fiannachta, Pádraig, 1964, '*Scéla Cano Meic Gartnáin*', léirmheas air Binchy 1963, *Éigse* XI.1, 76–79.
- Ó Háinle, Cathal, 2008, 'The "Deirdre Story": Shifting Emphases', *Scottish Gaelic Studies* XXIV, 449–72.
- Ó hUiginn, Ruairí, 1993, 'Fergus, Russ and Rudraige: a brief biography of Fergus mac Róich', *Emania* 11, 31–40.
- Ó Mainnín, M., 2009, '“Co mBeith a Ainm Asa”: The Eponymous Macha in the Place-Names Mag Macha, Emain Macha and Óenach Macha', *Ulidia* 2:



- proceedings of the Second International Conference on the Ulster Cycle of Tales, National University of Ireland, Maynooth, 2005*, deas. R. Ó hUiginn agus B. Ó Catháin (Maigh Nuad: An Sagart), 195–207.
- Ó Mainnín, Mícheál B., 2010, 'Narrative construction and toponymic exploitation: Ard Macha and related names in medieval Irish texts', *Aiste* 3, 2010, 1–19.
- Ó Riain, Pádraig, 1972, 'A study of the Irish legend of the wild man', *Éigse* 14/3, 179–206.
- O'Leary, Philip, 1984, 'Contention at feasts in early Irish literature', *Éigse* 20, 115–27.
- O'Rahilly, Thomas F., 1946 agus 1957, *Early Irish History and Mythology* (Dublin: The Dublin Institute for Advanced Studies).
- Partridge, Angela, 1980, 'Wild men and wailing women', *Éigse* 18, 25–37.
- Sayers, William, 1991–92, 'Concepts of eloquence in "Tochmarc Emire"', *Studia Celtica* 26/27, 125–54.
- Spaan, David, 1965, 'The Place of Manannan Mac Lir in Irish Mythology', *Folklore* 76, 176–95.
- Stevenson, David, 1980, *Alasdair mac Colla and the Highland Problem* (Edinburgh: John Donald).
- Stewart, Alexander agus Donald, 1804, *Cochruinneacha taoghta de shaothair nam bàrd Gàèleach* (Duneidin).
- Stokes, Whitley, 1894, 'The Prose Tales in the Rennes *Dindsheanchas*', *Revue Celtique* XV, 272–336, 418–484.
- Stokes, Whitley, 1895, 'The Prose Tales in the Rennes *Dindsheanchas*', *Revue Celtique* XVI, 31–83, 135–167, 269–312, 468.
- Stokes, Whitley, 1910, 'Tidings of Conchobar mac Nessa', *Ériu* 4, 18–38.
- Swift, Catherine, 1999, 'Óenach Tailten, the Blackwater valley and the Uí Néill kings of Tara', ann an Alfred P. Smyth, deas., *Seanchas: studies in early and medieval Irish archaeology, history and literature in honour of Francis J. Byrne* (Dublin: Portland), 109–20.
- Thurneysen, R., 1912, 'Zu Tochmarc Emire', *Zeitschrift für Celtische Philologie* VIII, 498–524.
- Thurneysen, Rudolf, 1921, *Die irische Helden- und Königsage* (Halle: Niemeyer), 377–95.
- Toner, Gregory, 1998, 'The transmission of *Tochmarc Emire*', *Ériu* 49, 71–88.
- Van Hamel, A. G., 1933 agus 1956, *Compert Con Culainn and Other Stories* (Medieval and Modern Irish Series, Leabh. III (Dublin)).
- Vendryes, Joseph, 1953–54, 'Manannan mac Lir', *Études Celtiques* 6, 239–54.
- Wadden, Patrick, 2014, 'Cath Ruis na Ríg for Bóinn', *Aiste* 4, 1–34.
- Watson, J. C., 1934 agus 1965, *Gaelic Songs of Mary Macleod* (Edinburgh:

Oliver & Boyd airson The Scottish Gaelic Texts Society).

Watson, William J., 1926, *The History of the Celtic Place-names of Scotland* (Edinburgh & London: William Blackwood & Sons).

Windisch, Ernst, 1897, *Tochmarc Ferbe*, ann an Ernst Windisch agus Whitley Stokes, deas., *Irische Texte mit Wörterbuch*, 4 leabh., Leabh. 3:2 (Leipzig), 445–556.

LSS

Làmh-sgrìobhainn Ghleann Masain = LS Adv. 72.2.3 san Leabharlann Nàiseanta, Dùn Èideann, dd. 1–8.

Leabhar Buidhe Leacain = LS 1318 (*olim* H.2.16), Colaiste na Trianaid, Baile Àtha Cliath, cuilbh 786–794.

LS 1224 (D iv 2) san Royal Irish Academy, Baile Àtha Cliath.

LS M103 ann an Colaiste Phàdraig, Magh Nuadhad.

CLÀR NAN AINMEAN:  
 ÀITE (cli) agus DAOINE (deas)  
*Tillidh àireamhan gu duilleagan*

- Abhainn na Bòinne 57  
     Àdhamh 31  
 Ailbhine 59, 60, 74  
     Amhairghean 51, 76  
     Ailill 21, 71  
 na h-Ailpean 62, 63  
 Ainghe 58  
     Ainnle (Garbh) 21, 25, 26, 32, 34, 35, 36, 37, 38, 40, 76  
 Àird Saileach 28  
     Aislinge 77  
 Alba 3, 7, 13, 14, 16, 21, 22, 24, 25, 27, 32, 37, 38, 59  
     Albannach 4, 5, 23, 71  
 Amrun Fir Dhè 56  
 Ana (gin. Anann) 49, 58  
     Aodh 77  
     Aodhan mac Ghabhrain 3, 4, 7  
     Aodh mac Conaill 76  
     Aodh mac Dhuach 76  
     Aodh mac Dhuinn 76  
     Aodh mac Fhinneirg 76  
     Aodh mac Fhiodhaich 76  
     Aodh Ruadh mac Bhadhuirn mhic Airgeadmhail 54  
     Aodh Slàine 4, 5, 9, 12,  
     Aoife 40, 67, 68, 69, 71  
     Aonghas 57  
     Àrdan 21, 23, 24, 26, 32, 35, 36, 38, 40, 76  
 Àrd Mhacha 28  
     Athairne 77  
 Àth Iomfhuaid 74  
 Àth Sgèine Meann 52, (Àth Sgeimheann) 74  
 a' Bhan-chuing 52  
     Baoth 54  
     Bas mac Omhnaich 50  
     Beadach 54  
 Bealach Bhàirdine 46  
 Beàrnas 15  
     Bel 61  
     Bè Nèid 60  
     Bire 67

- Blaighe 67
- Blaoi Briugha 51
- Blàthmhac 6
- Bòann 57, 60, (gu Bòinn Bhreagh) 74
  - Bòann bean Neachdain mhic Labhradha 57
  - a' Bhodhbh 60
- Boireann Chonnachd 54
  - Bolar 50
  - Borbchas 54
  - Borr a' Bhriugha 51
  - Borrach mac Càinte 22, 23, 24, 26, 31
  - Bras 54
  - Brea 52
- Breagh 70
- Breagha 53, 62, 67
  - Breas 75
  - Breasal Bò-fhàidh 57
  - Breasal Breac mac Fiachra Fho-bhric 58
- Breatainn 39
  - Breatannaich 16
  - Breògha mac Breòghainn 57
  - Bri 76
  - Bricre mac Carbhadh 74, 77
  - Brigid Bhrad-bhrù 10
  - Broin 50
- am Bruigh 57
- Buach 14, 16
  - Buinne 28, 76
  - Buinne Borbruadh 23, 26, 27, 28, 33, 34
  - Bùrr a' Bhrugha 51
  - Cachd 75
  - Cairbre Nia Fear 52, 56
- Calpa Bean Nuadhad 57
  - Cana mac Ghartnain 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 12, 13, 14, 18
  - Carman 76
  - Cat 61, 73
  - Cathbhadh mac Conghail Chlàiringnich mhic Rudhraighe 21, 36, 39, 42, 51, 75
- Ceall Tìre Èile 17
  - Cealtchar mac Uitheachair 46
- Cearna 7, 8, 17, 58
  - Ceat 66, 67
  - Ciarraighe 17

- Ciomaoth mac Fhionntain mhic Airgeadmhail 54
- Cire 67
- Cleideach 77
- Cleiteach 57, 58
- Cnoc na Fèiste Mòire 60
- Cnoc na h-Uamha 39
  - Cochair Cruibhne 66
- Còigeamh Mhumhan 59
- Coill Chuan 25
- Coill Gartan 17
  - Coinre 76
- Coire Dà Ruadh 14, 15
  - Colga mac Mharcaìn 9, 12, 18
  - Colla 76
- Collmhagh 4
- Comar Trì Uisge 16
  - Conaing 75
  - Conall Ceàrnach mac Aimhirghin 22, 35, 41, 46, 51, 62, 63, 72, 76
  - Conchobhar 60
  - Conchobhar mac Fhachdna Fhàthaich 21, 22, 23, 24, 26, 30, 31, 32, 33, 34, 35, 36, 42, 45, 46, 50, 51, 55, 62, 63, 74, 75
  - Conchraidh mac an Deirg mhic Fhinn 76
  - Conchraidh mac Bhàidh Beàrnadh Bròin 76
  - Conchraidh mac Cais 76
  - Conchraidh Suana mac Sàilchinn 76
  - Conn 76
  - Conn mac Fhorghaill 50
- Connachda 8, 12, 54
- Connachdaich 11, 12
  - Connadh 14, 15, 16, 46
  - Connla 50, 68
- na Copan 56
- Corann 54
- Corca Loighdhe 12, 13, 15, 16
  - Cormac 75, 77
  - Crèadh nighean Ghuaire 8, 9, 12, 18
- Crìoch Rois 60
  - Criomhthann 75, 76
- Cruacha 69
- Crùfhoid 74
  - Cruife 67
  - Cruithne 17
  - Crunchù mac Aghnamhain 53

- Cuailnge 39, 71  
 Cuala 16  
     Cuan mac Shanais 14, 15, 16  
     Cuar 66, 67  
     Cù Chulainn mac Shualdaimh 22, 29, 38, 46, 47, 48, 49, 50, 51, 52,  
         53, 60, 61, 62, 63, 64, 65, 66, 67, 68, 69, 70, 71, 72, 73, 74, 75  
     Cuilleann 23  
     Cuirreach 76  
 Cùlan (tabh. Cùlaibh) 17  
 Cùl Tola 17  
     Cusgraidh 75  
     an Daghdha 55, 56  
 Daingeann mhac Uisneach 22, 23, 24  
 Dàirine 17  
     Dàl Riada 17  
     Dà Luath(?) 50  
     Dà Lui 50  
     Daolghas 77  
     Dearbhforghaill nighean Ruaidh 73  
     an Dearg 76  
 Deàrlas Ghuaire 9, 11  
     Deichtine 75  
     Deichtire 51, 60  
     Deirdre 23, 24, 26, 27, 28, 29, 30, 31, 32, 33, 34, 35, 36, 38, 39,  
         41, 42  
     Dia 13, 14  
     Diarmaid mac Aodha Slàine 4, 5, 6, 7, 8, 10, 11  
     Dile mac Smiorghaill mhic Theathrach 57  
     Diothorbha mac Deamhain 54  
     Do-fholt 60  
     Dolladh 55  
     Dòmhnall Mildeamhail 62, 63  
     Donnghas mac mhic Rosa 77  
     Dòrnoll 63  
     Dreach 77  
     Droibheul 77  
 Druim na Mòr-mhuice 56  
 Druimne Bhreagh 56  
     Drust mac Seirbh 72  
     Dubhthach mac Lughdhach 46  
 Dùn Bhaoithe 12, 14, 15, 16  
 Dùn Borraich mhic Càinte 22, 24, 26, 31  
 Dùn Dealgan 29  
 Dùn Fiodhgha 25

Dùn Fionn 25

    Dùnghas 77

Dùn Monaidh 39

Dùn Sobhairche 35

Dùn Suibhne 25

Dùn Treòin 37, 38

    Durthachd 36

Eachdgha 11

Eadmann 56

Eamhain 26, 29, 30, 31, 32, 35, 36, 42, 45, 48, 49, 53, 56, 58, 62, 63, 64,  
    72, 75, 77

Eamhain Mhacha 21, 22, 23, 24, 26, 30, 45, 46, 53, 54, 55, 61, 62, 63, 74

    Eargmha(?) 56

    Earuath 77

Eas Ghabhra 15

Eas Ruaidh 30, 54

    Eidirsgeul 77

    Eimhear nighean Fhorghaill Mhonaich 46, 47, 48, 50, 51, 52, 53,  
    61, 62, 67, 72, 73, 74, 75

Èire 3, 4, 9, 10, 12, 15, 16, 17, 21, 22, 24, 26, 27, 32, 34, 37, 46, 47, 48, 54,  
    56, 57, 58, 59, 65, 67, 68, 71, 72

    Èireannach 23

    Èis Èincheann 67, 69

    Eocha Bairche 65

    Eochaidh 77

Eòrpa 62

    Etiair 76

    Eunna Aighneach 58

    Faitheamhain 77

    Famhaire 49, 55, 56, 60, 72

    Faolan 76

    Fear Baoth 72

    Fear Diadh mac Damhain 65, 72

    Fearghas mac Dheirg mhic Dàire 76

    Fearghas mac Dhuibh mhic Criomhthainn 76

    Fearghas mac Leide 76

    Fearghas mac Ròich Ro-dhàna 27, 46, 51, 75

    Fearghas mac Rois 76

    Fearghas mac Rosa 22, 23, 24, 26, 27, 29, 30, 32, 33, 34, 41

    Feidhealm 49, 52, 57

Fèinne 51

    Feircheirtne mac Aonghasa Bheul-deirg mhic Fhìrfhileadh mhic

    Ghlais mhic Rosa mhic Ruaidh 21

- Fèise 57, 58  
    Fiacha 34, 35  
    Fiachaidh 75  
    Fiachna 75  
    Fial nighean Fhorghaill 47, 52  
    Fiamhain mac Fora 65, 76  
    Finghin 77
- Finnia 17  
    Fionn 76, 77
- Fionna 57
- Fionnabhair Maighe Inis 54  
    Fionnchaomh 51  
    Fionnchadh 75
- Fionncharn na Foraire 27  
    Fionn-Ghoill 62
- Fionn-Lochlann 36, 38  
    Fir Dhè 58  
    Flann 76  
    Fleasg 57  
    Follamhain 75  
    Forghall Monach 47, 50, 53, 60, 61, 62, 63, 64, 67, 72, 73
- Fuighleach na Fèiste Mòire 59, 60  
    Furbaidhe 75  
    Gàidheil 17, 21, 56  
    Gall 59, 62, 72  
    Garbh 56  
    Gartnan mac Aodha mhic Ghabhrain 3, 4, 11, 18  
    Geanan Gruadh-sholas mac Cathbhaidh 21  
    Geanann Gadh mac Cathbhaidh 21  
    Geanann Glùn-dubh mac Cathbhaidh 21
- Geirgheann 17
- Geise 58  
    Glaisne 75
- Gleann a' Mhòr-dhaimh 56, 57
- Gleann Bhreòghainn 56, 57
- Gleann Dà Ruadh (Ruail) 25, 26
- Gleann Èite 25
- Gleann Laoidh 25
- Gleann Masain 25
- Gleann Orchaoin (Urchaidh) 25
- Glonn-àth 74  
    Gnia 58
- Greallach Dollaidh 56  
    Guair 8, 9, 10, 11, 12, 13, 18



- Iarla Dhùn Treòin 37
- Iathach 36
- Iliach 77
- Inbhir Ailbhine 59
- Inbhir an Rìgh 17
- Inbhir Cinn Bheara 18
- Inbhir Colptha 18
- Inbhir Feàrna 16
- Inbhir Nis 37
- Innis Cuileann-righe 27
- Innis Droigheann 25, 26
- Innis Moca Chèin 3
- na h-Innseachan 22
- Innse Gall 72
  - Iobhar 61, 73
  - Iobhar Boichlidh 56
  - Iollann 75, 77
  - Iollann Fionn 23, 26, 27, 28, 30, 33, 34, 35
  - Iollann mac Sgannlain 12, 13, 14, 15, 16
  - Iolarchleas 75
  - Iolghabhail 77
  - Iolsuanach 67
  - Iorluachair 17
  - Laighin 58
  - Làirein 72
  - Laogh mac Rianghabhra 47, 53, 72
  - Laoghaire Buadhach mac Connaidh 46, 62, 63, 72, 76
  - Làth Gaibhle mac Theathrach 50
  - Lear 77
  - Leabharcham 31, 32
  - Leasg 57
- Linn Mocha 57
- Lios Connrach 39
- Lios na Mòr-righne 56
- Loch Ainninn 7
- Loch Crèadha 18
- Loch Cuan 17, 73
- Loch Èite 22, 23
  - Loch Mòr mac Eaghambais 65
  - Lòn 77
  - Lòthar 75
  - Luamh 57
  - Luan mac Lòich 72
  - Luath 50

- Lughaidh mac Lòich 72
- Lughaidh mac Naois mhic Alamhaig 67
- Lughaidh Reò Dearg 73
- Lughlochdan Logha 46, 49, 51, 73
  - Lugh mac Cuinn mhic Eithleann 51
  - Lugh mac Eithleann 59, 60
  - Lugh Sgiomhaich 59
- Luighne 17
  - Mac Dhè 8
  - am Mac Òg 57
  - Macha Mhongruadh 54
  - Macha nighean Sainrith mhic Ionbhotha 53, 55
- Magh Bhreagh 7, 57, 60, 61
- Magh Ealchainnean 60
- Magh Mhacha 53, 54
- Magh Mhuirtheimhne 7, 17, 55, 70
- Magh Theathra 55
- Magh Thuireadh 56, 58, 59
- Maighinnis 17
  - Maine 75
  - Maine Làmh-gharbh mac rìgh Fhionn-Lochlann 36, 38
  - Màl 76
- Manainn 28
  - Manannan 30, 36
  - Mannach Briugha 58, 59
- Mannchuile Ceathar-chuile 58, 59
  - Mannchuing Argaid 57
- Maonmhagh 8
  - Marcan 8, 9, 12, 18
- Masan 25
  - Meas Deadhadh 76
  - Meas Diadh 76
  - Meubh 71
- Midhe 57
  - Mil 56, 57
  - a' Mhòr-rìghinn 49, 56, 60
  - Muimhnich 12
- Muinchille 58, 59
- Muirne Molbhthaidhe 21
- Muirtheimhne 7, 17, 55, 70
- Mumha 11, 17, 59, 67
  - Naoise mac Uisneach 21, 22, 23, 24, 25, 26, 28, 29, 30, 31, 32, 33, 34, 35, 36, 37, 38, 39, 40, 41, 42, 65, 76
  - Nàr 75

- Neachdan 57
- Nèid 60
- Neimheadh mac Namha 56
- Niall 76
- Nia Fear mac Rosa 67
- Nia Teathrach 60
- an Nighe Eich Dhè 58
- Nuadha 60
- an t-Oillbhine 49, 52, 59
- Oirceal 55
- Ràith Gniadh 58
- Raoi Bhàn 74
- Rìgh Anann? 58
  - Roncha 55
- Ros Bhodhbha 53, 60
- Ros na Mòr-rìghne 60
  - Ruadh 72, 73
  - Ruadh mac Rìoghthuinn 59
  - Rudhraighe 21, 29
- Ruighe Bean Nuadhad 57
  - Sasannaich 16, 17
  - Sàtan 4
- Seaghais 57
  - Seancha So-bheurlaidh 51
  - Seancha Mòr mac Ailealla mhic Athghnò mhic Fhìrthileadh mhic Ghlais mhic Rosa mhic Ruaidh 21
  - Seanchan Torpeist 10, 11
  - Searrdhan 73
  - Seudanta 70
  - Sgeimheann 73, 74
  - Sgannlan 12, 14, 15, 16
  - Sgàthach 40, 62, 63, 64, 65, 66, 67, 68, 69
- Sgeinnmheann Monach 60
  - Sgeul mac Bhàirdine 46
  - Sgiobhar 61, 73
- Sgìth 8, 18
  - Sìodhuadh 76
- Sionainn 8
  - Sìothghal 77
- Sìth Aodha 54
- Sìth Bhreasail 57
- Sìth a' Bhrogha 57
- Sìth Chìrine 58

- Sliabh a' Choin 75  
 Sliabh Dhàl mBuinne 34  
 Sliabh Fuaid 27, 55, 75  
 Sliabh Guilinn /gCuilinn 39, 55  
 Sliabh Smòil 76  
 Smior Mnà Fheidhealma 57  
     Suan mac Roisgmhilg 52, 61  
 Taillne 59, 60  
 Teamhair 49, 67  
 Teithiar 48, 49, 55, 57  
     Teathra 60  
 Tìr Aodha 54  
 Toinghe Eich Dhè 58  
 Tonn Chlìodhna 34  
 Tonn Rudhraighe 34, 35  
 Tonn Tuaidhe 34  
     Tràighleathan 76  
     an Triath 50, 57  
     Treasgath 50  
     Treun-dòrn 32  
     Triathach 36  
 Troma 57  
 Tuatha Dè Danann 56, 58  
 Tuath Dè 60  
 Uachdar Eadhmainn 56  
 Uachdar Mhannchuile 58, 59  
     Uallach 54  
 Uanaibh 56  
     Uath 77  
     Uathach nighean Sgàthaiche 40, 65, 66, 67, 71  
     Ughaine Mòr mac Eochaidh Bhuadhaich 54  
     Uilbheagan Saxa 64  
     Uisle 76  
     Uisne (gin. Uisneach) 21, 22, 23, 26, 27, 28, 29, 30, 31, 32, 33, 34,  
         35, 36, 37, 38, 39, 40, 41, 42  
 Uisneach Mhidhe 54  
 Ulaidh 4, 17, 21, 22, 24, 30, 32, 33, 36, 40, 41, 45, 46, 47, 51, 55, 62, 63,  
     71, 74, 75  
     Ultach 22, 33, 35, 36, 39, 45, 46, 51, 54, 55, 72, 74, 75  
     Uradh 77